KK. 8/2. 42(1-12)

National Library of Scotland
B000258614

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Digitized by the Internet Archive
in 2013

http://archive.org/details/dleabharcheistco1816brow


NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

DA LEABHAR CHEIST,

CO-CHEANGAILTE R'A CHEILE.

Tha cheud aon ro-iomchaidh gu eolas a thoirt air nithe a tha feumail a chum slainte, agus a dh' fheudar a theagasg do chloinn òg mu 'n urr' iad leughadh.

Tha eolas air an dara h aon ro-fheumail mu 'n d thigear a dh' ionnsaidh bord an Tighearna; agus 'na mhineachadh soilleir air leabhar aithghearr' nan ceist.

Clodh-bhuailt' an
DUN-EIDIN,
LE ANDREW BALFOUR.
1816.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
11 NO 1949

LEABHAR CHEIST.

Ceisd. Co a rinn thu ? Freagradh. Dia.
C. Co a tha g' ad shaoradh ? F. Criosd.
C. Co a naomhaicheas tu ? F. An spiorad naomh.
C. Cia dheth a rinneadh thu ? F. Do n' duslach.
C. Ciod a tha sin a' teagasg dhuit ?
F. A bhi iriosal agus cuimhneachail air a' bhàs.
C. Ciod a chrioch chum an d' rinneadh thu ?
F. A chum seirbhis a dheanamh do Dhia.
C. C' arson a bu choir dhuit seirbhis a dheanamh do Dhia ? F. Arson gu n' do chruthaich e mi, gu bheil e g' am choimhead, agus g'am shaoradh.
C. Cia mar bu choir dhuit seirbhis a dheanamh do Dhia ? F. Le bhi a' creidsin 'n a mhac, a' gairm air ainm agus le bhi a' toirt umhlachd d' a aitheanta.
C. Cò ris an coir dhuit urnaigh a dheanamh ?
F. Ri Dia amhain.
C. Cia tric is coir dhuit urnaigh a dheanamh ri Dia ?
F. Air a chuid is lugha, na h uile madainn agus feasgar.
C. Ciod iad na nithe a bu choir dhuit iarraidh air Dia gach la ann a t urnaigh ?
F. Gu 'n d' thugadh e mi dh' ionnsaidh Chriosd, gu 'n ath-nuathaicheadh e mo chridhe, gu maitheadh e mo pheacaidh, agus gu 'n cumadh e o'n olc mi.
C. Ciod an seorsa cridhe a th' agad a thaobh naduir ?
F. Cridhe a ta air a lionadh leis gach uile neo-fhireantachd.
C. Am bheil do cridhe aingidh a' deanamh t uile smuainte, briathra', agus gniomharra 'n am peacaidh ?
F. Tha ; cha 'n urra mi ni sam bith a dheanamh ach peacadh.
C. An urra thu do dhroch cridhe a leasachadh agus ath-nuadhachadh ? F. Cha 'n urra ; tha mi marbh an cionta agus am peacaidh.
C. Ciod mata a tha comasch air do chridhe clachach, eruaidh, ceannairceach, atharrachadh, agus a leasachadh 's a dheanamh beo agus naomha ?

F. Cha 'n eil ni 's am bith comasach air sin a dheanamh, ach uile-chumhachd agus saor-ghràs De.

C. An do gheall Dia crid he nuadh, maitheanas peacaidh, maille ris gach beannacha eile, agus an d' aithn e dhuit an iarraidh ann an urnaigh ? F. Gheall agus dh' aithn.

C. Co as leith 'sa 'm bheil thu ris na trocaire sin iarraidh air Dia ann an urnaigh ?

F. Tha ma ri 'n iarraidh amhain arson Chriosd.

C. C' arson ie èigin duit a bhi co durachdach arson earrann ann 'n Criosd maitheanas peacaidh, agus cridhe nuadh, ann a t urnaigh ?

F. A chum as gu bithinn a ghna ullamh arson bàis.

C. A bheil do bheatha neo-chinnteach anmhunn agus ro-ghairid ? F. Tha, 's math a dh' fhaoite gu faigh mi bàs ann a' mionaid.

C. Ciod a thig riut ma bhasaicheas tu ann ad' pheacaidh?

F. Bìaidh mi air mo thilgeadh a dh' ifrinn maille ris na h aingidh.

C. Ciod an seorsa ionaid ifrinn ?

F. Ionad anns a 'bheil doruinn gun chrioch, a tha na loch a ta losgadh le teine agus pronnasc.

C. Co iad na h aingidh a theid a dh' ifrinn aig àm bais.

F. Iadsnn a tha a' diulta' Chriosd, a' deanamh dichuimhn air urnaigh, agus air facal De a leughadh ; no a tha re mionnacha', breugan, goid, a' mi-naomhachadh na Sabaid, agus a tha eas-umhal d' am parantaibh.

C. Co iad companaich dhroch dhaoin' an ifrinn ?

F. An Athair an diabhol, agus aingle.

C. Cait' an d' theid na daoine diaghaidh aig àm bais ?

F. Theid iad do neamh.

C. Ciod an seorsa aite a tha 'n neamh ?

F. Aite ro-naomh, ro shona, agus ro ghloirmhor.

C. Co iad na daoine diaghaidh a theid gu neamh aig àm bàis? F. Iadsan tha gabbail ri Criosd, a' toirt graidh do Dhia, agus a' toirt fuath do 'n olc.

C. Co bhios nan companaich do dhaoine diaghaidh ann an neamh ?

F. Bithidh Dia an Athair, Criosd am Fear-saroraidh, Aingle naomha, agus naoimh ghloirmhor.

C. Creud e an aon rathad gu dol sabhailte do neamh?

F. Se an aon rathad amhain, gabhail ris an Tighearn' Iosa agus gluasad ann-san.

C. Ciod a tha thu gu h airid ri chuimhneachdadh an laithe t oige?

F. Mo chruthai 'ear agus m' fhear saoraidh.

C. Ciod a ta Dia gu h airid ag iarraidh ort?

F. Tha e ag iarraidh orm creidfin ann agus umhlachd a thoirt dha fein.

C. Creud i riaghailt do chreidimh agus t umhlachd?

F. Am Biobal, no na Scriobturaibh naomh.

C. Co a bu choir dhuit a ghradhachadh oscionn gach uile nithe. F. Dia ann an Criosd mar m' Athair agus mo chuibhrionn.

C. C' arson is coir dhuit Dia a ghradhachadh oscionn gach uile nithe? F. Do bhri gu bheil e co gloirmhor ann fein, agus co caoimhneil dhomhsa.

C. Ciod 's am bheil Dia co chaoimhneil dhuitsa?

F. Tha e toirt dhomh mo bheatha, mo shlainte, mo bhiadh, agus m' fheudach; agus tha e tairgse Chriosd dhomh, agus gach uile ni math maille ris.

C. Ciod anns a' bheil t ard shonas a' co sheasamh?

F. Tha è a' co sheasamh ann an Dia a mhealtuin.

C. Creud e Dia? F. Dia is Spioraid è.

C. Ciod a ghnè spioraid Dia? F. Is spiorad neo-chriochnach, siorruidh, agus neo-chaochlaideach e.

C. A' bheil, Dia a' faicinn agus a fiosracha gach aon ni? F. Tha; 's aithne dha smuaintidh ar cridhe.

C. Nach urra Dia gach ni is àill leis a dheanamh?

F. 'S urra; oir tha e uile chumhachdach.

C. Ann urr' e bhi deanamh no ag aontachadh le aon ni peacach? F Cha 'n urra; oir tha e neo chriochnaicht' ann an naomhachd.

C. Cia lion Dia a th' ann? F. Aon amhain.

C. Cia lion pearsa tha 'san Diaghachd?

F. Tha tri pearsai 'san Diaghachd, an-t Athair a' mac agus an spiorad naomh.

C. An è gach aon do na tri pearsaibh sin an Dia is aird agus an aon Dia fior? F. Is è.

C. A bheil na tri pearsa sin matà nan tri Diagha?

F. Cha 'n 'eil; is aon Dia amhain iad.

C. Ciod 'sam bheil iad 'n an aon?

F. Tha iad 'n an aon ann 'm brigh.

C. Ciod 'sam bheil iad co ionnan? F. Tha iad co-ionnan ann an cumhachd agus ann an gloir.

C. Nach 'eil Dia mata ni s ro mhotha agus ni 's ro-ghloirmhoire na 's urra sinne smuainteacha? F. Tha.

C. An robh toiseach riamh aig Dia? F. Cha robh.

C. Am bi crioch gu brath aige? F. Cha bhi, tha e o shiorruidheachd gu siorruidheachd.

C. An robh toiseach aig gach aon ni ach Dia? F. Bha.

C. Am bi crioch aig gach aon ni ach aige-san?

F. Cha bhi; biaidh aingle agus anama dhaoine beo gu saoghal nan saoghal.

C. Co thug am bith do gach uile ni? F. Thug Dia.

C. Cia dheth a rinn è na h uile nithe?

F. Rinn e na h uile nithe, do neo ni.

C. Ciod leis an d' rinn e na h uile nithe?

F. Rinn e na h uile nithe, le focal a chumhachd.

C. Ciod an uine ghabh e dheanamh gach uile nithe?

F. Ghabh e uine shea laithe.

C. Ciod a chrioch arson an d' rinn e na h uile nithe?

F. Rinn e na h uile nithe chum a ghloire fein.

C. Ciod an staid 's an d' rinn e na h-uile nithe?

F. Rinn e gach uile ni gu ro-mhath.

C. A' bheil gach ni a' buanachadh gu bhi ro-mhath?

F. Cha 'n 'eil, rinn am peacadh diabhail agus daoine ro olc.

C. Ciod an nì is gràineala 's an t saoghal? F. Peacadh an nì graineil sin air am bheil fuath aig Dia.

C. Ciod a tha a' deanamh a pheacaidh co ro-ghraineil?

F. Tha e a' toirt oilbheum do Dhia, agus a' bristeadh a lagha.

C. Cia lion seorsa peacaidh a th' ann? F. Da sheorsa.

C. Ciod iad an-da sheorsa sin?

F. Peacadh gin, agus peacadh gniomh.

C. Creud è peacadh gin? F. 'Se sin am peacadh anns 'n do ghineadh, agus anns n' d' rugadh mi.

C. A bheil peacadh gin ga 'd thruailleadh gu h iomlan, agus an leoir e ga 'd thoirt a dh' ifrinn, ge nach biodh peacadh sam bith eile agad?

F. S' leoir; oir tha e g'am dheanamh gu leir mi naomha.

C. Ciod na peacadh eile a th'agad a thuille air peacadh gin? F. Tha peacadh gniomh agam mar an ceudna.

C. Ciod e peacadh gniomh?

F. 'Se sin am peaeadh a tha mi a' cur an gniomh gach la, an smuainte' briathra, agus gniomharra."

C. Creud e tuarasdal a 'pheacaidh ?

F. 'Se tuarasdal a 'pheacaidh, am bàs agus ifrinn.

C. Ciod a tha thu mata thaobh naduir ?

F. Tha mi a'm' namhaid do Dhia a'm' mhac do Shatan, agus a'm' oighre air ifrinn.

C. 'N robh an cinne-daonna o thùs air an cruthachadh 'na leithid so do staid peacaidh agus truaighe ?

F. Cha robh ; bha ar ceud pharanta, Adhamh agus Eubha, air an cruthachadh an staid naomh agus shona.

C. 'N do bhuanaich iad 'san staid naomh agus shona sin 'san robh iad air an cruthachadh ?

F. Cha do bhuainaich ; thuit iad uaipe.

C. Cionnas a thuit iad o'n staid sin ?

F. Thuit iad uaipe, le peacadh an aghaidh Dhè.

C. Creud e ceud pheacadh Adhaimh agus Eubha ?

F. Gu 'n d' ith iad do 'n mheas thoirmisgte.

C. Co thoirmisg dhoibh a' meas so ithe ?

F. Thoirmisg Dia.

C. Co a bhuair iad gu ithe do 'n mheas so ?

F. Bhuair an Diabhol iad.

C. Ciod an t olc a bha dhoibh an ithe do 'n mheas so ?

F. Le ithe dheth, bhrist iad an cumhnanta rinn Dia riu, sgrios siad iad-fein agus an sliochd gu h uile.

C. Cia lion cumhnant' a th' ann ?

F. Tha dà chumhnanta.

C. Cia iad an dà chumhnanta sin ? F. Iad so, eadhon, cumhnanta nan gniomh agus cumhnanta nan gràs.

C. Co ris a rinn Dia cumhnanta nan gniomh ?

F. Rin se è ri Adhamh air a shon fèin, agus air son a shliochd.

C. Co ris a rinn e cumhnanta nan gràs ?

F. Rinn se è ri Criosd an ainm, nan daoine taghta.

C. Ciod an ceangal a bha 'n cumhnanta nan gniomh ?

F. Umhlachd iomlan o Adhamh.

C. Ciod an ceangal * a tha 'n cumhnanta nan gràs ?

F. Criosd a' coilionadh gach uile fhireantachd.

C. Co dhiu do 'n dà chumhnanta sin is gloirmhoire ?

F. Cumhnanta nan gràs.

* 'S è ceangal ann an cumhnanta sam bith a ni sin a tha air, iarruidh o neach ris a bhèil an cumhnant sin air a dheanamh chum gealladh a chumhnant a sheilbheachadh.

C. Ciod anns a'bheil cumhnanta nan gràs ni 's re-ghloirmhoire ?

F. Tha a bheannachda' ni 's farsainge agus gu h iomlan saor, agus cha 'n urr' è bhi air a bhristeadh.

C. C' arson nach urra cumhnanta nan gràs a bhi air a bhristeadh ? F. Do bhrigh nach urra Criosd tuiteam mar a thuit Adhamh.

C. 'N do bhrist thusa 'san cinne daona uile cumhnanta nan gniomh, 'n air a dhith Adhamh do 'n mheas thoirmisgte ? F. Bhrist.

C. Cionnas a dh' fheudas sin a bhith's nach d'rugadh thu an sin ? F. Arson gu 'n do sheas Adhamh air mo shon, agus gu 'n do pheacaich mi ann san.

C. Ciod o 'n do thuit thu le Adhamh a dh' ithe do 'n mheas thoirmisgte ?

F. Thuit mi o staid naomh agus shona.

C. Ciod gus an do thuit thu leis an Ieagadh ?

F. Thuit mi gu staid peacaidh agus truaighe.

C. A' bheil rathad sam bith air dol as o staid a' pheacaldh agus na truaighe gus an d' thug bristeadh cumhnanta nan gniomh thu ?

F. Tha tre chumhnanta nan gràs.

C. Nach urra do smuainte do bhriathra no do ghniomharra math fein tre chumhnanta nan gniomh t ath leasachadh ?

F. Cha'n urra; tha gach ni tha mi a' deanamh peacach.

C. An urra Dia do pheacaidh a mhaitheadh gu 'n dioladh a thoirt d' a cheartas ? F. Cha 'n urra; " cha saor è air sheol sam bith an ciontach."

C. An urr' thu ceartas Dè a dhioladh arson do pheacaidh fein ? F. Cha 'n urra ; tha mi do ghna a' cur peacadh ri peacadh.

C. A' bheil Dia toileach dioladh a ghabhail arson do pheacaidh o neach eile ann a t aite ? F. Tha.

C. Ach co tha comasach agus toileach dioladh a thoirt arson do pheacaidh ? F. Tha Iosa Criosd araon comasach agus toileach, oir thug e lan-dioladh do lagh agus do cheartas De air mo shon.

C. C' arson nach b' urra neach sam bith eile ach Criosd dioladh a thoirt arson do pheacaidh ?

F. A chionn nach b' urra neach sam bith eile fearg neo-chriochnach fhulang.

C. Ach co e an t Iosa Criosd so ?

F. 'Se mac siorruidh Dhe e nar nadurne.

C. Co fhuair amach Iosa Criosd gu bhi 'na Fhear-saoraidh dhuinn ? F. Fhuair Dia, an ti do'n d'thug sinn oilbheum le 'r peacaidh.

C. Ciod a bhrosnaich Dia gus an urras agus a' Fear-saoraidh gloirmhor so ullachadh, dhuinn ? F. Cha do bhrosnaich nì sam bith, ach a shaor-ghradh fein.

C. Cia lion oifig a th' aig Criosd ? F. Tha tri.

C. Cia iad tri oifige ar Fir-shaoraidh ?

F. Oifige Faidhe, Sagart, agus Rìgh.

C. Ciod a' chrioch arson a' bheil fèum agad air Fear-saoraidh le oifige tri-fillte ? F. Tha fèum agam air, a leigheas mo thruaighe tri-fillte.

C. Ciod ì do thruaighe trì-fillte ?

F. Aineolas, cionnt, agus daorsa.

C. Cionnas a tha Criosd mar fhaidh' a' leigheas t aineolais ?

F. Tha e le fhocal agus le spiorad gam theagasg.

C. Cionnas a tha Criosd mar Shagart a' toir air falbh do chionnta ? F. Tha e a' deanamh sin le umhlachd a thoirt do lagh Dhe, agus le bàs fhulang air mo shon.

C. Cionnas a tha Criosd mar righ gad' shaoradh o dhaoirse ? F. Tha e a' deanamh sin' le bhi gam shaoradh o chumhachd a' pheacaidh agus Shatain.

C. Cia lion nàdur a th' aig Criosd ?

F. Tha dà nadur aige.

C. Ciod iad an dà nadur a th' aig Criosd ?

F. Nadur Dhia, agus nadur duine.

C. An robh Crisod 'na Dhia o uile shiorruidheachd ?

F. Bha è.

C. An robh Criosd 'na dhuine o uile shiorruidheachd ?

F. Cha robh.

C. Cuin a bha ar Fear-saoridh air a dheanamh na dhuine ? F. Ann 'n iomlaineachd na h aimsir Mil' agus ochd ceud de'ug bliadhna roimhe so.

C. Ciod a tha Criosd anis a buanchadh ?

F. Tha e a'buanachadb araon 'na Dhia agus 'na dhuine an aon phearsa.

C. Cia fhad a bhuanaicheas Criosd gu bi araou 'na Dhia agus 'na dhuine an aon phearsa ?

F. Buanaichidh gu siorruidh.

C. Ciod an staid 's an robh Criosd air a bhreith 'n air a dh' fhàs e 'na dhuine?

F. Bha e air a bhreith an staid ìosail.

C. Creud i 'n staid iosal sin?

F. Rugadh e le mnaoi bhochd ann 'n stabul, agus chuireadh 'na luighe am prasaich e.

C. Ciod a ghnè beatha a bh' aig Criosd 's an t saoghal so? F. Beatha bhrònach agus ro-thrioblaideach.

C. Ciod a rinn beatha Chriosd co bronach agus trioblaideach? F. Rinn fearg Dhe, agus peacaich a bhi a' cur 'na aghaidh.

C. Ciod am bàs nàrach agus cràiteach a dh' fhuiling Criosd?

F. Dh' fhuiling e bàs mallaichte a chroinn chèusaidh.

C. Ciod a chrioch arson an d' fhuiling Criosd na nithe so uile? F. A chum gu 'n d'thugadh e dioladh do cheartas De, agus gu 'n deanamh e rèite arson ar peacaidh-ne.

C. Ciod a thachair do Chriosd an deigh a bhàis?

F. Bha chorp air adhlacadh, agus chaidh anam gu neamh.

C. Cia fhad' a dh' fhan corp Chriosd 's an uaigh?

F. Dh' fhan è ann san uaigh pairt do thri laithe.

C. An do thruaill corp Chriosd 'san uaigh?

F. Cha do thruaill.

C. Cionnas a thachair sin?

F. Arson gu robh e gun pheacadh.

C. Ciod a thachair do Criosd an deigh dha luighe 's an uaigh? F. Dh' eirich e o na marbhadh, is chaidh e suas gu neamh.

C. Caite am bheil e 'na shuidhe 'n sin?

F. Tha e 'n a shuidhe air deas laimh Dhe.

C. Cia fhad a bhuanaicheas Criosd 'na shuidhe air deaslaimh Dhe? F. Buanaichidh gu siorruidh.

C. An d' thig Criosd a ris a chum an t saoghail so?

F. Thig.

C. Cuin a thig e aris? F. Aig an latha 'dheireannach.

C. Ciod a chrioch arson an d' thig e aig an latha dheireannach? F. Thig e a thoirt breith air an t saoghal.

C. Co air an d' thoir Criosd breith aig an latha dheireannach? F. Bheir e breith air diabhail agus air daoine, araon air bheothaibh agus air mharbhaibh.

C. Ciod air an d' thoir sinn cùnntas an sin do Dhia?

F. Bheir sinn cùnntas air ar smuaint'e, briathraibh agus gniomharraibh.

C. Ciod leis am bi na mairbh air an dùsgadh chum a bhreitheanais dheireinnich?

F. Biaidh iad air an dùsgadh le uile chumhachd Dhe.

C. Co bheir sinne agus an cinne daona gu leir gu cathair breitheanais Chriosd? F. Bheir na h Aingle naomha.

C. Co chuireas Chriosd air a laimh dheis an là a bhreitheanais? F. Cuiridh na fireinich.

C. Co chuireas e air a laimh chlì?

F. Cuiridh na h aingidh.

C. Ciod a bhreith a theid a thoirt air na fireinich?

F. " Thigibhse tha beannaicht' le 'm Athair, seilbhichibh an rioghachd a dh' ullaicheadh dhuibh o thoiseach an t saoghail."

C. Ciod a bhìnn a bheirear air na h aingidh?

F. " Imichibh uam a shluagh malluichte gu teine shiorruidh; a th' air ullachadh do 'n diabhal is d' a aingle."

C. Ciod a thig ris na h aingidh an deigh a bhìnne so?

F. Biaidh iad air an tilgeadh eidear chorp agus anam do theine ifrinn.

C. Ciod a thig ris na fireinich? F. Theid iad le caithreim ghloirmhor gu neamh màille ri Criosd.

C. Ciod a bhios na h aingidh a' deanamh gu siorruidh an ifrinn? F. Biadh iad a' bèucaich, a' mallachadh, agus a' toirt mor thoibheum do Dhia.

C. Ciod a bhios na fireinich a deanamh gu siorruidh an neamh? F. Biaidh iad a' dearcadh air gloir, agus a' seinn moladh Dhe ann 'n Criosd.

C. Cionnas a dh' fheudas sinne ruigheachd air an staid bheannaichte sin?

F. Le coir fhaotainn air Criosd, agus air fhireantachd.

C. Ciod a tha thu a' ciallachadh le fireantachd Chriosd*?

F. Umhlachd agus fhullangas, no na rinn agus na dh' fhuiling e.

C. Ann urr' thu bhi air do shabhaladh le fireantachd Chriosd ann an staid peacaidh, agus ann an eas umhlachd a dh' aitheanta Dhe? F. Cha 'n urra; " As eughmais naomhachd cha 'n fhaic duine sam bith an Tighearna.

* Fireantachd Chriosd. Is è sin a ni ri 'n canar ann an cuid a dh' aitin do n' ghaidhealdachd Jonracas Chriosd,

C. Cia lion aithin a thug Dia seachad? F. Deich.

C. Ciod air an do sgriobh Dia o shean na deich aitheanta sin? F. Sgriobh e air da chlar chloich' iad.

C. Cia lion aithin a tha 's a cheud chlar?

F. Tha ceithir.

C. Cia lion aithin a tha 's an dara clar? F. Tha seàth.

C. Ciod a th' air a chur sios 's a cheud chlàr do lagh Dhe? F. Tha air dleasdanas do Dhia.

C. Ciod a th' air a chur sios 's an dara clar?

F. Tha air dleasdanas do dhuine.

C. Co d' an d' thug Dia da chlar sin a lagha?

F. Thug e do Mhaois, agus do na h Israilich iad aig sliabh Shinai.

C. Creud e coilionadh uile lagha Dhe?

F. 'Se sin gràdh do Dhia, agus gradh do dhuine:

C. Ciod a tha a cheud aithin ag iarraidh ort?

F. Tha i ag iarraidh orm, gabhail ris an Tighearn' amhain mar mo Dhia ann 'n Criosd.

C. C' arson is eigin duit gabhail ri Dia ann' n Criosd mar do Dhia? F. A chionn gu bheil Dia amach a Criosd *na theine loisgeach.*

C. Ciod a tha 'n dara aithin ag iarraidh ort?

F. Tha i ag iarraidh orm urnaigh a dheanamh ri Dia, agus moladh a thoirt dha, agus fhocal a leughadh agus cisdeachd.

C. Ciod a tha' n treas aithin a' toirmeasg dhuit?

F. Tha i a' toirmeasg dhomh mionnacha, mallacha, no labhairt gu faoin mu Dhia.

C. Ciod a tha a cheathramh aithin ag iarraidh ort?

F. Tha i g iarraidh orm cuimhneachadh air la na Sàbaid a choimhead naomha.

C. Ciod a tha a chuige aithin a' sparradh ort?

F. Onoir agus umhlachd a thoirt do 'm athair agus do 'm mhathair.

C. Ciod a tha 'n t seathamh aithin a' toirmeasg dhuit?

F. Tha i a' toirmeasg, cron a dheanamh dhomh fein no do 'm choimhearsnach.

C. Ciod a tha 'n t seachdamh aithin a' toirmeasg?

F. Tha i a' toirmeasg gach uile neo-ghloine, agus cainnt shalach.

C. Ciod a tha 'n ochdamh aithin a' toirmeasg?

F. Tha i a' toirmeasg, gach uile mhealtoireachd, goid, agus creachadh.

C. Coid a tha 'n naoitheamh aithin a' toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg breugan, agus labhairt gu h olc air mo choimhearsnach.

C. Ciod a tha 'n deicheamh aithin a toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg, gach saunt agus farmad ri cuid mo choimhearsnaich.

C. Cionnas a bu choir dhuit na deich aitheanta a choimhead ?

F. Gu foirfe agus bunailteach.

C. An urr' thu a h aon diubh choimhead gu foirfe ?

F. Cha 'n urra ; tha mi gach la 'g am brisdeadh.

C. Cia mar a tha thu a' brisdeadh aitheanta Dhe gach la ? F. Tha mi 'g am brisdeadh an smuainte briathra, agus gniomharra.

C. Ciod a tha 'm brisdeadh is lugha air na h aitheanta sin a' toiltinn ?

F. Fearg, agus mallachd siorruidh Dhe.

C. Cionnas a tha dochas agad sa dol as o fhearg agus o mhallachd Dhe ?

F. Trid Iosa Criosd an t urras arson peacaich chailte.

C. Am bi gach uile dhuine air a shabaladh leis na rinn agus na dh' fhuiling Criosd ? F. Cha bhi ; *" Tha moran air an gairm, ach beag air an tagha."*

C. Co iad a dh' fheudas deadh-dhochas, altrum air son slainte trid Chriosd ? F. Iadsan a tha creidsin ann agus a tha gabhail aithreachais arson am peacaidh.

C. An urr' thu creidsin agus aithreachas a dheanamh uait fein ? F. Cha 'n urra ; 's iad creidimh agus aithreachas tiolaca Dhe.

C. Nach 'eil thu a' d' choigreach o Dhia, agus fada uaithe thaobh naduir ? F. Tha ; ach tha mi air mo thoirt dlù dha trìd fuil agus spiorad Chriosd.

C. Ciod iad na meadhona gnathaichte 's a' faigh sinn eolas air Criosd ?

F. Am focal, sacrameint, agus urnaigh.

C. Cia lion sacrameint a th' ann ?

F. Da shacrameint.

C. Ciod iad an da shacrameint sin ?

F. Am baisdeadh agus suipeir an Tighearna.

C. Co dh' ordaich na sacrameinte sin ?

F. Dh' ordaich Iosa Criosd, aon Righ agus ceann na h eaglais iad.

C. Ciod a chrioch chum an d ordaich Criosd na sacrameinte sin? F. A chum e-fein agus a shochaire a shèulachadh agus a cho-chur ruinn ne.

C. Cia fhad a mhaireas am brisdeadh agus suipeir an Tighearna 's an eaglais?

F. Mairidh iad gus an d' thig Criosd arìs.

C. Ciod leis an deachaidh do baisdeadh?

F. Bha mi air mo baisdeadh le h uisge.

C. Ciod a tha 'n t uisge 's a bhaisdeadh a' ciallachadh?

F. Tha e a' ciallachadh fuil phriseil Chriosd.

C. Ciod o 'm bheil fuil Chriosd 'g ar glanadh?

F. Tha i 'gar glanadh o shalchar agus cionnt a pheacaidh.

C. Ciod am peacadh o 'n robh feum agad a bhi air do ghlanadh a' d' naoidheantachd? F. Bha feum agam a bhi air mo ghlanadh o 'm pheacadh gin.

C. Co an t ainm 's an deachaidh do bhaisdeadh?

F. Chaidh mo bhaisdeadh an ainm an Athar a' mhic, agus an spioraid naomh.

C. Ciod ris an do chuir thu cùl ann ad' bhaisdeadh?

F. Chur mi cùl ri seirbheis an diabhail, an t saoghail agus na feola.

C. Ciod an ceangal a ghabh thu òrt fein ann ad' bhaisdeadh? F. Gu 'n gabhainn ris an Tighearna mar mo Dhia ann 'n Criosd, agus gu d' thugainn seirbheis dha do ghna.

C. Cionnas is urr' thu do mhòide baisdidh a chòllionadh? F. 'S eigin dhomh urnaigh dheanamh ri Dia gach la, arson grais g' am neartachadh.

C. An urr thu urnaigh a dheanamh dhiot fein air mhodh ceart? F. Cha 'n urra; Ach 's eigin dhomh tagar gu durachdach gu 'n teagaisgeadh agus gu 'n neartaicheadh Criosd mi chum urnaigh a dheanamh.

C. Ciod na meadhona leis am bheil Criosd 'g ar teagasg agus 'g ar neartachadh gu urnaigh a dheanamh?

F. Tha e 'g ar teagasg le fhocal, agus le spiorad.

C. Ciod an raighailt airid urnaigh a dh' fhag Criosd againn 'na fhocal?

F. Dh' fhag e againn urnaigh an Tighearna.

C. An urr' thu urnaigh an Tighearn' aithris?

F. S' urra ; *Ar n Athair a tha c'r neamh*, &c.

C. Cia lion iartas a tha 'n urnaigh an Tighearna ?

F. Tha Sèa.

C. Cia i a chèud iartas a th' an urnaigh an Tighearna ?

F. *Gu naomhaichear t ainm.*

C. Cia i an dara iartas ?

F. *Gu d' Thigeadh do rioghachd.*

C. Cia i an Treas iartas? F. *Gu deanar do thoil air thalamh, mar a tha i air neamh.*

C. Cia i an ceathramh iartas ?

F. *Thoir dhuinn an diugh ar n aran lathail.*

C. Cia i an cuigeamh iartas ? F. *Maith dhuinn ar fiacha, mar mhaithe' mid d' ar fiachadeara.*

C. Cia i an seathamh iartas ? F. *Na leig am buaireadh sinn ; ach saor sinn o 'n olc.*

C. Cionnas a tha Spiorad Chriosd 'ga d' neartachadh gu urnaigh a dheanamh ?

F. Tha e a' toirt cridhe na h urnaigh dhomh, agus tha e a' nochadh ciod-bu choir dhomah a thagar.

C. Nach gabh Dia ri iartas do bhilidh ?

F. Cha ghabh ; mu 'r d' thig iad o 'n chridhe.

C. Ann urr' thu uruaigh a dheanamh o d' cridhe m' am bi e air ath-nuadhachadh le Spiorad Dhe ?

F. Cha 'n urra.

C. Cia mar tha Dia a' meas urnaigh nan aingidh ?

F. *Tha i 'n a grainealachd do 'n Tighearna.*

C. An gabh thusa ri Chriosd mata ; an dean thu urnaigh gu durachdach, an caith thu do bheatha gu stuama, gu cothromach agus gu diaghaidh ? F. Ni mi, iad so uile ; trid grais Dè 'g am neartachadh.

C. Ciod anns an criochnaich t urnaigh dhurachdach, agus do bheatha naomha mu dheirre ?

F. Ann 'n Dia a làn-mhealtuin ann 'n Criosd ; agus agus a bhi le mor-chaithreim 'g a mholadh fad saoghal nan saoghal.

CRIOCH A CHEUD EARRAINN.

MINEACHA' SOILLEIR

AIR

LEABHAR AITHGHEARR

NAN CEIST.

C. 1. Ciod a bu choir dhuit a dheanamh mar do chrioch araid?

F. A bhi a' glorachadh agus a' mealtain Dhe.

C. C' arson a bu choir dhuit gloir Dhe a dheanamh mar do chrioch araid? F. A chionnn gu bi so a chrioch àraid a bh' aig Dia 's an duine a chruthachabh, a choimhead, agus a shaoradh. Sean. xvi. 4.; Rom. xi. 26.

C. An urr' thu Dia a dheanamh ni 's gloirmhoire no tha e? F. Cha 'n urra; oir tha ghloir neo-chriochnach. Job xxxv. 7.; xxii. 3.

C. Cionnas mata tha thu ri Dia a ghlorachadh?

F. Le bhi a' taisbeanadh agus a' deanamh iomradh air a ghloir. Isa. xliii. 21.

C. Ciod anns am bheil thu ri gloir Dhe a thaisbeanadh? F. Tha mi ri thaisbeanadh a' m' cridhe, a' m' chainnt, agus a' m' bheusa. Col. iii. 17.

5. C. Cionnas a tha thu ri Dia a ghlorachadh ann a d' cridhe? F. Tha mi ri sin a dheanamh, le eolas, gràdh, smuainteachadh air, agus earbsa chur ann. 1 Chron. xxviii. 9. Mal. iii. 16. Sean. iii. 5.

C. Cionnas a tha thu ri Dia a ghlorachadh a d' chainnt?

F. Tha mi ri sin a dheanamh le urnaigh a dheanamh ris, agus moladh a thoirt dha. Salm lxv. 1, 2.

C. Cionnas a thu ri Dia a ghlorachadh ann ad' bheusa?

F. Le bhi a' deanamh gu suilbhir gach ni a tha e ag aithne.

C. Ciod e sin a bhi a' mealtain Dhe?

F. 'S e sin a bhi a' gabhail ris, a beathachadh air, agus a' faghail tlachd ann. Salm. xvi. 2. agus xi. 3, 4.

C. C' aite bheil e air a mhealtain le daoine?

F. An so air thalamh, agus 'na dheigh so air neamh. Salm lxiii. 24, 25, 26.

10. C. Cionnas a tha Dia r' a mhealtain air thalamh?

F. Tha e ri bhi air à mhealtain, le gabhail r' a ghràs agus r' a ghradh 'n ar chridhe. Rom. v. 1—5.

C. Cionnas a tha è ri bhi air a mhealtain air neamh?

F. Tha e ri bhi air a mhealtain an sin, le sinn a bhi a' a' dearcadh air, agus le bhi *air ar lionadh le uile lanachd Dhe.*

C. Co iad tha a' mealtain Dhe air neamh?

F. Iadsan amhain a tha naomha, agus a ta 'g a ghlorachadh air thalamh. Eabh. xii. 14.

C. Cuin a tha peacaich a' toiseachadh air Dia a ghlorachadh agus a mhealtain? F. 'N air a tha iad air tùs a' gabhail ri Criosd, agus a' taice ris.

C. Cia fhad a bhios na naoimh a glorachadh agus a mealtain Dhe? F. Bithidh gu siorruith; *Bitaidh sinn gu siorruith leis an Tighearna.*

15. C. A' bheil èolas againn a thaobh naduir cionnas a ghloraicheas agus a mhealas sinn Dia? F. Cha 'n eil; Dhall am peacadh agus Satan ar n ìnntine.

(2.) C. Ciod an riaghailt a thug Dia Dhuinn 'g ar teagasg chum è fein a ghlorachadh agus a mhealtain?

F. Thug e dhuinn fhocal gu h iomlan.

C. C' aite 'm bheil focal Dhe air a chur sios gu h iomlan? F. Tha e air a chur sios an n an' scriobtura an t sein Tiomnaidh agus an Tiomnaidh-nuaidh.

C. Ciod ris an abair thu an sean Tiomna'?

F. Their mi sean-Tiomnadh ri sin a tha a' toiseachadh le *Gineilich* agus a croichnachadh le *Malachi.*

C. Ciod è an Tiomnuadh-nuadh?

F. E sin a tha toiseachadh le *Mata,* agus a' crìochnachadh le leabhar an *Foillseachai'.*

20. C. Cia mar is e 'm Biobal an leabhar is fearr air an t saoghal? F. 'Se focal Dè e, agus Tiomnadh Iosa Criosd. 2 Tim. iii. 16, 17. 2 Cor. iii. 14. Mat. xxvi. 28.

C. Cia mar is urr' thu dhearbhadh gu 'r iad na scriobtura focal Dhe?

F. 'S urra mi a dhearbhadh arson an naomhachd agus a' mòrachd, agus arson an cumhachd a thoirt mothachaidh 's a dh' irioslachadh, dhaoine, agus gu 'n tionndadh gu Dia. Salm xix. 7—11. Eabh. iv. 12. 2 Cor. x. 4, 5.

C. C' arson a theirear Tiomnadh Chriosd ris na scriobtura?

F. A chionn gur h ann 'n sin a tha e a' toirt a bheannachda gu saor do dhaoine peacach. 2 Pead. i. 4. Luc. xxii. 29.

C. Ciod a chrioch chum an d' thug Dia dhuinn fhocal? F. Thug e dhuinn fhocal, a chum e bhi 'n a aon riaghailt amhain dhuinn chum esan a ghlorachrdh agus a mhealtain. Isa. viii. 20. 2 Tim. 15, 16, 17.

C. Ciod a chrioch arson a' bheil sinn ris na scriobturra a leughadh gach la?

F. Tha sinn ris na scriobturra a leughadh, a chum is le beannacha Dhe, gu dean iad sinn naomha, iriosal, agus glic a chum slainte. Salm xix. 7—11.

25. C. Ciod iad na meadhona is fearr a chum na scriobturra a thuigsin? F. A bhi gu dìchiollach a' coimeas aon scriobtur ri scriobtur eile, 's a bhi a' guidhe gu durachdach gu mùnicheadh agus gu 'n càireadh an Spiorad r' ar cridhe iad Gniomh xvii. 11. Eoin. v. 39.

(3.) C. Ciod a tha na scriobtuir gu h airid a' teagasg Dhuinn? F. Tha iad a teagasg, gach ni a tha sinn ri chreidsin a thaoibh Dhe, agus an dleasdanas a tha Dia a' g iarraidh air an duine. 2 Tim. i. 13. Eoin xx. 31.

(4.) C. Ciod is èigin duinn a thuigsin agus a chreidsin a thaoibh Dhe? F. 'S èigin duinn a thuigsin, gu bheil e ann, Co è, agus ciod rinn è. Eabh. xi. 6. Eoin. xvii. 3. agus iii. 16.

C. Cionnas a tha fios agad gu bheil Dia ann?

F. Tha scriobtur, reusan, agus gach uile chreatair a' nochdadh gu soilleir gu bheil Dia ann, a rinn, a tha a' coimhead agus a' riaghladh gach uile nithe. Isa. xlv. 22. Rom i. 19, 28. Salm xix. 1, 2, 3.

C. Ciod a ghne bhith a tha 'n Dia?

F. Is spiorad e, Eoin iv. 24. Gniomh xvii. 24—29. 30. C. Creud e spiorad?

F. Is bith bheo thuigseach e, nach urra sinn fhaicinn, no a mhochain, agus nach basaich. Luc. xxiv. 39.

C. A' bheil spioraid sam bith eile ann ach Dia?

F. Tha; aingle agus anama dhaoine. Salm civ. 4. Gnoimh. vii. 59.

C. Cionnas a tha iad sin eadar-dheallaichte o Dhia?

F. Tha aingle agus anama dhaoine 'na n spiorada

criochnaicht', cruthaichte, agus caochlaideach; ach tha Dia 'na Spiorad neo-chriochnach, biothbhuan, agus neo chaochlaideach. Salm cii. 26. agus cxlvii. 5.

C. Ciod è Dia a bhi neo-chriochnaicht'?

F. 'S e sin e bhi gun cheann gun chrioch. Job. xi. 7.

C. Cionnas mar a tha Dia siorruith?

F. Tha e siorruith, do bhri gu bheil e gun tùs laithe. no deireadh beatha. Salm xc. 2.

35. C. Ciod è Dia a bhi neo-chaochlaideach?

F. 'S e sin è bhi dò ghnà do 'n aon nadur, agus do 'n aon run. Mal. iii. 6.

C. Ciod anns 'm bheil Dia neo-chriochnaicht', siorruith, agus neo-chaochlaideach?

F. Ann a bhith, a ghliocas, a chumhachd, a naomhachds a cheartas, a mhaitheas agus fhirinn; agus 'na ghloir, 'na mhorachd, agus 'n a uachdranachd.

C. Creud è bith Dhe? F. 'S è sin fhiornadur no a Dhiaghachd, leis an ē an ni is è.

C. Creud è gliocas Dhe?

F. 'S è sin a bhuaidh leis a bheil e fiosrach air, agus a' stiuradh gach uile nithe.

C. Creud è chumhachd Dhe? F. 'S è sin a bhuaidh leis am bheil e a deanamh gach ni as eugmhais peacaidh.

40. C. Creud e naomhachd Dhe? F. Is è sin a bhuaidh leis am bheil e saor o gach uile pheacadh, agus leis a' bheil fuath aige do gach uile pheacadh.

C. Creud è ceartas Dhe? F. 'S e sin a bhuaidh leis a' bheil e a' toirt do gach aon a choir fein. Dan. ix. 7.

C. Creud è maitheas Dhe?

F. 'S è sin a bhuaidh leis a bheil e caoimhneil ris gach creatoir; agus leis a bheil e a' taisbeanadh a ghràis, a throcair a thoirbheartas agus a ghraidh.

C. Creud è firinn Dhe?

F. 'S è sin a bhuaidh leis a bheil fuath aige do gach uile cheilg agus mhealtoireachd.

C. Creud è gloir Dhe?

F. Is è sin an dealradh soilleir a tha air a bhuadha oirdhearca, Ecsod. xv. 2. Gniomh vii. 2.

45. C. Creud i morachd Dhe?

F. Is i sin a mhoralachd eagalachd, mar tha e 'na uachdaran oscionn gach uile.

C. Creud i ard-uachdranachd Dhe?

F. 'S i sin a choir a th' aige air gach ni a dheanamh agus a riaghladh mar is aill leis.

(5.) C. Ciod e ainm eadar-dhealaichte Dhe?

F. *Is e amhain, an t aon Dia beo agus fior.*

C. Cionnas tha thu a' dearbhadh nach éil ann ach aon Dia? F. Tha na scriobtura a' dearbhadh gur e an Tighearn' ar Dia-ne an t aon Dia, agus nach 'eil Dia sam bith eil ann ach a h aon. Deut. iv. 4.

C. C' airson a theirear an Dia beo ris?

F. Theirear an Dia beo ris, do bhri gu bheil gach uile bheatha aige ann fein, agus gu bheil è a' toirt d' a chreataire ciod air bith beatha tha iad a' sealbhachadh. Jer. x. 10. Gniomh xvii. 28.

50. C. C' arson a theirear am fior Dhia ris?

F. Do bhrigh gu bheil eisan amhain uil-fhoirfe. Isa. xlv. 21, 22.

(6.) C. Cionnas a tha thu a' dearbhadh gu bheil tri pearsai ann an aon nadur diaghaidh, no *Diaghachd*?

F. Tha na Scriohtura a' dearbhadh "gu bheil triùir a tha a deanamh fianais air neamh, an t Athair, am Focal (no a mac) agus an Spiorad naomh; agus gu bheil an triùir sin 'na 'n aon." Eoin v. 7. Mat. xxviii. 19.

C. Cionnas a tha tri pearsai' sin na Diaghachd eadar-dhealaichte? F. Tha iad eadar-dhealaichte, le 'm buaidhe fa leith mar phearsai.

C. Ciod i buaidh an Athar mar Phearsa?

F. Is i sin bhi a' gineamhain a mhic. Salm ii 7.

C. Ciod i buaidh a mhic mar phearsa? F. Is i fin e bhi air a ghineamhain leis an Athair. Eoin i. 14.

55. C. Ciod i buaidh an Spioraid Naoimh mar phearsa?

F. Is i sin è bhi a' teachd o 'n Athair agus o 'n Mhac Eoin xv. 26. Gal. iv. 6.

C. A bheil gineamhuin a Mhic, no teachd an Spioraid naoimh, amhain do reir toil Dhia mar a tha obair a chruthachaidh?

F. Cha 'n 'eil; tha iad araon do rireadh nadurra agus iomchaidh. Escod. iii. 14. *Is mi an Ti is mi.*

C. Cuin a ghin an t Athair a' Mac, agus a thainig an Spiorad Naomh uapa araon?

F. O uile shiorruitheachd. Mic. v. 2.

C. Cionnas a dhearbhas tu gur iad a Mac agus an Spiorad Naomh Dia co ionnan ris an Athair?

F. Tha na sciobtura a' toirt dhoibh na n aon ainme diaghachd, buaighe', oibre agua abdhraidh, is a tha air an toirt do 'n Athair. Mat. xxviii. 19.

(7.) C. Creud iad orduighe Dhe ?

F. Is iad sin a rún a th' aige bhi a' deanamh agus a' riaghladh a chreataire.

60. C. Ciod na nithe a ro'-ordaich e ?

F. Ro'ordaich e *gach uile nithe tha a' teachd gu crich.* Gniomh xv. 18.

C. Cuin a chomharlaich ague a ro'-ordaich e gach uile nithe ?

F. O uile shiorruitheachd. Eph. i. 4. Gniomh xv. 18.

C. Ciod an raighailt leis an d' ordaich e gach uile nithe ? F. Dh' ordaich e gach uile nithe *a reir comhairle a thoile.* Eph. i. 11.

C. Creud iad na buadhe a tha 'n ordaigh Dhe ?

F. Tha iad ro-naomha, ro ghlic, agus neo-chaochlaideach.

C. Ciod a chrioch arson an d' ordaich e na h' uile nithe ? F. Dh' ordaich e na h uile nithe a chum a gloir fein, agus math a phobuil.

65. (8.) C. A bheil Dia a cur ordaighe 'n gniomh ?

F. Tha ; *Tha chomhairle seasuch, agus tha e a' deanamh uile thoile.*

C. Ciod e dha-san a bhi a' cur uile ordaighe 'n gniomh ?

F. Is e sin gu bheil e a' coilionadh gach ni a runaich e.

C. Creud iad na nithe 's a bheil e a' cur ordaighe 'n gniomh ? F. Tha a cur ordaighe 'n gniomh, " an oibre a chruthaich agus a fhreasdail."

(9.) C. Creud i obair a chruthaich ?

F. Is i obair a chruthaich, " Dia bhi a' deanamh gach uile nithe do neo ni." Gin. i.

C. Co iad na creataire is oirdhearca a rinn è ?

F. Aingle air Neamh, agus daoine air thalamh.

70. C. Ciod a ghnè chreataire Aingle ?

F. Is spiorada iad, a fhuair mor-ghliocas agus neart.

C. Ciod an staid 's an robh na h aingle air an cruthachdh ? F. Bha iad air an cruthachadh an staid ro-ghloirmhor, ro naomh agus ro shona.

C. An do mhair na h' aingle gu leir 'na 'n cend staid ?

F. Cha do mhair ; pheacaich moran diu, agus mar sin dh' fhas iad 'n an diabhail.

(10.) C. Cia lion cuid naduir do 'm bheil corp an duine air a dheanamh asuas ?

F. Tha e air a dheanamh asuas do dhà chuid ; corp agus anam. Gin. ii. 7. Sear. xii. 7.

C. Ciod a thà thu à' ciallachadh le d' chorp ?

F. Is e sin a chuid sin dhiom a tha air a dheanamh asuas do fheòil, do' fhuil, agus do chnàmhan.

75. C. Ciod a thu a ciallachadh le t anam ? F. Is e sin a bhrigh spioradail smuaineachidh a tha anam.

C. Co dhiu sin mu 'n coir dhuit a bhi ni 's ro churamaiche ? F. 'S coir dhomh a bhi ni 's curamaiche mu 'm anam luachmhor agus neobhasor ; *oir ciod an tairbh' tha aig duine, ge do choisneadh è 'n saoghal, gu h iomlan agus anam fein a chall.*

C. C' arson a chruthaich Dia an duine firionn agus boirionn ? F. A chum gu 'm biodh an cinne-dàona air a' meudachàdh ; agus gu biodh iad na 'n cuideachadh a dh' aon a cheile.

C. Cia dheth d' an d' rinneadh corp Adhaimh ?

F. Rinneadh e do dhuslach na talmhain. Gin. ii. 17.

C. Cia dheth a rinneadh corp a mhna Eubha ?

F. Rinneadh è a dh' aisinn a bha air a toirt a taobh Adhaimh. Gin. ii. 22.

80. C. Co an coslas 's an robh an duine an toiseach air a chruthachadh ? F. Bha e air a chruthachadh an coslas Dhe. Gin i. 26, 27.

C. Ciod anns a bheil coslas Dhe a' co-sheasamh ?

F. Tha e 'a co-sheasamh, " Ann 'n eolas, fìreantachd, agus naomhachd."

C. Am be corp no anam an duine à rinneadh a reir coslais Dhe ? F. Be gu sonraichte anam.

C. Ciod an onoir bh' aig 'n duine 'na staid chruthaithe ? F. Bha *uachdranchd aige oscionn uile chreataire* no talmhainn.

C. Ciod an sonas a bh' aige ?

F. Bha e chomhnuidh an gàradh Edein, agus bha co-chomunn aige ri Dia.

85. C. (11.) Creud è freasdal De ? F. Is e sin a bhuan-churam, agus a riagladh oscionn a chreataire.

C. Creud iad buaidhibh a fhrsasdail? F. Tha e *ro-naomha ro ghlic agus ro-chumhachdach.* Salm cxiv. 17.

C Cionnas a tha freasdal De ro-naomha?

F. Do bhrigh gu bheil e a' meadachadh naomhachd, a' toirt mi mhisneach do 'n pheacadh, is 'ga pheanasacha.

C. Cionnas a tha freasdal De ro ghlic?

F. Do bhri gu bheil e ag ordachadh gach ni air an doigh is fearr, a chum na criche is fearr.

C. Ciod a chrioch mhath chum an d' ordaich freasdal De gach uile nithe?

F. Dh' ordaich e iad chum a ghloire fein, agus math a phobuil. Seanraite xvi. 4. Rom. viii. 28. 2 Cor. iv. 17. 1 Phead iv. 2.

90. C. Cionnas a tha freasdal De ro-chumhachdach?

F. Do bhri nach urra ni sam bith stad no casg a chur air. Lan. iv. 35.

C. Cia iad earranan oibre a fhreasdail?

F. Gu bheil e a' coimhead agus a riaghladh gach uile nithe.

C. Cionnas a tha Dia a' coimhead gach uile nithe?

F. Tha e 'gan cumail asuas 'nam bith agus 'nan gluasachd. Eabh. i. 3.

C. Cionnas a tha gach ni air an riaghladh leis?

F. Le è bhi g' an treorachadh gu 'n criochaibh ceart. Salm ciii. 19.

C. C'arson is èigin da gach ni a choimhead?

F. Do bhri nach fuiling e dhoibh pilleadh gu neo-ni. Rom. ix. 36

95. C. C'arson is èigin da gach ni a riaghladh?

F. A chionn nach leig e leo dol gu h'aimhreite. Job xxxvi. 41.

C. Ciod a tha freasdal De a' coimhead agus a' riaghladh?

F. Tha e a coimhead agus a riaghladh "uile chreataire agus an uile ghniomharra. Eph. i. 11.

C An e Dia ughdar dhroch ghniomharra?

F. Cha 'n è; ach tha e a' fulang, a' cumail criche agus a' riaghladh orra.

(12.) C. Creud an gniomh araid freasdail a rinn Dia a thaobh an duine 's an staid an do chruthaicheadh è?

F. Dh 'innrich e 'n cumhnanta leis. Gin. ii. 16, 17. Hos. vi. 6. Rom. v. 12, 19.

C. Creud è cumhnanta?

F. Is cordadh e eadar da phairte air son aobhar araid.

100. C. Co a phairte a bha 'sa chumhnanta a rinneadh ris an duine an toiseach? F. Bha Dia agus Adhamh.

C. Co arson an do cheangail Adhamh e fein 'sa chumhnanta so? F. Air a shon fein, agus arson a shliochd nadurra gu hiomlan. Rom. v. 12.

C. Ciod a ghnè chumhnante rinn Dia ri Adhamh?

F. Bu chumhnanta oibre agus beath' e.

C. C'arson a theirear cumhnante oibre ris?

F. A chionn gu be oibre no umhlachd a bha air iarraidh ann.

C. Ciod a ghne umhlachd a bha air iarraidh ann?

F. Bha umhlachd iomlan agus buan-mhairreannach.

105. C. Ciod an nì araid a thoirmisg Dia 'sa chumhnantr so?

F. Thoirmisg e ithe do mheas *craoibh an eolais.*

C. C'arson a thoirmisg e do Adhamh ithe do 'n mheas so?

F. A thaisbeanadh uachdranachd fein, agus a dh'fheuchain umhlachd an duine. Dan. iv. 35. Deut. xiii. 2.

C. C'arson theirear cumhnanta beatha ris a cheud chumhnanta? F. A chionn gu'r beatha an duais a bh'air a ghealltain arson a choimhead: agus a bha mar an ceudna air a chiallachadh ann am bagradh bàis.

C. Ciod a bheatha bha air a ghealladh an cumhnanta nan oibre? F. Beatha aimsirail, spioradail, agus shiorruith. Gal. iii. 12.

C. Ciod anns a' bheil beatha aimsirail a' co sheasamh?

F. Tha i a' co-sheasamh, ann 'n ceangal agus co-chomunn an anama agus a chuirp air thalamh.

110. C. Ciod anns a bheil a bheatha spioradail a' co-sheasamh?

F. Tha i'a' co-sheasamh, ann an ceangal sona agus co-chomunn ar n anama ri Dia air thalamh. Salm xxx. 5.

C. Ciod anns a' bheil beatha shiorruith a' co-sheasamh?

F. Tha i a' co-sheasamh, ann a bhi a' beachdachadh air gloir, agus a' mealtain lanachd Dhe air neamh. Salm xvii. 15. agus xvi. 11.

C. Ciod am peanas a bha air a bhagradh arson brisdeadh chumhnante nan oibre?

F. Bha bàs, "Anns an la dh' itheas tu dhith, gu cinnteach bàsaichidh tu." Gin. ii. 17.

C. Ciod m bàs a bh'air a bhagradh 'sa cheud chumhnanta?

F. Bha bàs aimsireil, spioradeil, agus siorruith-

C. Ciod am bâs aimsireil bha air a bhagradh ann ?

F. Bha, trioblaid o 'n taobh a mach, le mallachd, agus eadar dhealachadh ar n anama o'r cuirp ann 'n corruich Dhe. Sean. xiv. 32.

115. C. Ciod am bas spioradeil bh' air a bhagradh ann ?

F. Bha, eadar-scarrachdain ar n anama o Dhia, agus call a ghean-math agus a choslais. Eph. ii. 1, 3, 12.

C. Ciod am bàs siorruith a' bh' air a bhagradh ann ?

F. Bha eadar-scarrachdain an anama agus a chuirp ar-aon o Dhia, agus luidhe fuidh fheirg gu siorruith an ifrinn. 2. Tes. i. 9.

(13.) C. An robh Adhamh agus Eubha air an cruth-achadh le lan chomas air a cheud chumhnanta a choimh-ead ? F. Bha ;

Rinn Dia an duine foirfe. Sear. vii. 29. Gin. i. 27.

C. An robh iad air an daighneachadh an naomhachd agus an sonas ?

F. Cha robh ; *Dh' fhagadh iad gu saorsa an toile fein*

C. Ciod an saorsa toile bh' aig air ceud sinnseara 'n an staid chruthaichte ? F. Bha aomadh annta amhain chum a mhaith, acl: bha e comasach dhoibh a bhi air a' mealladh chum an uilc. Sean. vii. 27.

120. C. Cionnas a mhi-ghnàthaich iad saorsa an toile ?

F. Thuit iad o 'n staid 's an do chruthaicheadh iad le peacachadh an aghaidh Dhe. Sear. vii. 29. Gin. iii. 3.

(14.) C. Creud e peacadh ? F. " Is è peacadh bristeadh lagha Dhe." 1 Eoin iii. 4.

C. Ciod e sin easbhuidh aontachaidh do lagh Dhè ?

F. Is e sin easbhuidh gloine cridhe, agus naomhachd beatha a ta 'n lagh ag iarraidh. Salm xiv. 3. Rom. vii. 7.

C. Ciod a tha thu a' ciallachadh le bristeadh lagha Dhe ?

F. Sinn bhi a' deanamh nì sam bith than 'n lagh sin a toirmeasg. 1 Eoin iii. 4.

(15.) C. Ciod am peacadh leis an do bhrist ar ceud sinnseara cumhnanta nan oibre ?

F. Bhrist iad e, *le ithe do 'n mheas thormisgte.*

125. C. Ciod a dh' aom iad gu ithe do 'n mheas thoir-misgte ? F. Bhuair Satan Eubha, agus bhuair ise Adhamh gu ithe dheth.

C. An robh an ithe do mheas craoibh an eolais maith agus uile na pheacadh ro mhor? F. Bha.

C. Ciod a rinn mar sin è?

F. Do bhri le ithe dheth gun do pheacaich iad an aghaidh an t solluis bu shoilleire, gu robh iad neo-thaingeil do Dhia, neo thoilichte le 'n staid-shona, gu do mhort iad iad-fein agus an sliochd, agus gu d' chreid agus gu 'd thug iad umhlachd do 'n diabhol a raoghain air Dia. Luc. xiii. 47, 48.

C. An d' fhuair air ceud sinnsear bàs sa' cheart la 's an d ith iad do 'n mheas thoirmisgte? F. Fhuair iad bas spioradeil air a mhionaid sin, agus bha iad buailteach do 'n bhàs aimsireil agus shiorruith.

(16.) C. An do thuit an cinne-daona uile an ceud pheacaidh Adhaimh?

F. Thuit: "pheacaich iad ann-san agus thuit iad maille ris." Rom. v. 12, 16—19. 1 Cor. xv. 22.

130. C. Cionnas a thainig iad gu peacachadh ann, agus gu tuiteam maille ris anns a cheud seacharan?

F. A chionn gu robh cumhnanta nan oibre a bhrist e le peacachadh, air a dheanamh ris, cha 'n ann "amhain air a shon fein ach arson a shliochd nadurra gu h iomlan." Rom. v. 12—19.

C. Co iad sliochd nadurra Adhaimh? F. An cinne-daona gu h iomlan a thainig anuas uaidhe tre ghinealaich gnathaichte. 1 Cor. xv. 22. Rom. v. 12—19.

C. An do sheas Adhamh ceangailte ann an cumhnanta nan oibre arson Josa Chriosd?

F. Cha do sheas; oir cha d' thainig Criosd a nuas uaithe tre ghinealaich gnathaichte, ach rugadh e le h' oigh, agus be an Tighearn' o neamh è. Isa. vii. 14. ix. 6.

C. Ciod an staid o 'n d' thug an leagadh an cinne-daona?

F. Thug e iad o staid naomha agus làn-shonais.

C. Ciod an staid gus an d' thug an leagadh iad?

F. Thug an leagadh iad gu staid peacaidh agus truaighe. Rom. v. 12—19.

135. (18.) C. Ciod an staid pheacaidh gus an d' thug an leagadh an cinne-daona?

F. Thug e iad gu staid peacaidh gin agus gniomh.

C. Cionnas a tha fios agad gu bheil thu ciontach do pheacadh gin ? F. Tha focal De 'ga innseadh dhomh ; agus tha mi a' mothacha gu bheil mo cridhe thaobh nàduir do lubaidh chum an ni tha maith, agus so-lubaidh chum an ni ata olc.

C. Ciod anns a' bheil peacadh gin a' co sheasamh ?

F. Tha e a' co-sheasamh, an tri nithe ; cionta ceud-pheacaidh Adhaimh ; easbhuidh na ceud fhireantachd ; agus truailleachd a' naduir gu h iomlan. Rom. vi. 9. Salm liii. 1, 4. Rom. viii. 7, 8.

C. Creud e cionta ?

F. Nì a tha ceangal thairis chum dioghaltais.

C. Cionnas a tha peacadh a ceangal dhaoine thairis chum dioghaltais ?

F. Tha lagh agus ceartas Dhe 'gan dìteadh chum sgrios air a shon. Gal. iii. 10. Salm xi. 6, 7.

140. C. Co do pheacaidh Adhaimh 's a' bheil thu ciontach ? F. Tha a' cheud pheacadh amhain air a mheas domh ; an deigh dha-san sin a chuir an gniomh, sguir e o bhi na chean cumhnanta dhomh. Rom. v. 17.

C. Ciod è *easbhuidh na ceud fhireantachd* ?

F. 'Se easbhuidh na ceud fhireantachd, a bhi as eugmhais na naomhachd agus gloine-naduir 's an robh Adhamh air a chruthachadh. Job xiv. 4.

C. Ciod e truailleachd an naduir gu h iomlan ?

F. Sinn a bhi air ar truailleadh, agus marbh ann am peacadh.

C. Ciod a chuid do d' naduir a th' air a thruailleadh le peacadh ? F. Tha mo nadur gu h iomlan ; an tuigse, a' chogais, a chuimhne, an toil, na h aighneidh, agus na buill chorporra. Isa. i. 5.

C. Cionnas tha do thuigse air a truailleadh a thaobh naduir ?

F. Tha i làn aineolais, diomhainais, uabhair, agus so-lubaidh gu breugan. Isa. i. 3. Salm lviii. 3.

145. C. Ciod air a' bheil thu aineolach a thaobh naduir ?

F. Tha mi aineolach air Dia, air Criosd, air slighe na slainte, agus air m' fheum do labhairt orra ; agus air luach m anama, agus air gràinealachd mo pheacaidh. Isa. i. 3.

C. Cionnas a tha do chogais air a truailleadh a thaobh naduir?

F. Tha i dall agus neo-mhothachail, agus cha 'n 'eil i air mhodh ceart a' feuchain no a' cronachadh dhomh peacaidh. 1 Tim. iv. 1. Tit. i. 15.

C. Cionnas a tha do cuimhn' air a truailleadh a thaobh naduir? F. Tha i gu h ullamh a' di-chuimhneachadh an ni ata maith, agus ro-chuimhneach air an ni ata olc. Jer. ii. 32.

C. Cionnas a tha do thoil air a truailleadh?

F. Tha i làn naimhdeis an aghaidh Dhe, agus gu h uile so aomaidh a chum gach ni a tha olc. Rom. viii. 7, 8.

C. Cionnas a tha t aigneidh air an truailleadh?

F. Tha mi a' toirt graidh agus tha tlachd agam do nithe peacach agus faoin, ni 's mo no do Dia.

150. C. Cionnas a tha do bhuill chorporra air an truailleadh le peacadh? F. Tha iad na 'n inneil ullamh a chum neo-fhireantachd.

C. Ciod á tha a' sruthadh o 'n truailleachd naduir so?

F. Tha gach uile pheacadh gniomh a' sruthadh uaipe, mar tha droch smuaintidh, morta adhaltranas, striopachas meirle, fiadhnais bhreige, agus mor-thoibhèuma. Gal. v. 10—20. Rom. i. 21, 32.

C. Cia lion rathad 's a' bheil thu ciontach do pheacadh gniomh? F. Tha mi ciontach air da rathad ann an dearmad agus ann an deanadas.

C. Ciod anns a' bheil peacaidh dearmaid a' co-sheasamh? F. Tha iad a' co-sheasamh, ann a bhi a' dichuimhneachadh nan nithe tha lagh Dhe ag iarraidh.

C. Ciod anns a' bheil peacaidh, danadais a' co-sheasamh?

F. Tha iad a' co sheasamh, ann a bhi a' deanamh nan nithe a tha lagh Dhè a' toirmeasg. Salm. li. 4.

155. C. Ciod gus a' bheil do ghnath chaithe beatha a' teachd an fhad 'sa tha thu a' buanachadh as eugmhais Chriosd? F. Is dian ruith e ann am peacadh. Eph. ii. 2, 3. Rom. viii. 7, 8. Tit. iii. 3.

C. Cia aca is measa do cridhe no do chaithe beatha?

F. "Tha mo chridhe ceailgach oscionn gach uile nithe, agus anbhar aingidh." Jer. xvii. 9. Rom. viii. 7.

C. Ciod an truaighe sin gus an d' thug an leagadh thu ? F. Thug gus an dochair agus an dioghaltas a tha a' sior-leanmhain a pheacaidh.

(19.) C. Ciod anns a' bheil an truaighe a choisinn thu arson do pheacaidh a co-sheasamh ?

F. Tha i a' co sheasamh an tri nithe, sin ri ràdh, na chaill mi, na tha mi fuidh, agus na nithe do 'm bheil mi buailteach. Eoin ii. 1, 3, 12.

C. Ciod a chaill thu leis a' pheacadh ?

F. Chaill mi iomhaigh Dhe, agus co-chumunn maille ri Dia. Eph. ii. 3. 12.

160. C. Ciod an co-chomunn ri Dia a chaili thu ?

F. Chaill mi coir ann agus cairdeas sona maille ri Dia.

C. Ciod a tha thu air do thoirt fuidhe leis an leagadh ? F. Tha mi air mo thoirt *fuidh fheirg agus mallachd Dhe.*

C. Creud è sin a bhi fuidh fhearg Dhe ?

F. 'Se sin Dia a bhi an corruich rium na h uile latha. Salm vii. 11.

C. Creud e sin a bhi fuidh mhallachd Dhe ?

F. 'Se sin mi bhi air mo dhiteadh le a lagh gu peanas siorruith.

C. Ciod gus an d' fhàg am peacadh buailteach thu ?

F. Dh' fhag e mi buailteach do uile thruaighe na beatha so, agus do bhas agus ifrinn. Rom. ii. 8, 9.

165. C. Cia do thruaighe na beatha so do 'n fhag am peacadh buailteach thu ? F. Dh' fhag e mi buailteach araon do thruaighe aimsireil, agus spioradeil. Rom. ii. 9.

C. Cia iad na truaighe aimsireil do 'n d' fhag am peacadh buailteach thu ? F. Dh' fhag e buailteach mi, do ghorta, cogadh, plaigh, bochdain, masladh, calldach, tinneas, saothair, agus an leithide sinn. Deut. xxviii.

C. Ciod iad na truaighe spioradeil d' an d' fhàg am peacadh buailteach thu ?

F. Dh' fhag e buailteach mi do dhoille inntin cruas cridhe, neo-mhothachadh agus uabhas coguis, ana-mhiannibh graneil, laigse cuimhne, traillealachd Shatain, agus an leithide sin. Rom. i. 22, 32.

C. Cia aca is measa ar truaighe coitchionn aimsireil no truaigh agus plaighean spioradeil ar n anama ?

F. Is iad plaighean spioradeil ar n. anama is measa ;

oir tha iad sin 'g ar deanamh uamhara an scalladh Dhe. Salm xiv. 1, 2, 3.

C. Ciod a tha 'm bàs do dhroch dhaoine?

F. Tha e na aiseag o 'n aoibhneas agus sonas 's a' bheatha so, gu truaighe shiorruith. Sean. xiv. 31. Salm ix. 17. Luc. xvi. 22, 24.

170. C. Ciod a tha an uaigh do dhroch dhaoine?

F. Tha i na priosan a ghleidheadh an corpa arson ifrinn.

C. Ciod gus an d' fhag am peacadh buailteach an deigh a bhais thu? F. Dh' fhag e buailteach mi do phianta dioghaltais ifrinn gu siorruith.

C. Ciod iad peanais ifrinn? F. Is iad sin peanas calldaich, agus peanas mothachaidh.

C. Ciod a tha a mhuintir mhallaichte a' call an ifrinn?

F. Tha iad a' call a' bhi a' mealtain Dhia agus Chriosd, comunn aingle agus naoimh, agus gach nì a tha maith. Mat. xxv. 41.

C. Ciod e dioghaltas a mhothachidh an ifrinn?

F. 'Se sin Piantaidh uamhasach, 'na n anam agus 'na n corp, air an curr orra le Dia, le Diabhail agus le 'n cogaise fein. Foils. xiv. 10, 11.

175. C. C' arson is eigin do dhioghaltais nan aingidh a bhi siorruith?

F. A chionn nach urra creatair cruthaichte gu brath an luach neo chriochnach a dhioladh a tha ceartas Dhe ag iarraidh arson peacaidh, a tha 'na oilbheum neo-chriochnach an aghaidh an De naomha neo-chriochnaichte. Mic. vii. 7.

(20.) C. A' bheil Dia a' saoradh neach sam bith o staid a' pheacaidh agus na truaighe so?

F. Tha; tha e a' saoradh nan daoine taghta gu h uile.

C. Co iad muinntir thaghta a chinne-daona?

F. Iad sin a raoghnaich Dia, agus a thug e do Chriod, gu bi air an saoradh o pheacadh agus o fheirg. Eoin xvii. 9. Sech. ix. 2.

C. Ciod a bhrosnaich Dia gu raoghain a *d*heanamh air na daoine taghta? F. Cha be an oibre matha-san a chunnaic e ro-laimh, ach a shaor-ghràdh fein. Rom. ix. 11, 16. Eph. i. 5, 6. 2 Tim. i. 9.

C. Ciod gus an robh na daoine taghta air an raoghnachadh? F. Bha iad air an raoghnachadh an Criosd gu beatha mhairreannach. 1 Tes. i. 9.

180. C. Ciod a' meadhon leis a' bheil Dia a' toirt nan

daoine taghta chum beatha mhairreanaich?

F. Tha e a' deanamh sin trid cunnanta nan gràs. 2 Sam. xxiii. 5.

C. C' arson a theirear ris a' cumhnanta nuadh so cumhnanta nan gràs? F. Do bhri gu bheil creidimh agus gach nithe ata air a ghealltainn ann, 'nan saor-thiolacadh o Dhia do dhaoine peacach. Esec. xxxvi. 25, 31.

C. Cuin a raoghnaicheadh na daoine taghta, agus a rinneadh cumhnanta nan gràs?

F. O uile shiorruitheachd. Tit. i. 2.

C. Co a phairtie a bha 'n cumhnanta nan gràs?

F. Bha Dia agus Chriosd. Sech. vi. 13. Salm lxxxix. 3, 35. Isa. liii. 10. Salm xl. 6—8.

C. Co arson an do sheas Criosd ann an cumhnanta nan gràs? F. Sheas e arson nan daoine taghta gu h iomlan, agus amhain air an son san, Isa. liii. 6, 11. 12. 185. C. Ciod a ghabh Criosd os laimh 's a' chumhnanta so? F. Ghabh e os laimh gu 'n dioladh e na fiacha a bha aig Dia air na daoine taghta.

C. Ciod am fiach a bha aige air na daoine taghta?

F. Bha e mar fhiachadh orra umhlachd iomlan a thoirt d' a lagh, agus lan-dioladh a thoirt d' a cheartas arson an cionta a bha neo-chriochnach 'n an nadur. Gal. iii. 10, 13.

C. Ciod an nì mòr a tha air a ghealtain an cumhnanta nan gràs? F. Beatha-mhairreannach, no Dia ann an Criosd mar ar Dia agus ar n oighreachd shiorruith. Titus i. 2. Jer. xxxi. 33, 34.

C. Creud iad na buaghan a tha 'sa' chumnanta nuadh so? F. Tha 'n cumhnanta so cinnteach, tha e air a dheagh ordachadh, agus tha e siorruith. 2 Sam. xxiii. 5.

C. Cionnas a gheibh sinn seilbh-choir 'sa chumhnanta nuadh so? F. Gheibh sinn sin trid creidimh ann an Criosd urras a chumhnanta. Eoin iii. 16. 190. C. Ciod a chrioch arson an d' inntrich Dia ann an cumhnanta gràis ri Criosd an ainm nan daoine taghta?

F. A *chum an saoradh o staid peacaidh agus truaighe, agus a chum an toirt gu staid slainte.* Sech. ix. 11, 12.

C. Creud i slainte. F. 'Se sin saorsa o gach olc, agus a bhi a' mealtain na h uile maith. Eph. ii. 1, 6, 8.

C. Co leis à' bheil' Dia 'g ar toirt a chum staid slainte?

F. Tha e 'g ar toirt chum slainte, Trid Chriosd ar n Eadar-mheadhanoir agus Fear-saoraidh. Hos. i. 7.

C. C' arson a theirear ar n' Eadar-mheadhanoir ri Criosd ? F. Arson gu bheil e a' deanamh air reite-ne a tha n' ar peacaich ri Dia. Eph. ii. 13—18.

C. C' arson a theirear ar Fear saoraidh ri Criosd ?

F. Arson gu bheil e 'gar saoradh o 'r traillealachd spioradeil. Isa. xlix. 24—26.

195. C. Ciod an traillealachd spioradeil o 'm bheil Criosd 'g ar saoradh ? F. Tha e g' ar saoradh o thraillealachd a pheacaidh, Shatain, agus an lagh bhriste.

C. Ciod iad na meadhona leis a' bheil Criosd g' ar saoradh ? F. Tha e 'g ar saoradh le luach agus cumhachd, no le ceannachd agus buaigh.

C. C' arson is èigin duinn a bhi air saoradh le luach ?

F. Arson gu bheil sinn fuidh fhiacha do cheartas Dhè agus 'n ar ciontaich d' a lagh.

C. C' arson is èigin duinn a bhi air ar saoradh le cumhachd ? F. Arson gu bheil sinn a thaobh nàduir fuidh cheangal tràilleal do pheacadh agus do shatan.

C. Ciod an luach leis a' bheil Criosd 'gar saoradh ?

F. Tha e gar saoradh le luach neo-chriochnach fhola agus fhireantachd.

200. C. Ciod an cumhachd leis a' bheil Criosd 'gar saoradh ? F. Tha e 'gar saoradh le cumhachd-foillseachaidh, agus naomhachaidh a spioraid.

(21.) C. Ciod a bha ar Fear-saoraidh o shiorruitheachd ?

F. Bè aon mhac nadurra agus siorruith Dhe e.

C. A' bheil dream sam bith eil' aig Dia ris an abrar a mhic a thuille adh air Criosd ?

F. Tha ; Aingle naomha, agus creidmhich.

C. Cionnas a tha na h aingle naomh' 'na mic do Dhia ?

F. Tha iad 'na mic do Dhia a thaoibh cruthachaidh. Job. xxxviii. 7.

C. Cionnas a tha creidmhich na mic do Dhia ?

F. Tha iad 'na mic do Dhia a thaoibh ath-ghineamhain agus uchd-mhacachd. Eoin i. 12.

205. C. Cionnas a tha Criosd 'na mhac do Dhia?

F. Tha e 'na mhac Do Dhia a thaoibh ginealach siorruith, agus nadurra. Salm ii. 7. Eoin i. 14.

C. Air bhi do Chriosd 'na mhac do Dhia, ciod a rinneadh è chum sinne shaoradh ?

F. *Rinneadh e 'na dhuine.* Eoin i. 14.

C. C' arson a bha e fèumail gu biodh ar Fear-saor-

aidh-ne na dhuine? F. A chum is gu d thugadh è umhlachd, is gu fulaingeadh e 'nar n aite.

C. C' arson a bha e feumail gu biodh ar Fear-saoraidh 'na Dhia?

F. A chum gu giùlaineadh e fearg neo chriochnach, gu biodh brigh agus buaigh 'na umhlachd 'na fhulangas, agus 'na eadar-ghuidhe; agus a chum gu 'n saoradh e sinn le a' neart uile chumhachdach. Eabh ii. 10, 11, 14. vii. 25.

C. Ciod anns a bheil dà nadur Chriosd ceangailte agus a' co-sheasamh? F. Tha iad a' co-sheasamh 'na aon phearsa Dhiaghaidh. Isa. ix. 6. Rom. ix. 5.

210. C. An d' rinn an ceangal a bha eadar dà nadur Chriosd an coi-measga' ri aon a cheile?

F. Cha d' rinn; Bha iad, agus *mairridh iad gu bi 'n an da nadur eadar-dhealaichte an aon phearsa am feasd.* Eabh. vii. 24. Foills. i. 18.

(22.) C. Cionnas a rinneadh Criosd 'na dhuine?

F. Rinneadh e 'na dhuine *le corp fior, agus anam reusanta ghabhail dha fein.*

C. An robh mathair sam bith aig Criosd mar Dhia?

F. Cha robh.

C. An robh Athair aig Criosd mar dhuine?

F. Cha robh.

C. Cionnas a ghineadh è mata?

F. Bha e air a ghineamhain le cumhachd an spioraid naoimh. Luc. i. 35.

215. C. Co leis a bha e air a bhreith? F. Bha e air a bhreith leis a mhaighdinn muire. Mat. i. 20—25.

C. C' arson a bha Criosd air bhreith le maighdian?

F. A chum is gu biodh e naomha, neo-lochdach, neo thruaillte le peacadh gin, agus eadar-dhealaicht' o pheacaich. Eabh. vii. 26.

C. Ciod an t ainm gnathaicht' a th' aig ar Fear-saoraidh?

F. Theirear ris an Tighearn' Josa Criosd. Seum. ii. 1.

C. C' arson a theirear Tighearna ris? F. Arson gu'r è am fior Dhia è, agus gu bheil e ag uachdranachd oscionn gach uile. Gniomh. x. 36. agus ii. 36.

C. C' arson a theirear Josa r' ar Fear-saoradh?

F. Do bhri gu bheil e a' saoradh a phobuill o 'm peacaidh agus truaighe.

220. C. C' arson a theirear Criosd ris ? F. A chionn gu d' chuir, gu d' ung, agus gu d' chuir an t Athair air leth e chum oifig eadar-mheadhonaireachd. Isa. ix. 2—4. xlii. 6, 7. agus lxi. 1, 2, 3.

C. Ciod an ola leis an d' ung an t Athair Criosd ?

F. Dh' ung se è leis an spìorad naomh oscionn tomhais. Eoin iii. 34.

(23.) C. Ciod na h oifige airid gu s an robh Criosd air ungadh ? F. Bha e air ungadh gu oifige *Faidh', Sagart, agus Righ.*

C. Ciod a' feum a th' agad air Criosd mar Fhaidhe ?

F. Tha feum agam air, a chum m' fhoghlum, agus mo theagasg ann an toil Dhe.

C. Ciod am fèum a th' agad air Criosd mar Shagart ?

F. A chum làn-dioladh a thoirt do cheartas Dè, agus eadar-guidh' a dheanamh air mo shon.

225. C. Ciod am fèum a th' agad air Criosd mar Righ ?

F. Chum mo shaoradh o dhaoirse, agus mo riaghladh lè a lagh.

C. A' bheil Criosd a' cur uile oifige an gniomh ?

F. Tha ; Tha e dileas dhasan a dh' ordaich e. Eabh. iii. 2.

C. Ciod e do Chriosd a bhi a' cur uil' oifige an gniomh ?

F. Is e sin e bhi a deanamh an ni a bhuineas do gach aon diubh.

(24.) C. Ciod anns a' bheil Criosd a' cur oifig Faidh' an gniomh ?

F. Tha e a' cur oifig Faidh an gniomh, *ann bhi a' teagasg, agus a' foillseacha toil Dhe chum slainte dhuinn.* Isa. lxi. 1, 2, 3, agus xlviii. 17.

C. Ciod na nithe àirid a tha Criosd a' teagasg dhuinn ?

F. Tha e a' teagasg dhuinn cò, agus ciod a rinn e-fein agus Athair ; luachmhoireachd ar n anama, agus grain-ealachd ar peacaidh ; a' teagasg ar dleasdanais dhuinn, agus far am faigh sinn sonas.

230. C. Ciod leis a' bheil Criosd a' foillseacha toil De dhuinn ? F. *Le fhocal agus le' Spioraid.* Salm cxlvii. 19. 1 Cor. ii. 12.

C. Cionnas a tha Criosd 'gar teagasg le fhocal ?

F. Tha e a' foghlam ar tuisge an nithe diaghaidh.

C. Cionnass a tha Chriosd 'gar teagasg le a spiorad ?

F. Tha è a' fosgladh ar cridh' a ghabhail ri firinne diaghaidh.

C. Ciod a' chrioch chum a bheil Criosd a' foillseachach toil Dè dhuinn ? F. Tha è 'ga foillseachadh dhuinn, *chum ar slainte shiorruith.* Eoin xvii. 3.

C. Ciod a thig riusan aig nach eil, agus a tha a' deanamh tarcuis air focal agus spiorad Chriosd ?

F. Theid iad a' mugha gu siorruith ; Far nach 'eil taisbean', theid am pobull a' mugha. Sean. xxxix. 18.

235. (25.) C. Cionnas a tha Criosd a' cur oifig Sagart an gniomh ?

F. Tha e a' cur oifig Sagairt an gniomh, *le iobairt thoirt 'suas agus le bhi deanamh eadar ghuidhe.*

C. Co airson tha Chriosd a' toirt iobairt 'suas, agus a' deanamh eadar ghuidhe ?

F. Tha è a' toirt iobairt 'suas, agus a' deanamh eadarghuidhe arson nan daoine taght' amhain. Eoin x. 15. agus xvii. 9.

C. Ciod an iobairt a thug Criosd 'suas ? F. Thug e 'suas e-fein, araon anam agus corp. Mat. xvii.

C. Cionnas a dhearbhas tu gu' d' thug Criosd anam 'suas mar iobairt ?

F. *Shaothraich anam ann am pein, bha e ro bhronach, agus thug e iobairt air son peacaidh.* Isa. lii. 10, 11.

C. Ciod an altair air an d' thug Criosd 'suas e-fein ?

F. Cha be an crann-cèusaidh ach a' nadur diaghaidh a naomhaich an iobairt, agus a rinn luachmhor i. Gniomh xx. 28.

240. C. Co d' an d' thug Criosd è fein 'na iobairt ?

F. Thug se e fein asuas do Dhia mar am breitheamh d' an d' thug sinn oilbheum. Salm xl. 6, 7, 0.

340. C. Ciod a chrioch arson an d' thug Criosd e-fein 'na iobairt ? F. Thug se e-fein 'suas a chum *lan dioladh a thoirt do cheartas, agus a chum gu 'n deanadh e air reite ne ri Dia.*

C. Ciod a thug oilbheum do cheartas Dè, agus a chuir sinn an aimhreite ris ?

F. Thug ar peacaidh-ne. Jer. xliv. 4.

C. Cia tric a thug Criosd e-fein 'suas 'na iobairt ?

F. Thug *se e fein suas aon uair a' thoirt air falbh peacaidh* mhorain. Eabh ix. 28.

C. C' arson nach robh Criosd ach aon uair air iobradh ?

F. A chionn gu d' rinn a thoirt fein 'suas aon uair, ceartas Dè a làn-dioladh, gu d' fhuair e saorsa-shiorruith dhuinne, agus gu d' rinn e gu brath foirfe iad-san uile a tha air an naomhachadh. Eabh. ix. agus x. Isa. liii.

245. G. Cionnas a tha fios agad nach agair ceartas Dè tuille dìolaidh arson peacaidh nan daoine taghta?

F. A chionn gu dubhairt Criosd air a chrann-cheusaidh, *Tha e criochnaicht'* agus an deigh sin thogadh o na marbhadh e, agus dh' ardaicheadh chum gloir e.

C. Ciod i eadar-ghuidhe Chriosd?

F. 'Se sin, è bhi 'g a thaisbeanadh fein an lathair Dhe 'nar n ainm, agus gu bheil e toileach gu biodh na beannachda a choisin e air an toirt dhuinne. Eoin xvi. Eabh. ix. 24.

C. Ciod an doigh air a bheil Criosd a' deanamh eadar-ghuidhe air arson?

F. Tha e a' deanamh eadar-ghuidhe air arson, do ghna, gu h èudmhor, gu buaghach, agus gu h èolach.

C. Ciod an stèidh air a' bheil Criosd a deanamh eadar-ghuidhe air arson?

F. Tha e tagar arson luach fhireantachd fein.

(26.) C. Co iad air a' bheil Criosd a' cur oifig Righ an gniomh?

F. Tha e a' cur oifig Righ an gniomh, air na daoine taghta, agus air a naimhde fein agus an naimhde-san. Salm cx. 23. agus lxxii.

250. C. Ciod anns a' bheil Criosd a' cur oifig Righ an gniomh oscionn nan daoine taghta? F. Tha è ga 'n ceannsachadh, ga 'n riaghladh, agus ga n' dion.

C. Ciod a chrioch arson a' bheil Criosd a' cur na h oifig so an gniomh as leith nan daoine taghta?

F. A chum an saoradh, agus an coimhead o thraillealachd. Isa. xxiii. 22. agus xlix. 25, 26.

C. Cionnas a tha Criosd 'gar toirt o' r traillealachd spioradeil? F. Tha e 'gar toirt uaipe, *le bhi 'g ar ceannsachadh dha fein.* Gniomh xxvi. 18.

C. Ciod e sin do Chriod sinne a cheannsachadh dha fein?

F. 'Se sin, gu bheil e g' ar ceangal ris fein anns chumhnanta nuadh, agus gu bheil e a' toirt cridhe dhuinn a tha ag iarraidh umhlachd a thoirt d' a lagh.

C. C' arson is eigin duinn a bhi air ar toirt fuidh cheannsal Chriosd ?_ F. A chionn gu bheil sinn do thaoibh naduir 'n ar naimhde dha. Rom. v. 10.

255. C. Co d' an **cairdean** agus d' an iochdarein sinn a thaoibh naduir ? F. Tha sinn 'n ar càirdean agus 'n ar n iochdarein do 'n pheacadh, do 'n diabhal, agus do n t saoghal, Eph. ii. 1—3. Tit. iii. 32. Tim. ii. 26.

C. Cionnas a tha Criosd g' ar cumail air ar n ais o' r trailealachd spioradeil ?

F. Tha e a' deanamh sin, le bhi ag uachdranachd os ar cionn. Isa. ix. 7.

C. Cionnas a tha Criosd a' riaghladh a phobuil ?

F. Tha e g' an treorachadh agus g' an tarruing ann 'n slighe na naomhachd.

C. Ciod na meadhona leis a' bheil Criosd a' ceannsachadh agus a' riaghladh a dhaoine taghta fein?

F. Is iad na meadhona sin, fhocal, luachmhor, agus a spiorad cumhachdach.

C. Cionnas a tha Criosd g' ar cumail air ar n ais o 'r tràilealachd spioradeil?

F. Tha e a' deanamh sin, *le bhi g' ar dion.*

260. C. Co iad o 'm bheil Criosd a' dìon a phobuil ?

F. Tha e g' an dìon o uile naimhde fein, agus an naimhdesan. Isa. xlix. 25, 26.

C. Co iad naimhde Chriosd agus a phobuil ?

F. Is iad sin, am peacadh, an diabhal, an saoghal agus am bàs. Eabh. ii 14.

C. Ciod leis a' bheil Criosd a dìon a phobuil ?

F. Tha e g' an dìon le ghradh uile-chumhachdach, le neart, agus le fhreasdal.

C. Cionnas a tha Criosd a' cur oifig riogheil an gniomh oscionn a naimhde fein agus ar naimhde-ne ?

F. Tha è g' an *casg, agus a' buadhachadh orra.*

C. Cionnas a tha Criosd a' cur casg air a naimhde ?

F. Tha e a cumail air ais am mì-run, an cumhachd, agus an gniomharra mar is aill leis.

265 C. Cionnas a tha Criosd a' buadhachadh air a naimhde ? F. Tha e a toirt uatha an cumhachd, agus a' toirt sgrios orra.

C. Cuin a bheir Criosd buaidh iomlan air a naimhde fein, agus air ar naimhde-ne ?

F. Aig an là dheireannach. Taisb. xx.

C. Ciod na staide anns 'm bheil Criosd a cur oifige an gniomh?

F. Tha e g' an cur an gniomh, araon an staid irioslaichidh agus ardachidh.

(27.) C. Ciod iad na cinn araid anns a' bheil irioslacha' Chriosd a' co-sheasamh?

F. Tha iad a co-sheasamh an sè cinn; eadhon, gu robh e air a' bhreith, agus air a dheanamh fuidh 'n lagh; gu deachaidh e fuidh uile thruaighe na beatha so, agus fuidh fheirg Dhe; gu 'n d' fhuair e bàs, agus gu robh e air adhlacadh.

C. Co an lagh fuidh 'n robh Criosd air a dheanamh?

F. Bha e air a dheanamh fuidh lagh Dhe, mar chumhnanta briste nan oibre. Gal. iv. 4.

270. C. Ciod a chrioch chum an d' rinneadh Criosd fuidh 'n lagh bhriste?

F. A chum gu làn choilionadh e aitheanta an lagha, agus gu fuilingeadh e a pheanas; agus mar sin gu saoradh e phobul uaithe. Gal. iv. 5, 6.

C. Nach 'eil e mar fhiacha' air creidmhich gidheadh, umhlachd o thoirt do lagh Dhe?

F. Tha e mar fhiacha' orra umhlachd a thoirt da mar riaghailt, ach cha 'n 'eil e ceangailt' orra mar chumhnanta chum beatha mhaireannach a chosnadh leis. Rom. vi. 14.

C. Ciod iad truaighe na beatha so fuidh 'n deachaidh Criosd? F. Chaidh e fuidh 'n chuid sìn diu amhain, a tha coitchionn, agus neo-lochdach. Isa. liii.

C. Creud iad sin? F. Masladh, buaireadh, ocras, tart, sgios, fallas, call-fola, agus an leithide sin.

C. C' arson a chaidh Criosd fuidh na truaighe' neo-lochdach sin? F. A chum gu 'n d' thugadh e 'n gath as ar trioblaid-ne, agus a chum gu b' fhearr a bhitheadh co fhulang-angas aige ruinn anntas. Eabh. ii. 17, 18.

275. C. Ciod an eallach bu truime a ghiulain Criosd?

F. Fearg neo chriochnach Dhe. Salm lxxxix. 38.

C. An d' thug Dia fuath riamh do Chriosd?

F. Cha d' thug; ach leag e air mar ar n urras ne, an fhearg a thoill sinn arson ar peacaidh.

C. Ciod a ghnè bhais a dh' fhuiling Criosd?

F. Dh' fhuiling e bàs mallnichte, agus cràiteach a chroinn cheusaidh. Gal. iii. 13.

C. Ciod a thug do 'n bhas agus do 'n uaigh uachdranachd air Criosd? F. Thug, Gu 'n d' rinneadh e' na pheacadh air ar soinne. 2 Cor. v. 21.

C. Cia fhad a bhuanaich Criosd an staid fulangais?

F. Bhuanaich e tuille agus tri-bliadhn'-deug thar fhichead. Luc. iii. 23.

280 C. Ciod anns an d' fhuiling Criosd fad irioslaichidh?

F. Dh' fhuiling e 'na anam, 'na chorp, 'na chliu, agus 'na staid. Isa. liii.

C. Ciod anns an d' fhuiling Criosd gu ro-dhoruinneach? F. Dh' fhuiling e gu ro-dhoruinneach 'na anam, a bha 'n trioblaid co-mor is nach robh fios aige ciod a theireadh e. Eoin xii. 27.

C. Cuin a dh' fhuiling Criosd gu h airid 'na anam?

F. 'N air a bha e ann sa ghàradh, agus air a chrann-cheusaidh.

C. Cionnas a tha fios agad gu d' fhuiling e 'na anam an sin?

F. Tha fios agam air, a chionn an fhallas fhola, agus arson nam briathra ro-bhrònach a labhair e,

C. Creud iad briathra brònach Chriosd?

F. Ghlaodh e, *Tha m' anam ro-bhronach; agus wo Dhia, mo Dhia, c' arson a threig thu mi.* Marc. xiv. 34. agus xv. 34.

285. C. Co an lamh o 'n d' fhuiling Criosd?

F. Dh' fhuiling e o laimh Athar, a dheisciobail, agus a dhearbh-naimhdean.

C. Ciod a dh' fhuiling Criosd o Athair? F. Dh' fhuiling e folach a ghnuis, agus cudthrom fheirge.

C. Ciod a dh' fhuiling Criosd o dheisciobail?

F. Bhrath Judas e, dh' aichean Peadair e tri uaire, agus threig iad uil' e. Mat. xxvi. Luc. xxii.

C. Ciod a dh' fhuiling Criosd o dhearbh-naimhde?

F. Bhuair iad e, thug iad toibheum dha, sgiurs iad e, agus thilg iad smugaid air; chuir iad crùn droighinn air, dhìt agus chèus iad è. Marc. xiii. xiv. xv. Eoin. xviii. agus xix.

C. Ciod a dh' aom Criosd gus na nithe sin fhulang?

F. Dh' aom aithne Athar, agus a ghradh neo chriochnach dhuinne.

290. C. Creud e duais uil' fhulangais Chriosd?

F. 'Se a dhuais, gu bheil e-fein air ardacha', agus gu d' fhuair e slainte shiorruidh dhuinne.

(28.) C. Ciod na nithe 's a' bheil ardachadh Chriosd a' co-sheasamh ?

F. Tha e a' co-sheasamh an ceithir nithe, mar tha aiseiridh, a dhol suas, a shuidhe aig deas-laimh Dhe, agus 'na theachd a thoirt breith air an t saoghal. Eabh i. 3. agus ix. 24, 28. Salm xvi. cx.

C. Ciod a chrioch chum an d' èirich Criosd o na marbhadh ?

F. Dh' eirich e chum gu taisbeanadh e gu robh ceartas De làn diolta, gu robh a naimhde uile air an làn-cheannsachadh ; agus gu gabhadh e dha fein a dhuais ghloirmhor.

C. Co an cumhachd leis an d' eirich Criosd ?

F. Dh' èirich e le chumhachd fein, agus cumhachd Athar. Rom. i. 4.

C. Cuin a dh' eirich Criosd aris? F. Dh' eirich e air a cheud la do 'n t seachdain, agus an treas la 'n deigh a bhais. Mat. xxviii. 1. 1 Cor. xv. 4. Marc. xvi. 9. 295. C. Cia fhad a dh' fhan Criosd air thalamh 'n deigh ais-eiridh ? F. Da fhichead latha. Gniomh i. 3.

C. Cia mar a chaith e 'n uine sin ?

F. Chaith e i g' a nochda' fein gu tric a dhearbhadh ais-eiridh, agus a' teagasg a dheisciobail a' m firinneadh diaghaidh. Gniomh. i. 3.

C. Ciod a thainig ri Criosd an deigh an da fhichead latha sin ?

F. Chaidh e *'suas gu neamh* an sealladh a dheisciobail.

C. Co bha 'n cuideachd Chriosd 'na dhol gu neamh?

F. Bha miltibh a dh' aingle le lua'-ghair molaidh.

C. C' arson a chaidh Criosd 'suas gu neamh ?

F. Chaidh e ghabhail gloir dha fein, agus a dh' ullachadh aite comhnuidh dhuinne.

300. C. Ciod an inbhe ghloirmhor a th' aig Criosd an neamh ?

F. Tha e 'na shuidhe air deas laimh Dhe. Salm cx. 1.

C. Ciod a tha air a' chiallacha' le deas laimh Dhe?

F. An staid is àirde ann an onoir agus ann an ughdarras.

C. Ciod a tha air chiallachadh le Criosd a bhi 'na shuidhe aig deas-laimh Dhe? F. Tha e a' ciallachadh, co buan mhaireannach 's a tha a ghloir agus fhois.

C. Ciod a chrioch arson a' bheil Criosd 'na shuidhe aig deas-laimh Dhe? F. A chum seasamh air son a' phobuil, agus a sgrios a naimhde.

C. Ciod anns an dean Criosd lan thaisbeanadh air a ghloir ?

F. Ann an teachd a thoirt breith air an t saoghal 's an latha dheireannach. Taisb. xx.

305. C. A' bheil fios aig neach sam bith cuin a bhios am breitheanas deireanach? F. Cha 'n eil ; " Cha 'n eil aig aingle Dhe." Marc. xiii. 32.

C. C' arson a tha Dia a' folach àm a bhreitheanais dheireannaich ?

F. A chum gu biodh mid ri faire, agus a ghna ullamh air a shon. Mat. xxiv. 42—44. Taisb. xvi. 15.

C. Ciod an doigh air an d' thig Chriosd gu breitheanas ? F. Thig e air doigh rouamhasach, obainn, agus gloirmhor ; Taisb. xx. 11. 2 Thess. i. 7—10. Jude 14, 15. Faills. i. 7.

C. Co bhios a' feitheamh air Criosd 'n 'air a thig e gu breitheanas ? F. Biaidh na h aingle naomha uile, agus naoimh ghloraichte. 2 Tess. i. 7.

C. Co a ghloir anns 'n d' thig Criosd gu breitheanas ?

F. Thig e 'na ghloir fein, agus an gloir Athar. Luc. ix. 26.

310. C. C'ionnas a ghloraicheas Criosd e fein 's a' bhreitheanas ?

F. Ann 'n togail na marbh, ann 'n daoine agus diabhail a thoirt a dh' ionnsaidh a chathrach, agus ann 'm binne cheart a thoirt agus a chur an gniomh orra.

C. Ciod na meadhona leis an togar na mairbh ?

F. Biaidh iad air an togail le guth cumhachdach an ard-aingil, agus le trompaid Dhe.

C. Co dh' eireas an toiseach ?

F. Eiridh na fireanaich.

C. Co iad a mheasar 'n am fireanaich air an la sin ?

F. Iadsan amhain a tha air an sgeudachadh le fireantachd Chriosd. Phil. iii. 9. 2 Cor. v. 21. Rom. v 15—21.

C. Ciod an t eadar dheallachadh a bhios eadar aiseirdih nam firean agus nan aingidh ?

F. Eiridh na fireanaich le gloir agus buaidh ach na h aingidh le ballachrith agus uamhunn.

315. C. Cionnas a thaisbeanas na h aingidh an uamhunn ? F. Taisbeanaidh iad e le glaodhaich ris na cnoic agusr is na sleibhte tuiteam orra, agus am folach o ghnuis Chriosd am breitheamh.

C. Cia mar a bhios binn a bhreithanais dheireannaich ceart? F. *Theid breith a thoirt air gach duine do reir a ghniomharra.*

C. An d' theid na creidmhich ordachadh gu gloir arson an deagh oibre?

F. Cha d' theid idir; Ach arson na rinn Criosd air an son. Phil. iii. 9. Isa. lxi. 10. Rom. v. 16—12.

C. Ciod anns am bi ceart bhinne Chriosd air a cur an gniomh? E. Anns na h aingidh "a dhol air falbh a chum peanas siorruidh, agus na fireannich a chum na beatha mairreanaich." Matt xxv. 46.

(29.) C. Creud i an t saorsa a choisinn Chriosd air arson?

F. Is saorsa i o pheacadh agus truaighe, agus is seilbh-choir i air naomhachd agus sonas gu brath.

320. C. C' arson a theirear gu bheil ar saorsa air a cosnadh?

F. Arson gu d' thug Criosd luach fhola air a son.

C. An leoir gu bheil ar saorsa air a cosnadh chum ar sabhaladh? F. Cha leoir; is eigin gu bi air a cur ruinn gu h eifeachdach.

C. Creud e co-chur eifeachdach na saorsa?

F. Is e sin i bhi air a deanamh thairis dhuinne ann seilbh-choir.

C. Cuin a tha 'n t saorsa so air a co-churr gu h eifeachdach ruinne? F. Tha i air a co-churr ruinn 'sa bheatha so, agus anns a' bheatha ri teachd.

C. Co iad ris a' bheil an t saorsa so air a co-chur gu h eifeachdach? F. Tha i amhain air a co-chur gu h eifeachdach ris na daoine taghta, oir is ann air an son san a cheannaicheadh i.

325. C. Co leis a tha 'n t saorsa a choisinn Criosd air a co chur gu h eifeachach ruinne? F. Tha i air a co-churr ruinn gu h-eifeachdach leis an Spiorad naomh.

(30.) C. Cionnas tha 'n Spioraid naomh a' co-churr ruinne ge h-eifeachdach na saorsa choisinn Criosd?

F. Tha e a' deanamh sin, le bhi g' ar co-cheangal ri Criosd ar Fear saoraidh. 1 Cor. i. 30.

C. Cionnas a tha'n spiorad g'ar co-cheangal ri Criosd?

F. Tha e g' ar co-cheongal ris, le inntreacha 'n ar n anama marbh mar Spiorad na beatha ann an Criosd, agus *le creidimh oibreacha' ionnainn* chum gabhail ris.

C. Ciod anns a' bheil an Spiorad ag oibreacha' ionaimn, agus anns a bheil e g' ar co-cheangal ri Chriosd?

F. Tha e g' a dheanamh sin 'n ar *gairm eifeachdaich.*

(31.) C. Co d' an obair ar gairm gu h eifeachdach?

F. Is i obair an Spioraid i, le fhocal.

330 C. Nach urra focal agus Ministeire Dhe ar gairm gu h eifeachdach agus ar toirt a dh' ionnsaidh Chriosd?

F. Cha 'n urra air sheol sam bith; oir ge d' tha iad a' toirt cuirridh dhuinn, cha 'n urra' iad ar tarruing d' a ionnsaidh.

C. A' bheil a chuid is mò do luchd eisdeachd an t soisgeil air an gairm gu h eifeachdach? F. Cha 'n eil; "Tha moran air an gairm, acb beag air an tagha."

C. Ciod anns a' bheil obair an Spioraid a' co-sheasamh 'n ar gairm, eifeachaich?

F. Tha i a' co-sheasamh ann 'm mothachadh thoirt do 'r cogais, *ann ar n inntine a shoillseachadh, agus ann ar toil ath-nuathachadh.*

C. Ciod na nithe anns a' bheil an Spiorad a' toirt mothachaidh 'd ar cogais? F. Tha e a' toirt mothachadh air peacadh agus truaighe. Faic Ceisd 18. agus 19.

C. Ciod leis a' bheil an Spiorad a' toirt mothachaidh dhuinn air peacadh agus truaighe?

F. Tha e a' toirt mothachaidh dhuinn le aitheanta agus bagraidhean lagha Dhè. Rom. iii. 19, 20. Gal. iii. 10.

335 C. Ciod a bharail a th' againn oirn fein air dhuinn fior-mhothachadh fhaotainn?

F. Tha sinn a' faicinn gu bheil na h oibre is fearr a ni sinn 'na n grainealachd an lathair Dhe. Rom. vii. 1—14.

C. Ciod anns a' bheil an Spiorad a' soillseachadh ar n inntine 's a ghairm eifeachdaich?

F. Tha e g' ar soillseachadh "ann 'n eolas Chriosd."

C. Ciod an t eolas air Criosd anns a' bheil ar n inntine air an soillseacha 's a ghairm eifeachdaich?

F. Tha ar n inntine air an soillseachadh ann 'n eolas air a phearsa, oifige, a' dhaimh, a chumhachd, fhireantachd, agus a ghràdh.

C. Ciod a bharail a th' aig a mhuinntir a tha gu fior air an soillseachadh air Criosd?

F. Tha iad a' faicinn gu bheil e gu *h iomlan gràdhach*, luachmhor, agus freagarrach.

C. Ciod è ar toil a bhi air a h ath nuathachadh?

F. 'Se sin i bhi do-lubaidh a chum an uilc, agus so aomaidh chum a mhaith.

340. C. C' arson is eigin d' ar toil a bhi air a h athnuathachadh ?

F. Arson gu bheil i thaobh naduir làn do naimhdeas an aghaidh Dhe. Rom viii. 7.

C. Ciod a meadhon leis a' bheil an Spiorad a' soillseachadh ar n inntine, agus ag ath-nuathachadh ar toile ?

F. Tha e a' deanamh sin leis an t soisgeul.

C. C' arson a tha 'n Spiorad naomh a' toirt mothachaidh, a' soillseachadh, agus ag ath nuathachadh ar cridhe?

F. A chum as gu deanadh e dèonach agus comasach sinn air gabhail ri Iosa Criosd.

C. Creud e sin gabhail ri Iosa Criosd ?

F. 'Se sin sinn a ghabhail ris le creidimh ann ar cridhe. Taisb. iii. 20.

C. Ciod am barantas air a' bheil sinn ri gabhail ri Iosa Criosd ? F. Tha sinn ri gabhail ris do bhri gu bheil e air a thairgse dhuinn le Dia anns an t soisgeul. Eoin iii. 14—26, 27. agus vi. 44, 45.

345. C. Ciod an doigh air a bheil sinn ri gabhail ri Iosa Criosd? F. Tha sinn ri gabhail ris *mar tha e air a thairgse dhuinn 's an t soisguel.* Eoin iii. 16.

C. Cionnas a tha Criosd air a thairgse dhuinn 's an t soisgeul ?

F. Tha e air a thairgse dhuinn, gu h iomlan, gu saor, gu durachdachd, agu gu h airid. Isa. lv.

C. Co d' am bheil Criosd air a thairgse 's an't soisgeul?

F. Tha e air a thairgse do gach neach a dh' èisdeas ris, cha 'n 'eil a h aon air a dhiultadh.

C. Cionnas a tha Criosd a' toirt misnich do pheacaich oga gabhail ris ? F. Tha e 'g radh, *Fuilgibh do na leanabanuibh teachd do 'm ionnsaidh, agus iadsan a dh' iarras mi gu moch gheibh iad mi.*

(32.) C. Creud iad na sochaire a tha Creid'ich a' faotain maille ri Criosd?

F. Tha iad a' faotainn fìreantachd, uchdmhacachd, naomhachadh, bas sona, agus gloir shiorruidh.

350. (33.) C. C' arson a theirear gniomh r' ar fìreanachadh ? F. Theirear gniomh rithe a chionn gu bheil i air a deanamh coilionta ann am mionaid. Rom. viii. 1.

C. Co d' an gniomh fireanachadh ?

F. Is i gniomh Dhe i.

C. Ciod tha a' brosnachadh an Dè cheart agus naomha peacaich mhi-dhiaghai' fhireaneachadh ?

F. Cha 'n eil ni sam bith ach a shaor-ghràs fein. Rom. iii. 24, 25, 26. Gal. ii. 16—21.

C. Ciod anns a' bheil ar fìreanachadh a' co sheasamh ?

F. Tha i a' co-sheasamh ann a' maitheanàs peacaidh, agus ann an Dia, 'bhi a' gabhail ruinn. Col. i. 14. Eph. i. 6, 7.

355. C. Ciod iad na peacaidh a th' air am maitheadh 'n ar fireanacha' ?

F. Tha ar n uile pheacaidh air am maitheadh, araon peacaidh gin, agus gniomh. Jer. l. 20.

C. Ciod 'm beachd 's a' bheilear a' gabhail ruinn ann am fìreanachadh ? F. Mar dhaoine a tha do rireadh agus gu h iomlan fireanta am fìadhnais Dhe mar bhreitheamh. Rom. viii. 1. 2 Cor. v. 21.

C. Ciod è bhi air ar gabhail mar fhireana' am fiadhnas Dhe ? F. 'Se fin sinn a bhì air ar gabhail d' a ghean-maith, agus lan-choir a bhi air a' thoirt dhuinn air beath mhairrionaich. Rom. v. 21.

C. Ciod am bunachar air a bheil peacaich a faghail maitheanas, agus air a' bheil Dia a' gabhail riu ?

F. Cha 'n ann arson an creidimh, ach amhain arson fìreantachd Chriosd. 2 Cor. v. 21. Rom. v. 2, 10, 17, —19.

C. Ciod anns a' bheil fireantachd Chriosd a' co-sheasamh ? F. Tha i a' co-sheasamh, ann an naomhachd a naduir-dhaona, an umhlachd a bheatha, agus 'na bhàs a thug lan-dìoladh seachad. Luc. i. 35.

360. C. Nach urra ar n oibre matha fein maille ri fireantachd Chriosd, ar fìreanachadh agus ar saoradh ?

F. Cha 'n urr' air sheol sam bith. *Trid oibre an lagha cha bhi fcoil sam bith air am fireanachadh.*

C. Cionnas a tha fìreantachd Chriosd air a co-churr ruinne ? F. *Tha Dia gà meas dhuinn ; agus tha sinne a' gabhail rithe trid creidimh* amhain.

C. Ciod e do Dhia bhi a' meas fìreantachd Chriosd dhuinne ? F. 'Se sin e bhi a cur, na fìreantachd sin r' ar cuntas-ne, chum is gu buineadh e ruinn mar mhuintir fhìreanta. Rom. v.

C. Ciod am bunachar air a' bheil fireantachd Chriosd air a' meas dhuinn?

F. Air a bhuanachar gu bheil e air a dheanamh na urras agus na fhear-pòsda dhuinn. 2 Cor. v. 21. 1 Cor. i. 30.

C. Cionnas a tha creidimh g' ar fìreanacha?

F. Amhain mar tha e a' gabhail ri fìreantachd Chriosd arson fireaneachaidh na beatha.

365. (34.) C. Creud is uchdmhacachd ann?

F. Is i an uchdmhacachd, Dia bhi g' ar toirt gu theaghlach, chum is gu buin e ruinn mar chloinn.

C. Co 'n teaghlach anns 'm bheil sinn a thaobh naduir?

F. Tha finn ann an teaghlach agus n ar cloinn do 'n Diabhal. Eoin viii. 44.

C. Ciod mata a tha ag aomadh Dhe gu sinne uchdmhacachd? F. Tha a shaor-ghràs fein, a' riaghladh trid fireantachd Chriosd.

C. Ciod an onoir a tha sinn a' faotainn tre uchdmhacachd? F. Tha sinn air ar gabhail an aireamh chloinne De; tha sinn 'n ar mic agus 'n ar nigheana do 'n uile chumhachdach. Eph. ii. 19, 20.

C. Ciod an sonas a tha sinn a' faotainn nar n-uchdmhacachd?

F. Tha coir againn air gach uile shochair a bhuineas do chloinn Dhe. Rom. viii. 17. Gal. iv. 5, 6. Jer. iii. 19. xxxi. 33.

370. C. Creud iad na sochaire a tha aig clann Dhe?

F. Tha Dia 'g an dion, g' an smachdacha' agus ag ùllachadh air an son; tha é ag eisdeachd an urnaigh, a' toirt a spioraid g' an stiuradh, agus aingle g' an dion; agus tha-e a' deanamh neamh cinnteach dhoibh arson an oighreachd shiorruidh. Salm. ciii. 13. Jer. liii. 19.

(35.) C. Cionnas a tha na creidmhich air an deanamh iomchaidh arson na h oighreachd sin?

F. Tha iad air an deanamh iomchaidh, le 'n nàdur agus am beatha bhi air an naomhachdh.

C. Ciod anns a' bheil naomhachadh a' co-sheasamh?

F. Tha i a' co-sheasamh ann an Dia a bhi 'g ar deanamh naomh an cridhe, an cainnt, agus am beusa'.

C. Ciod na meadhona leis a' bheil Dia g' ar naomhachadh, no g' ar deanamh naomha?

F. Tha è g' ar naomhachadh le fhocal, agus le a Spiorad. Eoin. xv. 3, 5.

C. Cionnas a tha Spiorad Dhe a' naomhachadh ar naduir ?

F. The e chnid a chuid g' ar n ath-nuathachadh 's an duine gu h iomlan, 'n ar n anam, corp, agus Spiorad. 1 Thess. v. 33. 2 Cor. iii. 18. 375. C. Co an iomhaigh gus a bheil sinn air ar n athnuathachadh ann 'n naomhachadh ?

F. Tha sinn air ar n ath nuathachadh gu iomhaigh Dhe, an eolas, fíreantachd, agus fior naomhachd. Mat. v. 48. Eph. iv. 24.

C. Creud è 'n toradh a tha a' leantain naomhachadh an naduir ?

F. Is e a thoradh a bhi a' naomhachadh na beatha. 1 Phead. i. 16.

C. Cionnas a tha Spiorad Dhe a' naombachadh na beatha ? F. Tha e g' ar neartachadh ni 's mò agus ni s mò chum bàsachadh do 'n pheacadh agus gu teachd beo do fhireantachd. Rom. vi. 11. 2 Cor. 14, 17.

C. Ciod e sin basachadh do pheacadh ?

F. 'S e sin, a bhi ni 's mo agus ni 's mo a' sgur do chleachdain agus do ghradh do 'n pheacadh. Rom. vii.

C. Ciod e a bhi bèo do fhireantachd ?

F. 'Se sin, a bhi ni 's mo agus ni 's mo a' gradhachadh agus a' cleachdain smuainte, briathrai agus gniomharra naomha. 2 Pead. iii. 11, 14. agus i. 4—10.

380. C. Ciod anns a' bheil fireanachadh agus naomhachadh ag eadar-dhealachadh ?

F. Tha fireanachadh ag atharracha cionnt' a pheacaidh, g' ar gabhail gu gean-maith Dhe, a' toirt coir dhuinn air neamh, agus tha e iomlan an toiseach ; ach tha naomhachadh a' toirt air falbh salachar a pheacaidh a chuid a chuid, a deanamh cosmhuil ri Dia, agus g' ar n ullachdh arson neamh.

(36.) C. Creud iad na sochaire ata 's a' bleatha so a' sruthadh o'r neolas air ar fireanachadhd uchdmhacachd agus naomhachadh ?

F. An tri so : eadhon, dearbh-beachd mothachail air gràdh Dhe, sith-cogais, agus aoibhneas anns an Spiorad naomh.

C. Creud è dearbh-beachd air gradh Dhe ?

F. Is eolas cinnteach e gu bheil Dia a' gabhail tlachd ann am maith a dheanamh dhuinn.

C. Ciod i sith-cogais ?

F. Is sochair naomha na h inntin i, ag eiridh o mhoth-

achadh gu bheil Dia a' gabhail r' ar pearsa agus r' ar n oibre. Eabh x. 22.

C. Creud e aoibhneas anns an Spiorad naomh ?

F. Is gairdeachas naomh e, gur è Dia ar Dia ne, gu d' rinn, agus gu dean e maith dhuinn. Hab. iii. 18. Phil. iv. 3. agns iii. 3.

385. C. Creud iad na sochaire a tha sa' bheatha so a' sruthadh o bhi air ar fíreanachaidh, uchdmhaachd agus naomhachaidh ? F. Is iad sin, *fas ann an gras, agus buan mhaireachdain ann gus a chrich.*

C. Ciod e fàs annn an gràs ?

F. Is e sin a bhi fàs laidir ann an cleachdain, agus a' meadachadh ann 'n gnathachadh gràis.

C. Creud e buan-mhairreachdain ann an gras ?

F. Is e sin a bhi do ghnà a' buanachadh an staid grais. Sean. iv. 18.

C. Ciod a tha a' deanamh chreidmheach daighnichte na 'm fas ann an gràs, agus na'm buanachadh innte gu crich am beatha ? F. Tha gràdh, gealladh, toillteanas, eadar-ghuidhe, cumhachd, agus Spiorad Chriosd g' an deanamh daighnichte.

C. Cuin a tha naomhachdh agus fàs ann an gras air an deanamh foirfe anns na creidmhich ?

F. Aig am bas Eph. v. 27.

390. (37.) C. Creud e bas do na creidmhich ?

F. Is aiseag sona e, o pheacadh agus trioblaid, gu aoibhneas agus gloir gun chrioch.

C. Co a thug an gath as a bhas do na creidmhich ?

F. Thug Criosd le bhàs fein. Eabh. ii. 14.

C. Cionnas a tha anama nan creidmheaeh air an deanamh sona aig am bâs ?

F. Tha iad air an deanamh foirfe ann an naomhachd, agus tha iad air ball a' dol a chnm gloir. 2 Cor. v. 1—8.

C. Ciod o 'm 'bi na creidmhich air an làn shaoradh aig am bas ? F. Biaidh iad air an lan-shaoradh o thrioblaid, o bhuaireadh, o pheacadh agus o amhghar.

C. Ciod a ghloir gus an d' theid an anama air ball ?

F. Theid iad gu cuideachd ghloirmhor Dhe, aingle agus naoimh fhoirfe; gu ionad gloirmhor neamha ; agus gu staid ghloirmhor do fhior-ghloine, onoir, toilinntin, agus fois. Isa. lx. 19, 20.

395. C. Cionnas a tha curip na 'n creideach sona aig am bàs?

F. Tha iad fior-cheangailte ri Criosd, agus tha iad a' gabhail fois 'n an uaighibh mar ann 'n leapaiche gus an d' thig an ais-eirigh. Taisb. xiv. 13.

(38.) C. Ciod ata thu a' ciallachadh leis an ais-eirigh?

F. Eiridh choitchionn nam marbh as an uaighibh.

C. Cionnas ata thu a' dearbhadh gu'n eirich na mairbh?

F. *Dh' eirich Criosd mar an ceud thoradh,* o na marbhadh.

C. Ciod an sonas a bhios aig na creidmhich anns an aiseirigh?

F. Biaidh an cuirp air an togail ann an glòir.

C. Ciod a ghloir anns bi cuirp nan creideach air an togail? F. Biaidh iad air an togail neo-thruaillidh, neartmhor, agus maiseach, cosmhail ri corp gloirmhor Chriosd. 1 Cor. xv. 53.

400. C. Ciod an sonas a bhios aig na creidmhich anns a bhreitheanas dheireanach? F. Biaidh *iad air an aithneachadh gu follaiseach, agus air an lan shaoradh le Criosd* breitheamh nan uile. Mat. xxv.

C. Cionnas a dh' aithnicheas Criosd iad 's a bhreitheanas? F. Gabhaidh e riu mar bhraithrean, mar chloinn, agus mar bhean-phosda. Mat. xxv. 34—40. agus xix. 28. Mal. iii. 17.

C. Cionnas a shaoras Criosd iad 's a bhreitheanas?

F. Nighidh e air falbh an uile mhaslaighean agus innsidh e gu bheil an uile lochda air a' maitheadh. Gniomh iii. 19. 21.

C. Ciod an doigh anns an aidich agus anns an saor Criosd a naoimh? F. Aidichidh agus saoraidh e iad gu follaiseach, an laithair Dhe, aingle, agus dhaoine. Luc. xii. 8. Salm l. 4, 5. Seph. iii. 19. 21.

C. Ciod leis am bi creidmhich air am beannachadh fad uile-shiorruidheachd?

F. Biaidh iad a' lan-mhealtain Dhe, air doigh robhlasda agus gloirmhor. Salm. xvi. 11. xvii. 15.

405. C. An urra thu teachd a chum a bheannachd sin gun atharrachadh a bhi air a dheanamh ort?

F. Cha 'n urra; 's eigin gu 'm bi mo nadur truaillidh air a thoirt air falbh, agus gu 'm bi cridhe nuadh air a thoirt dhomh. Eoin. iii. 3, 5. Gal. vi. 15.

(39.) C. Creud e am fior chomharra air cridhe athnuathaichte ?

F. Umhlachd thaitneach a dh' uile aitheanta Dhe.

C. Ciod a tha thu a' ciallachadh le umhlachd do Dhia?

F. A bhi a' deanamh an nì a tha Dia ag iarraidh oirn, do bhri gu bheil e ga iarraidh.

(40.) C. Ciod e riaghailt an umhlachd a tha Dia ag iarraidh oirn ?

F. Is è riaghailt na h umhlachd tha e agiarraidh, Lagh na modhana, no a thoil fhoillsichte.

(41.) C. Caite a' bheil lagh na modhana air a chuir sios gu h aith-ghearr iomlan?

F. Tha e air a chur sios anns na *deich aitheanta.*

410. (42.) C. Creud e suim na h umhlachd do aitheanta Dhe ? F. Gràdh do Dhia, dhomh-fein, agus do 'm choimhearsnach. Rom. xiii 10. Mat. xxii. 37—40. Gal. v. 15.

C. Cionnas a bu choir dhuit Dia a ghradhachadh ?

F. Le m uile chridhe, anam, inntin, agus neart.

C. Cionnas a bu choir dhuit thu fein a gradhachadh ?

F. Le bhi gu durachdach ag iarraidh m' fhior shonais fein, ach gu h airid gloir Dhe.

C. Ciod an doigh anns a' bheil thu ri d' choimhearsnach a ghradhachadh ? F. Co durachdach agus co bunailteach 's a tha mi ga 'm ghradhachadh fein.

C. Co e do choimhearsnach ?

F. Na h uile duine beo, eadhon iad-san aig a' bheil fuath dhomh. Luc. x. 37.

415. (43. 44.) C. C' arson is eigin duinn umhlachd a thoirt a dh' uil' aitheanta Dhe ?

F. A chionn gur e 'n Tighearna, agus ar Dia, agus ar Fear-saoraidh. Ecsod. xx. 2. Luc. i. 64, 75. Sal. cxvi.

C. Cia uaithe is eigin d' ar n umhlachd do lagh Dhe sruthadh ? F. O aonachd ri Criosd, agus neart uaithe, oir as *eugmhais-san, cha 'n urra sinn aon ni a dheannamh.* Eoin. xv. 4, 5.

C. Ciod a mhisneach a th' againn gu umhlachd a thoirt do lagh Dhe ?

F. Cha 'n 'eil Dia ag iarraidh ni sam bith uainn ach an nì a gheall e oibreachadh ionainn, agus luigheachd a thoirt dhuinn air a shon. Isa. xxvi. 12.

C. Ciod anns a bheil ceithir aitheanta a cheud chlair do lagh na modhana ag eadar-dhealachadh?

F. Tha cheud aon diu mu 'n chuspair, an dara aon mu na meadhona ordaichte, an treas aon mu 'n doigh, agus an ceathramh mu 'n am shonraichte arson adhraidh Dhe Ecsod. xx. 3—11. Deut. v. 7—15.

(45.) C. Cia ì a cheud aithin?

F. Is ì cheud aithen, *Na biodh Dia sam bith eile agad ach mise.* Ecsod. xx. 3.

420. (46.) C. Ciod a tha cheud aithin ag iarraidh oirn?

F. Tha i ag iarraidh oirn, aithneachadh, aidmheil, adhradh agus gloir a thoirt do Dhia ann 'n Criosd, mar am fior Dhia agas ar Dia-ne. Ecsod. xv. 2.

C. Ciod ata thu a' ciallachadh le Dia ann an Criosd?

F. Tha mi a' ciallachadh gu bheil Dia gu h ard air a ghlorachadh le fìreantachd Chriosd, agus gu bheil tlachd aige maith a dheanamh dhuinn air a shon-san. 2 Cor. v. 19.

C. Ciod am barantas air an èigin duinn a chreidsin gur e Dia ar Dia-ne ann 'n Criosd?

F. 'S èigin duinn a chreidsin, air barantas a gheallaidh, " Is mise an Tighearn do Dhia," ni a tha air a labhairt ris gach aon againne a tha' g eisdeachd an t soisgeil. Ecsod. xx 2, 3. Jer. xxxi. 33.

C. Creud-è sin Dia aideachadh?

F. 'Se sin, a bhi a' roghnachadh agus a' gabhail ris mar " a' fior Dhia, agus ar Dia-ne.

C. Cionnas a tha sinn ri Dia a roghnachadh mar Dhia agus ar Dia ne?

F. Le aidmheil, adhradh, agus le gloir a thoirt dha.

425. C. Cionnas a tha sinn ri adhradh a thoirt do Dhia anns an taobh astigh n'ar cridhe?

F. Tha sinn ri adhradh a thoirt dha, le eagal, gràdh, meas, cuimhneachadh air, agus earbs' ann. Salm xxix. 1. xxxvi. 7. cxxxix. 17, 18.

C. Cionnas a tha sinn rì adhradh a thoirt do Dhia o 'n taobh amach' nar beatha? F. Le urnaigh, moladh, gabhail na 'n Sacrameinte. agus an leithide sin. Salm cv. 1—5. Gniomh. ii. 41, 52. Salm xxix. agus xcvi.

(47.) C. Cia iad na peacaidh a th' air an toirmeasg anns a cheud aithin? F. Dia-mi-chean, mi-naomhachadh, agus iodhol-adhradh.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

C. Ciod e Dia-aicheun?

F. Is e sin bhi ag aicheun, no a bhi as eugmhais Dhe. Salm xiv. 1. Eph. ii. 12.

C. Cionnas a tha sinn ciontach an Dia-aicheun?

F. Tha sinn ciontach, ma tha sinn a cur ag gu bheil, agus ag iarraidh nach biodh Dia ann; ma tha sinn ag aichean a bhith, no a bhuaighibh, 'n ar cainnt; agus ma tha sinn a' cur peacaidh an gniomh mar nach biodh Dia ann a chitheadh agus pheannasaicheadh sinn air a shon. Salm liii. 1—4. Rom. i. 11, 24.

430. C. Ciod a mi naomhachdh a th' air a thoirmeasg anns an aithne so?

F. A bhi a' leigeadh tharruin adhradh agus gloir a thoirt do 'n fhior Dhia mar Dhia agus ar Dia-ne ann an Criosd. Rom. i. 21. Isa. xxix. 13.

C. Cionnas a tha sinn ciontach anns a mhi naomhachadh so? F. Tha sinn ciontach, ma tha sinn a' toirt adhraidh agus seirbheis o 'n taobh amach, 'n air a tha ar cridheacha fada uaithe, agus nach 'eil sinn a' cleachdain fior chreidimh air ar nuadh-chumhnantadaimh ris mar ar Dia.

C. Ciod an t iodhol-adhradh a th' air a thoirmeasg anns a cheud aithin?

F. Tha i 'a toirmeasg, a bhi a'toirt an adhraidh agus na gloir a dh aon neach eile a bhuineas do Dhia amhain. Rom. i. 25. 26. Dan. v. 22, 23.

C. Cionnas a tha sinn ciontach do 'n iodhol adhradh so? F. Tha sinn ciontach an sin, ma tha eagal, earbsa, gradh, iartas no tlachd againn an ni 'sam bith ni 's mò no ann an Dia. Col. iii. 5. Jer. ii. 13.

(58.) C. Creud a tha na briathra so, *a' m lathairse*, 's an aithne so a' teagasg dhuinn?

F. Tha iad a teagasg, gu bheil Dia a' toirt an aire dha; agus gu bheil e ro dhiombach arson ar Dia-aichean, mi-naomhachadh agus iodhol-adhradh. Isa. xlii. 8.

435. (49.) C. Creud i an dara aithin?

F. Is i an dara aithin, "Na dean dhuit fein iomhaigh shnaighte.

(50.) C. Cia iad na dleasdanais a tha air an iarraidh anns an dara aithin?

F. "A bhi a gabhail chugainn, a toirt aire, agus a' coimhead-gu glan iomlan," uile orduighean suidhichte adhraidh Dhe. Deut. xii. 31. v. 32. Luc. i. 6.

C. Cia iad orduighean suidhichte adhraidh Dhe?

F. Urnaigh, moladh, lèughadh, agus eisdeachd focal Dhe, toirt agus gabhail nan sacramehte. Salm lxv. 1, 2.

C. C'aite an do shuidhich Dia orduighean adhraidh fein?

F. Shuidhich e iad amhain 'na fhocal. Isa. viii. 20.

C. Ciod e a bhi a' gabhail ris na h orduighean sin?

F. Is e sin a bhi g' an tuigsinn agus g' an gabhail chugainn.

440. C. Ciod e bhi a' toirt aire a dh' orduighean Dhe?

F. 'Se sin a bhi a' deanamh na nithe a tha iad ag iarraidh, agus a' feitheamh air Dia ionnta. Deut. xi. 22. Salm lxxxiv. 2. Luc. i. 6.

C. Ciod e, orduighean Dhe a choimhead glan?

F. 'Se sin, nach coir dhuinn ni sam bith a chur riu.

C. Ciod e orduighean Dhe a choimhead iomlan?

F. 'Se sin, gun bhi a' fulang ni sam bith a thoirt uatha.

(51.) C. Cia iad na peacaidh a tha gu h airid air an toirmeasg anns an dara aithin?

F. Jodhol adhradh, mi-naomhachadh, agus saobh-chrabhadh. Deus. xii. 2, 3. 30, 32.

C. Ciod an t iodhol-adhradh tha air a thoirmeasg anns an dara aithin?

F. Tha i a' toirmeasg adhradh a thoirt do Dhia tre iomhaighean lamh-dheanta, no iomhaighean ann ar ninntinne. Deut. iv. 15—19. 1 Eoin v. 21.

445. C. Ciod a' mi-naomhachadh a th' air a thoirmeasg anns an dara aithin?

F. Tha i a' toirmeasg a' bhi deanamh dearmaid no tair air orduighean Dhe. Dan. ix. 5, 6, 13. Mal. i. 12. Isa. xxiv. 5.

C. Ciod e saobh-chrabhadh no adhradh fein-thoile?

F. 'Se sin a bhi toirt adhraidh do Dhia air mhodh sam bith eile nach d' ordaich è. Deut. xii. 32. Mat. xv. 9. Isa. xxix. 13.

(52.) C. Cia a cheud aon do na tri reasain a tha ceangailte ris an dara aithin?

F. Is e so e; gu 'r e Dia is Tighearn' ann; agus air an aobhar sin gu bheil làn-choir aig air meadhona adhraidh fein a shuidheachadh. Lebhi. xxvi. 1, 2. Salm. l. 9, 14, 15.

C. Creud è an dara reusan a tha ceangailte rithe?

F. 'Se so è, gu 'r e Dia ar Dia-ne agus a n ard-uach-

aran, agus mar sin, gu bheil còir cc-cheangail aige air seoladh a thoirt dhuinn 'na adhradh fein. Lebh. xx. 25. Salm. c. 3, 4.

C. Creud e an treas reusan a tha ceangailte rithe?

F. 'Sè sin, " an t èud a th' aig Dia arson adhraidh fein."

450. C. Cionnas a tha Dia a' taisbeanadh an èud so arson adhraidh fein?

F. Tha e g' a thaisbeanadh ann am peanas a dheanamh air a luchd-bristidh, agus duais a thoirt do luchd-coimhead a lagha. Lebh. xxvi. Deut. v. 9, 10.

C. Cionnas a tha Dia a toirt peanais air luchd-bristidh a lagha? F. Tha e a' toirt peanais orra, " le leanmhuin aing'eachd na 'n aithriche air an cloinn, gus an treas agus an ceathramh ginealach air an dream a dh' fhuathaicheas è. Ecsod. xx. 5. Mat. xxiii. 31. 35.

C. Cionnas a tha Dia a' toirt duais do luchd-coimhead a lagha? F. Tha e " a' taisbeanadh trocair do mhìlte dhiu." Salm cxlv. 9.

C. Co iad luchd coimhead aitheanta Dhe?

F. Iadsan a tha trìd creidimh ann 'n Criosd agus gradh do Dhia, ag oirpeachadh lan umhlachd a thoirt d' a lagh mar riaghailt. Isa. li. 1, 7.

C. Creud i 'n trocair a tha Dia a' taisbeanadh do 'n leithidibh sin? F. Tha e g' an treorachadh, g' an cumail a suas, agus g' an deanamh saibhir.

455. (53.) C. Creud i an treas Aithin?

F. 'Si an treas aithin, " Na d' thoir ainm an Tigh-earn' do Dhia an diomhanas." Ecsod. xx. 9. Deut. v. 11.

C. Ciod a tha 'n so air a chiallachadh le ainm Dhe?

F. Tha na " h uile nithe leis a' bheil Dia g' a dheanamh fein aithnichte.

C. Ciod leis a' bheil Dia g' a dheanamh fein aithnichte?

F. Tha e g' a dheanamh fein aithnichte, le " tiodalibh, buaighibh, orduighean, briathra, agus gniomharra. Ecsod. vi. 3. xxxiv. 6, 7. Salm. cxxxviii. 2.

C. Cia iad ainme mora Dhe?

F. " Jehobha, Jah, Tighearna, Dia, Is mi."

C. Cia iad ainme urramach Dhe? F. Iad so, aon naomh Israeil, Tighearna nan sluagh Dia agus Athair Chriosd, Dia na slainte, Fear-eisdeachd urnaigh.

460. C. Creud iad buaighibh Dhe?

F. Iad so, Neo chriochnai'eachd, siorrui'eachd, neochaochlai 'eachd, cumhachd, gliocas, naomhachd.

C. Creud iad orduighean Dhe? F. Mionnan-laghail, moide, crannchair, searmonachadh, urnaigh.

C. Creud iad briathra Dhe? F. Iad so gu h airid, a Lagh, agus a shoisgeul. Rom. iii. 19. agus i. 16, 17.

C. Creud iad oibre Dhe?

F. Is iad sin, oibre a chruthaich agus a fhreasgail, a' filleadh asteach obair na saorsa.

C. Ciod a tha 'n treas aithin ag iarraidh a thaobh ainme, tiodalibh urramibh, buaghibh, orduighean, briathra, agus gniomharra Dhe?

F. Tha i g' iarraidh, gnathachadh naomh agus urramach a dheanamh orra, mar ann an lathair Dhe, le eagal roimhe, agus gradh dha.

465. (55.) C. Ciod a tha air a thoirmeasg anns an treas aithin? F. Tha i a' toirmeasg gach uile mhi naomhachadh no mi-ghnathachadh a dheanamh air ainme, urramibh, buaighibh, orduighean, briathra, agus gniomharra Dhe. Mal. i. 6, 7.

C. Cuin-a tha sinn a' mi-naomhachadh ainme, urramibh, agus buaighibh Dhe? F. Tha sinn g' a mi-naomhachadh n' air nach 'eil sinn a' dearcadh, a' moladh, agus ag earbsa anns na buaighibh sin mar tha iad air an deanamh soilleir ann an Criosd; ach a' smuainteachadh, a labhairt, no ag eisdeachd mu 'n tiomchioll gu faoin no gu mì-rùnach. Deut. xxviii. 56, 57.

C. A bheil e ro pheacach a bhi a' cluich' air chairtibh agus disne, no bhi a mionnacha' agus a' mallacha' 'n ar cainnt choitchionn, no ann 'n corruich; agus a bhi a' daighneacha ar briathra le lughacha, mar a tha, air m' fhìrinn, air mo chreidimh, an t aibhiseir, agus an leithide sin; no bhi gu faoin a' glaodhaich, a' Dhia-beannaich mi, dion mi, coimhid mi, stiur mi? F. Tha; oir tha ordachadh a chrannchair an laimh an Tighearna; agus ciod sam bith ann ar co-luadar-ne a tha oscionn 'sèadh, agus ni h èadh, is ann o 'n olc a tha e. Sean. xvi. 33. Matt. v. 34—37.

C. Cuin a tha sinn a' mi-naomhachadh orduighibh, briathrai agus oibre Dhè?

F. 'N' air nach 'eil sinn a' faicinn Dhe ionnta, agus nach 'eil sinn g' an gnathachadh chum a ghloir-san, ach a chum misneach a thoirt do 'r n ana-miannai' fein. Esec. xx. Isa. xliii. 24.

(56.) C. Ciod an cunthart a tha luchd mionnachaidh a' tarruing orra fein? F. " Cha mheas an Tighearn' neo-chiontach iad ;" agus cha 'n urr' iad dol as o dhamnadh ifrinn, mu 'r an gabh iad aithreachas.

470. C. C' arson mata a tha luchd-mionnachaidh a' meudachadh co-mor?

F. A chionn gu bheil iad co-tric " a' dol às o dhioghaltas a thaobh dhaoine," agus gu bheil iad gu'n eagal agus gu 'n ghradh do Dhia ionnta. Mal. iii. 5.

(57.) C. Cia i a cheathramh aithin?

F. Is i a cheathramh aithin, " Cuimhnich latha na Sabaid a choimhead naomha."

(58.) C. Ciod a tha air iarraidh 's a cheathramh aithin?

F. Tha i ag iarraidh coimhead naomha a dheanamh do Dhia air na traighibh suidhichte mar dh' ordaich e 'n a fhocal. Deut. v. 12, 15. Ecsod. xx. 8—11.

C. Ciod an t am suidhichte tha Dia gu sonraichte ag iarraidh a choimhead naomha?

F. " Aon là iomlan anns na seachd laithe,' gu bhi 'na Sabaid arson adhraidh fein. Ecsod. xx. 8—11.

(59.) C. Cia an la do na seachd laithe' a dh' ordaicheadh air tus gu bhi 'na Sabaid? F. An-seachdamh là.

475. C. C' arson a bha 'n t sabaid an toiseach air a h ordachadh gu bhi air an t seachdamh la?

F. A chionn air an là sinn gu 'n do ghabh Dia fois o obair a chruthachaidh.

C. Cia fhad a mhair an t sabaid gu bhi air an t seachdamh la do 'n t seachdain? F. O thoiseach an t saoghail, gu aiseirigh Chriosd. Gin. ii. 1, 2.

C. Co an là do 'n t seachdain anns a' bheil an t sabaid anis air a h ordachadh?

F. Tha i air a h ordachadh air a cheud lá do 'n t seachdain. Gniomh xx. 7.

C. C' arson a bha 'n t sabaid air a h atharachadh o 'n t seachdamh gu 's a cheud là do 'n t seachdain?

F. Bha i air a h atharachadh arson onoir do Chriosd, a chumail a suas cuimhne air eis erigh-san air an la sin;

agus is ann air an aobhar sin a theirear la an Tighearna ris an la so. Feills. i. 10.

C. Cia fhad o 'n tha 'n t sabaid air a h ordachadh gu bhi air a cumail air a cheud la do 'n t seachdain?

F. O ais-eirigh Chriosd, "gu deireadh an t saoghail." 480. (60.) C. Cionnas is còir dhuinn an t sabaid a naomhachadh? F. 'S còir an t sabaid a naomhachadh, le fois naomha ghabhail, agus cleachdain naomh' a ghnathachadh air an la sin. Isa. lviii. 13. lxvi. 23. Gniomh xx. 7. Foills. i. 10.

C. Ciod na nithe o 'm bheil bheil sinn ri fois a ghabhail air là na sabaid?

F. Tha sinn ri cumail air ar n ais cha'n ann amhain o pheacadh, ach mar an ceudn' o gach gnothach saoghalta agus aighear a tha laghail air laithe eile Isa. lviii.

C. Ciod na cleachdaine is èigin duinn a ghnathachadh air an t sabaid? F. 'Sèigin duinn feitheamh "gu diomhair agus gu follaiseach air adhradh Dhe.

C. Ciod a tha sinn ri chleachdain air madain sabaid?

F. Tha sinn ri smuaineachadh air Dia ann 'n Criosd, agus air grainealachd a pheacaidh, tha sinn ri focal De a leughadh, agus ri guithe arson a lathaireachd.

C. Cionnas a tha sinn ri sinn fein a ghiulan 's an adhradh fhollaiseach?

F. Tha sinn ri feitheamh gu dùrachdach le'r cridhe air urnaigh agus moladh, agus ri searmoin eisdeachd mar theachdaireachd Dhe dhuinn, Searm. v. 1, 2.

485. C. Ciod a tha sinn ri dheanamh air feascar sabaid?

F. Tha sinn ri smuaineachadh, agus ri labhairt air na chuala agus na leugh sinn, agus ri ghuidhe air Dia gu beanaicheadh è dhuinn è Salm xcii.

C. Cia an earann do 'n t sabaid a tha ri bhi air a caitheamh ann 'n adhradh Dhe gu diomhair agus gu follaiseach? F. Tha 'n t iomlan dith, ach a mheud 's a tha iomchaidh ri chaitheamh an oibre na h èigin agus na trocair. Isa. lvi. lviii. 13. Gniomh xx. 7.

C. Ciod ris an abair thu oibre na h èigin?

F. Theirear oibre na h eigin riu-sin nach urra bhi deanta air thoiseach, no nach urra sinn a leigeadh seachad air an t sabaid, mar tha bhi a' cur casg air teine ann 'n tighean, agus an leithide sin.

C. Cia iad oibre na trocair?

F. 'S iad sin itheadh, òl, agus cadal air mhodh iomchaidh, a bhi a' beathachadh agus a' deanamh fuasgladh air ar trèuda.

(61.) C. Ciod a tha air a thoirmeasg 's a' cheathramh aithne?

F. Tha i a' toirmeasg "dearmad agus neo-churam auns na dleasnais a th' air an iarraidh; a bhi a' mi-naomhachadh an là le dìomhanas, no bhi a' deanamh na nithe a tha annta fein peacach; no smuainti,' briathra, agus gniomharra neo-fhèumail. mu thiomchioll ghnothaiche saoghalta, aighear no sùgradh," Amos viii. 5. Esec. viii. 38. Jer. xvii. 24, 25.

490. C. Nach 'eil e ro pheacach air an t sabaid, dol a dh' fhaicinn chairdean 'n an slainte, cadal ni 's faide na tha gnathaichte, a bhi ag amharc amach air dorsa no uinneaga, a bhi a' deanamh coinneamh arson òil no co luadar feol'-ar, a bhì a' spaisdearachd air sràidibh no a' machrichean, a glanadh thighean, no a' toirt biadh do 'r tighean? F. Tha; oir tha Dia ag aithne,' "Air an là sin cha dean thu obair sam bith." Ecsod. xxxi. 15.

C. Nach 'eil e ro pheacach a bhi a' codal, a bhi g amharc mu 'r tiomchioll, no a' smuainteachadh air nithe feolar an àm adhraidh Dhe?

F. Tha; oir is di-meas an-dàna air-san è, Mal. i. 12.

(62.) C. Cia lion rèusan a tha ceangailte ris a cheathramh aithne chum a sparadh oirn? F. Tha ceithir.

C. Cia è a cheud reusan?

F. Gu bheil "Dia a luidheasachadh dhuinn sea laithean na seachdain arson ar gnothaiche fein."

C. Cia è an dara reusan? F. Gu bheil Dia 'g agradh coir àraid dha fein air an t seachdamh la.

495. C. Cia è an treas reusan? F. Eiseimpleir Dhe fein.

C. Ciod anns an d thug Dia an eiseimpleir so?

F. Thug e i ann an cruthachadh nan uile nithe an ùine sea laithibh, agus ann am fois a ghabhail air an t seachdamh.

C. Cia an ceathramh reusan a tha ceangailte ris an aithne so? F. Gu 'n do bheannaich an Tighearna là na sabaid. Gen. ii. 1, 2.

C. Cionnas a tha 'n Tighearn a' beannachadh là na sabaid?

F. Ann a bhi g 'a cur air leith arson adhraidh fein, agus a chum beannachda a thoirt do dhaoine.

C. Ciod anns a' bheil seá aitheanta an dara clair ag eadar-dhealachadh ? F. Tha chuigeamh mu'r daimh fa leith, an seathamh, mu'r beatha, an seachdamh mu'r geanmnui'eachd, an ochdamh, mu'r maoin, an naoitheamh, mu'r cliu, agus an deicheamh. mu fhonn ar cridhe o'n taobh a stigh. Ecsod. xx. 12—17.

500. (63.) C. Cia ì a chuigeamh aithin ?

F. Is i a chuigeamh aithin, " Thoir onoir do t athair agus do' d mhathair."

(64.) C. Ciod a tha a chuigeamh aithin ag iarraidh ?

F. Tha ì ag iarraidh an onoir a choimhead, agus an gleasdanas a choilionadh, a bhuineas do 'r n uachdarein, iochdarein, no luchd co-inbhe. Rom. xii.

C. Co iad na h uachdarein ?

F. Paranta, Fir-phosda, maighistire, agus luchd-riaghlaidh. Rom. xiii. 7—10.

C. Co iad na h iochdarein ?

F. Clann, mnaithe posda, seirbhisich, agus pobul.

C. Creud è dleasdanas pharanta do'n cloinn ?

F. An gradhachadh, an smachdachadh, an teagasg, agus urnaigh a dheanamh air an son.

505. C. Creud è dleasdanas cloinne do' m paranta ?

F. An gradhachadh, urnaigh a dheanamh air an son, urram agus umhlachd a thoirt dhoibh.

C. Creud è dleasdanas fheara pòsda do' m mnaithe ?

F. An gradhachadh, comhnuidh a ghabhail maille riu, ullachadh air an son, agus urnaigh a dheanamh maille riu

C. Creud è dleasdanas mhnaithe-pòsda do 'm fir ?

F. An gradhacha urram a thoirt doibh, urnaigh a dheanamh air an son, agus striochda dhoibh.

C. Creud è dleasdanas mhaighsteire do 'n seirbhisich ?

F. An teagasg urnaigh a dheanamh air an son, buinntin gu caoimhneil riu, agus an tuarasdal a thoirt dhoibh. Gen. xviii. 19. Col. iv. 1.

C. Creud è dleasdanas sheirbhiseach do 'm mhaighistire ? F. An seirbhiseachadh gu firinneach, onoir agus umhlachd a thoirt dhoibh.

510. C. Creud è dleasdanas mhinisteire do 'm pobul ?

F. Urnaigh a dheanamh air an son, an teagasg, rabhadh a thoirt dhoibh, agus an cronachadh.

C. Creud è dleasdanas pobuil do 'm ministeire ?

F. Urnaigh agus ullachadh a dheanamh air an son gradh, urram, agus umhlachd a thoirt dhoibh. 1 Tess. v. 12, 13, 25. Eabh. xiii. 17.

C. Creud è dleasdanas luchd-riaghlaidh do 'n iochd-aranibh? F. An dion, misneach a thoirt do dhaoine maithe, mi-mhisneach do dhroch-dhaoine, agus diaghachd a chur am meud a measg nan uile. 2 Chron. xix.

C. Creud è dleasdanas iochdarein do 'n uachdarein?

F. Cios iocadh dhoibh' urnaigh a dheanamh air an son, urram agus umhlachd a thoirt dhoibh.

C. Creud è dleasdanas luchd coimeas inbhe d' a cheile? F. Meas a bhi aca, urnaigh air son, agus earail a thoirt a dh' aon a cheile.

515. (65.) C. Ciod a tha chuigeamh aithin a' toirmeasg?

F. Tha i a' toirmeasg, a bhi a' deanamh nì sam bith an aghaidh na h onoir, agus an aghaidh nan dleasdanais a bhuineas do 'r luchd-daimh? 2 Tim. iii. 2.

(66.) C. Cia na sochaire tha a' sruthadh o bhi a' coilionadh ar dleasdanais do 'r luchd-daimh?

F. A mhuintir a ni so, biaidh iad fada beo, agus soirbhichidh leo, co fad 's a tha sin a chum gloir Dhe, agus a' maith fein. Deut. v. 16. Salm xxvii. 3, 11, 28, 34.

C. Cuin a tha saoghal fada 'na fhior-bheannachadh?

F. 'N'uair a tha sinn a' meudachadh ann.'n gràs, agus ar maitheas a' buanachadh maille re 'r laithe. Salm xcii. 12—15. Sean. xvi. 31.

C. Cuin a tha soirbheachadh na fhior-bheannachadh?

F. 'N' air a tha sinn a' mealltain gradh Dhe ann ar soirbheachadh, agus an uair a tha è againn mar gheall-barantais air gloir. Jer. xxxii. 41.

C. Ciod an cunthart fui 'm bheil clann cheannairceach?

F. Tha iad air a' mallachadh le Dia, agus an cunthart ifrinn.

520. (67.) C. Cia i an t seathamh aithin?

F. 'S i an t seathamh aithin, "Na dean marbhadh." Ecsod. xx. 13.

(68.) C. Ciod a tha air iarraidh 's an t seathamh aithin?

F. Tha i ag iarraidh a bhi a' coimhead beatha na-durra agus spioradeil dhaoine.

C. Co a bheatha 's èigin duinn a dhion?

F. Ar beatha fein, agus beath' ar coimhearsnaich. Ephes. v, 29.

C. Ciod na meadhona' leis an èigin duinn dichioll a dheanamh air ar beatha fein agus beath' ar coimhearsnaich a dhion? F. 'S eigin duinn an dion "leis na h uile'meadhon laghail, mar tha gràdh, iochd, macantachd, caomhalachd, lon iomchaidh, aodach, cumgai'-leighis, agus fois. Eph. iv. 32. 1 Phead. iii. 8.

C. Am feud sinn breug a dheanamh, no peacachadh air doigh sam bith, chum ar beatha fein no beath' ar coimhearsnaich a dhion? F. Cha 'n fheud; tha leithid sin a ghiulan a' toirt oilbheum do Dhia, agus a' sgrios ar n anama fein. Rom. iii. 8.

525. (69.) C. Ciod a tha 'n t seathamh aithin a' toirmeasg?

F. Tha i a' toirmeasg "an t anam a bhuintin asainn fein no as ar coimhearsnach gu h èucorach, agus gach ni a chuidicheas sin a dheanamh."

C. Ciod na nithe tha cuideachadh an anama a bhuinair falbh? F. Tha iad so, eadhon, corruichpheacach, fuath, dioghaltas, farmad, misg, geocaireachd, mor-churam, caonagan, agus an leithide sin.

C. A'bheil ain-iochd do bhruidean, agus a bhi a gabhail tlachd 'n an cron do aon a cheile 'n a pheaca?

F. Tha; Sean. xii. 10.

(70.) C. Cia i an t seachdamh aithin?

F. 'Si an t seachdamh aithin, "Na dean adhaltranas."

(71.) C. Ciod a tha air iarraidh 's an t seachdamh aithne? F. Tha i ag iarraidh a bhi a' coimhead ar geaumnui 'eachd fein, agus geanmnui 'eachd ar coimhearsnaich. Sean. ii. iv. v. vi. vii. 1 Cor. vi. 15—20.

530. C. Ciod anns a bheil sinn r ar geanmnui 'eachd fein, agus geanmnui 'eachd ar coimhearsnaich a choimhead?

F. "An cridhe, an cainnt, agus am bèusaibh."

C. Ciod na meadhona leis a' bheil sinn r' ar geanmnui 'eachd fein agus geanmnui 'eachd ar coimhearsnaich a choimhead?

F. Tha sinn ri sin a dheanamh, le 'r beatha chaitheamh an eagal De, agus le creideamh na mhac a bhi ag iarraidh a spioraid a chum ar 'n ana mhianna a chèusadh, agus a bhi ri faire an aghaidh buairidh.

(72.) C. Ciod a tha air a thoirmeasg 's an t seachdamh aithin? F. Tha i a' toirmeasg "gach uile smuainte, briathra, agus gniomharra neo-gheanmnui." Eph. v. 3—6. Rom. i. 26, 27.

C. Ciod na smuainte neo-gheanmnui' tha i a' toirmeasg ? F. Tha i a toirmeasg gach uile smuainteachadh air neo ghloinne le tlachd no le iarrtas.

C. Ciod no briathra neo' gheanmnui, a tha i a' toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg gach uile chomhradh salach, agus gach cainnt dhraosda. Eph. v. 4. Col. iii. 8.

535. C. Ciod na gniomharra neo-gheanmnui' a tha i a' toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg, adhaltranas, striopachas, neoghloinne, agus an leithide sin. Gal. v. 19, 20, 21.

(73.) C. Cia i an ochdamh Aithin ? F. 'S i an ochdamh aithin, " Na dean goid." Ecsod. xx. 15.

(74.) C. Ciod a tha air iarraidh 's an ochdamh aithin ?

F. Tha i ag iarraidh " a bhi a' coimhead gu dligheach, agus a' cur saibhreas saoghalt' air aghaidh.

C. Co 'n saibhreas saoghalta, is eigin duinn a choimhead agus a chur air aghaidh ?

F. Ar saibhreas saoghalta fein, agus saoibhreas ar coimhearsnaich. Eph. ix. 28.

C. Ciod na meadhona leis an eigin duinn saibhreas saoghalta chur air aghaidh ? F. Amhain le meadhona laghail, mar a tha bhi dìcheallach agus cothromach, 'n ar gnothaiche saoghalta, a bhi ag urnaigh ri Dia arson a bheannachaidh orra, a bhi a' toirt do na bochdaibh, agus gniomharra' diaghaidh eile. 2 Tes. iii. 12.

540. (75.) C. Ciod a tha 'n ochdamh aithin a' toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg " bhi cur bacadh air ar saoibhreas saoghaltas fein, no saoibhreas ar coimhearsnaich gu h eucorach." Eph. iv. 28.

C. Cionnas a tha sinn gu h eucorach a' cur bacadh air ar saibhreas saoghalta fein, no air saoibh-reas ar coimhearsnaich ? F. Tha sinn a deanamh fin, le diomhanas, no struidhealachd 'nuair a tha sinn a' caitheamh airgiod air nithe faoin a chumail a suas uabheir: agus le goid breith air eigin, agus foirneart, a' gnathachadh thoimhisean mealtach, agus a' diultadh ar feiche dligheach a dhioladh, agus a dearmad deirc'.

C. A' bheil e ro-pheacach nithe beag' a ghoid, no bhi a' goid o pharanta, maighistire, no cairdean ?

F. Tha. Sech. v. 4.

C. A' bheil e ro-pheacach a bhi ri breugan, striopachas, ag àicheadh firinne diaghaidh, a' mi-naomhachadh

orduighean, no a' dealachadh ri coir spioradeil, a chum saibhreis a chosnadh ?

F. Tha ; oir 's e sin, a bhi a reic ar Dia agus slaint' ar n anama arson nithe suarrach.

(76.) C. Cia ì an naoitheamh aithin ?

F. 'Si 'n naoitheamh aithin, " Na dean fiadhnais bhreige 'n aghaidh do choimhearsnaich."

545. (77.) C. Ciod ata air iarraidh 's an naoitheamh aithin ?

F. Tha 'n naoitheamh aithin ag iarraidh, " A bhi a' coimhead agus a' cur na firinn air a h aghaidh eadar duin' is duine, agus ar deagh ainm fein agus deagh ainm ar coimhearsnaich a sheasamh.

C. Ciod an doigh 's an coir an fhirinn 's ar deagh-ainm fein agus deagh ainm ar coimhearsnaich a bhi gu h airid air an cur air aighaidh ? F. " Ann a' fianuis a dheanamh. Sech. viii. 16. Sean. xiv. 5, 25.

C. Cionnas a tha sinn r' ar deagh-chliu fein a chur air aghaidh? F. Tha sinn ri sin a dheanamh le 'r beatha chaitheamh gu stuama, gu cothromach, agus gu diaghaidh. Tit. ii. 12.

C. Cionnas a tha sinn ri deagh-chliu ar coimhearsnaich a chur air aghaidh ?

F. Tha sinn ri sin a dheanamh, le rabhadh a thoirt dha an aghaidh peacaidh, achasan a thoirt dha air a shon, le bhi a' cur falach air anmhuinneachda, agus le bhi a' labhairt a chum a dheagh-chliu.

(78.) C. Ciod a ta 'n naoitheamh aithin a toirmeasg ?

F. Tha i a' toirmeasg, gach ni ata cur bacadh air fhirinn, na ni eacoir air ar deagh-chliu fein, no deagh-chliu ar coimhearsnaich. Taisb. xxj. 8.

550. C. Cionnas a tha sinn a deanamh coire do 'n fhirinn eadar duin' is duine ?

F. Tha sinn a' deanamh sin, 'n' air a tha sinn ri miodal, breugan, ague cainnt chealgach. Sech. v. 4.

C. Cionnas a tha sinn a deanamh coire air ar deagh-chliu fein ?

F. Tha sinn a deanamh sin, le cainnt pheacach agus neo-mheasarra, agus le giùlan mi-stùama.

C. Cionnas a tha sin a' deanamh eacoir air deagh-ainm air coimhearsnaich ?

F. Tha sinn a' deanamh eacoir air deagh ainm ar

coimhearsnach, 'n uair a tha sinn a'labhairt gu h olc air a mhuintir aig am bheil fuath dhuinn, agus a tha gar càineadh ; no a bhi a' gabhail tlachd ann 'n coireanna neach sam bith a leaghdachadh.

C. Co dhiu is measa goid no mi-chliu ?

F. Is measa mi chliu : oir tha sin a' milleadh fèum dhaoine 's an t saoghal, agus a' toirt uath' an deagh ainm, a tha ni 's fearr dhoibh na mor-shaibhreas. Sean xxii. 1. Gniomh vi. 11. Lebh. xix. 16.

(77.) C. Cia i an deicheamh aithin?

F. 'Si an deicheamh aithin, " Na sanntaich dhuit fein tigh do choimhearsnaich," &c.

555. (80.) C. Ciod a tha air iarraidh 's an deicheamh aithin?

F. Tha i ag iarraidh oirn, " a bhi lan thoilichte le 'r staid fein, agus fonn ceart, is inntin sheirceil a bhi againn d' ar coimhearsnach. Eabh. xiii. 5.

C. C' arson a bu choir dhuinn a bhi toilichte le 'r crannchar agus staid ?

F. A chionn gu bheil Dia g' a ordachadh, agus gu bheil sinn a toilltin staid is measa. Gin. xxxii. 10. Salm xi. 6. Phil. iv. 11, 12.

C. Ciod è fonn ceart agus inntìn sheirceil a bhi againn do 'r coimhearsnach, agus do gach ni a bhuineas dha?

F. 'Se sin a bhi a' deanamh gairdeachas 'na shoirbheachadh, agus a bhi doilghiosach arson a thrioblaidean mar gu b iad ar trioblaid fein iad.

(81.) C. Ciod a tha air a thoirmeasg 's an deicheamh aithin ? F. Tha i a' toirmeasg gach talach air ar staid fein, maille ris na h uile farmad agus sannt.

C. Ciod e sin a bhi a' talach air ar staid fein ?

F. 'Se sin a bhi neo thoilichte le ni sam bith a tha Dia ag ordachadh air arson.

540. C. Ciod e farmad ? F. 'Se sin, doilghios a bhi oirn arson math ar coimhearsnaich, 'n a shaibhreas, onoir, tiodhlacaidh no gràsa.

C. Ciod è sannt ? F. 'Se sin iarrtas ro-mhor an deigh shòlasa saoghalta, agus a bhi a' miannacha dhuinn fein na nithe a bhuineas d'ar coimhearsnach. Eabh. xiii. 5. Luc. xxi. 34.

(82.) C. 'N robh duine sam bith riamh ann a bha comasach air na deich aitheanta sin a choimhead gu foirfe ?

F. Bha ; Adhamh, mu 'n d' thuit è.

C. 'N robh duine riamh ann o thuiteam ar ceud sinnseara a bha comasach air an coimhead 's a' bheatha so ?

F. Cha robh a h aon, ach Josa Criosd.

465. C. Am bu duine Josa Criosd amhain, gun ni sam bith tuille ? F. Cha beadh ; " tha e araon' na Dhia agus 'na dhuine ann an aon phearsa.i Eoin. i. 14.

C. Nach 'eil na naoimh anns a' bheatha so a' coimhead aitheanta Dhe ?

F. Tha iad g' an coimhead gu treimhdhireach, ach cha 'n 'eil iad g' an coimhead gu foirfe.

C. Ciod e sin a bhi a' coimhead aitheanta Dhe gu foirfe ? F. Se sin ar cridhe agus ar beatha a bhi gu h iomlan air an co-chumadh riu. Gal. iii. 10, 12. Mat. iii. 15. Eoin viii. 29.

C. Ciod e sin a bhi a' coimhead aitheanta Dhe gu treimhdhireach ? F. 'Se sin a bhi do rireadh agiarraidh agus ag-oirpeachadh lan cho-chumadh riu.

C. Am bi na naoimh gu brath comasach air uil' aitheanta Dhia a choimhead gu foirfe ?

F. Bithidh ; ann an neamh.

570. C. Cionnas a tha e tachairt gu bheil na h uile, eadhon a chuid is fear do dhaoine, gach la a' briseadh uil' aitheanta Dhe ? F. Tha sin a tachairt do brigh na truailleachd nadurra a tha 'n taobh astigh, agus na 'm buaidh-reanna lionmhor a tha o 'n aibheisteir agus o 'n t saoghal. Rom. iii. 10—19.

(83.) C. Am bheil gach uile bhrisdeadh air lagh Dhe co-ionann ann an uamharrachd ? F. Cha 'n 'eil ; tha cuid do pheacaidh ni 's uamharra na cuid eile am fianais Dhe. Eoin xix. 11. 2 Sam. xxiv. 17.

C. Cionnas a tha cuid do pheacaidh ni 's uamharra na cuid eile ? F. Tha iad mar sin annta fein, no mar tha iad air an an-tromachadh.

C. Cia iad na peacaidh tha ni 's uamharra annta fein ?

F. Dearmad air urnaigh, mionnachadh, neo-chreidimh, agus an leithide sin.

C. Cionnas a tha peacaidh air an deanamh ni 's uamharra le an-tromachadh ?

F. Tha peacaidh a tha air an cur an gniomh le daoine an ard inbhe, no an aghaidh soluis agus mothachaidh, no

air latha na Sabaid, ni 's uamharra gu mhor no na peac-aidh sin fein an cuisibh eile.

575. (84.) C. Ciod a tha na h uile, eadhon am peacadh is lugha a' toilltin ?

F. "Tha gach uile pheacadh a' toilltin fearg agus mallachd Dhe."

C. Cuin a tha fearg agus mallachd so Dhe air an cur an gniomh ?

F. "Tha iad air an cur an gniomh anns an t saoghal so agus anns an t saoghal a tha ri teachd."

(85.) C. Ciod a tha Dia ag iarraidh oirn a chum is gu feudamaid dol as o'n fheirg agus o'n mhallachd a thoill sinn arson ar peacaidh ?

F. Tha Dia ag iarraidh oirn, creidimh an Josa Criosd, aithreachas chum na beatha, maille ri gnathachadh dicheallach a dheanamh air uile mheadhona follaiscach na slainte.

C. Ciod a chrioch arson a' bheil Dia ag iarraidh nan nithe sin uainne ? F. Cha 'n 'eil e g' an iarraidh mar fhior-aobhar ar slainte, ach mar mheadhona a chum gabhail agus feum a dheanamh do'n t saorsa a cheannaich Criosd, agus a thug e gu saor dhuinn. Tit. iii. 5.

C. C' arson a tha Dia ag iarraidh nan nithe sin uainne 'n' air a tha fios aige nach urra sinn an coilionadh ?

F. A chum as gu nochdadh e dhuinn ar dleasdanas, gu 'm biodh mothachadh againn air ar n anmhuineachd, agus gu 'n d' thugadh e oirn an iarraidh o Chriosd mar shochairean a chaidh a ghealltain gu saor.

580. C. C' arson is èigin dhuinn gnathachadh dicheallach a dheanamh air meadhona follaiseach no slainte ?

F. Arson gu bheil Criosd anns na meadhona "a' co-pairteachadh ruinne sochairre na saorsa," mar tha sith, maitheanas, agus an leithide sin.

C. Co dhiu is è creidimh ann an Criosd, no aithreachas, a tha air a chur air thoiseach ?

F. Is e creidimh, leis an eigin dhuinn amharc ri Criosd, agus an sin ni sinn bron. Sech. xii. 10. Gal. v. 6. Esec. xvi. 63.

(86.) C. C' arson a theirear *gras* ri creidimh an Josa Criosd ?

F. A chionn gu'r h è saor-thiolac Dhe é, agus gu bheil e a' deanamh ar n anama maiseach.

C. C arson a theirear *gras-slaintsil* ri creidimh ?

F. A chionn gu bheil e a' faotain slainte iomlan agus shiorruidh ann 'n Criosd.

C. Co is cuspair do chreidimh slainteil ?

F. Josa Criosd, agus Dia mar ar Dia-ne ann-san. 1 Phead. i. 21.

585. C. Creud è 'm fior-bhunadh a tha aig creidimh slainteil ? F. Am focal, agus gu h airid geallana Dhe.

C. Caite 'm bheil fior-chreidimh air a shuidheachadh ?

F. Tha e air a shuidheachadh gu h-iomlan 's an anam, inntin, agus toil; " leis a chridhe tha duine a' creidsin. Rom. x. 10.

C. Co iad a tha faotin fìor-chreidimh ?

F. Daoine-taghta Dhe. Tit. i. 1.

C. Ciod anns 'm bheil cleachdain an fhior-chreidimh a' co-sheasamh ?

F. Tha e a' co-sheasamh ann a bhi a' gabhail agus a' socrachadh *amhain* air Criosd. Eoin, i. 12.

C. C' arson a tha fior chreidimh a' gabhail agus a' socrachadh air Criosd *amhain* ?

F. Arson *slainte* shiorruidh. Gniomh. xv. 11.

590. C. C' arson is èigin duinn gabhail agus socrachadh amhain air Josa Criosd ?

F. 'S eigin duinn gabhail agus socrachadh airsan, do bhrigh nach 'eil slainte ann an neach sam bith eile.

C. Ciod ann s a 'bheil fior chreidimh a' gabhail agus a' socrachadh air Josa Criosd ?

F. Tha e a gabhail agus a' socrachadh air 'n a uile oifige, mar Fhaidh', Sagairt agus Righ. 1 Cor. i. 30. Phil. iii. 8—10. Salm. xliv. 4. agus lxxiv. 12.

C. Ciod è sin, a bhi a' gabhail agus a' socrachadh air Criosd mar Fhaidhe ? F. 'Se sin a bhi a' cur cùl r' ar gliocas fein, agus a bhi a' striochdadh d' a theagasgsan anns na h uile nithe araon arson beatha agus diaghachd.

C. Ciod è sin a bhi a' gabhail agus a' socrachadh air Criosd mar shagairt ?

F. 'Se sin a bhi a' cur cùl r' ar n oibre' math fein, agus a bhi a' cur ar n earbsa 'na fhireantachd agus 'na eadar-ghuidhesan arson slainte. Eph. i. 7.

C. Ciod è sin a bhi a' gabhail agus a' socrachadh air Criosd mar Righ ?

F. 'Se sin a bhi a' cur cùl r' ar neart agus r' ar toil fein, agus a bhi a' cur earbsa annsan mar ar neart, agus a bhi a' striochdadh d' a lagh.

595. C. C' aite 'm bheil sinn a' faotain Chriosd gu gabhail ris, agus gu socrachadh air?

F. Tha fior-chreidimh 'g a fhaotain, " mar tha è air a thairgse anns an t soisgeul."

(57.) C. Ciod è ceud-thoradh a chreidimh shlainteil?

F. Fior-aithreachas a chum beatha, agus sin do reir an soisgeil. Esec. xvi. 63.

C. C' arson a theirear ri fior-aithreachas gu 'r gràs slainteil è? F. A chionn gu bheil e g' ar n ullachadh arson slainte shiorruidh.

C. C' arson a theirear aithreachas chum beatha ris?

F. Arson gu bheil e a' taisbeanadh agus a' cur na beatha spioradeil air a h aghaidh, agus a' treorachadh a chum na beatha shiorruidh.

C. Ciod anns a' bheil aithreachas a chum beatha a' co-sheasamh?

F. Tha è a' co-sheasamh an sinn a thiondadh o 'n pheacadh, le doilghios air a shon agus fuath dha.

600. C. Ciod a tha g' ar brosnachadh chum an fhuath agus an doilghios sin arson peacaidh, agus tiondadh uaithe gu Dia? F. Tha " mothachadh ceart do'n pheacadh, agus do throcaire Dhe ann 'n Criosd."

C. C' arson a tha sinn a' faicinn agus a' deanamh, greim air trocair shlainteil Dhe dhuinn ann 'n Criosd amhain?

F. A chionn gur' h ann trid bàis Chriosd amhain a tha dorus air fhosgladh gu trocair Dhe a dhortadh amach air daoine peacach. Rom. iii. 24, 25, 26.

C. Cionnas is èigin dhuinn dearbhadh a thoirt air ar doilghios agus air ar fuath do 'n pheacadh?

F. 'S èigin dhuinn sin a dheanamh le tionndadh uaithe gu Dia. Gniomh xxvi. 18.

C. Ciod an doigh 's an èigin dhuinn tionndadh o' n pheacadh gu Dia? F. 'S èigin dhuinn tionndadh uaithe gu h uile agus gu toileach, " le làn-run cridhe."

C. Cionnas is èigin d' ar làn-run cridhe è-fein a thaisbeanadh?

F. 'S èigin gu bi è air a thaisbeanadh ann 'n dichioll treibhdhireach a dheanamh an deigh nua'-umhlachd.

685. C. C' arson a theirear ris an umhlachd so nua-umhlachd?

F. Theirear nua-umhlachd rithe, do bhrigh gu bheil i a' sruthadh o nuadh staid ceangail ri Criosd, agus o bhunachar nuadh, creidimh agus gràdh, agus tha i nuadh

'na riaghailt 'na doigh, 'na gluasad, agus 'na criochaibh. Eoin xv. 5.

(88.) C. Cia iad na meadhona o'u leith amuigh leis am bheil creidimh agus aithreachas air an gineamhain agus air an neartachadh ?

F. Tha iad air an gineamhain agus air an daighneachadh le orduighean Chriosd gu h airid le fhocal, sacramainte, agus urnaigh.

C. C' arson a theirear orduighean Chriosd riu-sin ?

F. Theirear orduighean Chriosd riu, a chionn gu' r è Criosd is ughdar, is brigh, agus is crioch dhoibh.

C. Cuin a tha Criosd a' co-pairteachadh a shochaire leis na h orduighean sin ?

F. 'N uair a tha iad air an deanamh eifeachdach.

C. Co d' am bheil orduighean Chriosd air an deanamh eifeachdach ?

F. Tha iad air an deanamh eifeachdach do na daoine taght' amhain. Gniomh xiii. 48.

610. C. Ciod a chrioch chum a' bheil orduighean Chriosd air an deanamh eifeachdach do na daoine taghta ?

F. Tha iad air an deanamh eifeachdach, " chum ar slainte. Rom. i. 16.

(89.) C. Ciod leis a' bheil orduighean Chriosd air an deanamh eifeachdach ?

F. Tha iad air an deanamh eifeachduch " trid beannachadh Chriosd, agus le oibreachadh, a spioraid-san. 1 Cor. iii. 7. Eoin vi. 6, 3. 1 Phead. 12.

C. Ciod an guathachadh air focal Dè a tha air a dheanamh eifeachdach chum slainte ?

F. " Tha a leughadh, agus gu h àirid a shearmonachadh." C. C' arson a tha focal Dè air a dheanamh eifeachdach do pheacaich ?

F. Tha e air a dheanamh eifeachdach, mar tha e 'na mheadhon a chum am fâgail ris agus an iompachadh.

C. Ciod è fin peacaich fhàgail ris ?

F. 'Se sin sealladh soilleir agus tiom-chridheach a thoirt dhoibh air am peacaidh agus truaighe.

515. C. Ciod è sin peacaich iompachadh ?

F. 'S è sin a bhi ag atharrachadh an nàduir, agus g' an tionndadh o pheacadh gu Dia.

C. C' arson a tha focal Dè air a dheanamh eifeachdach do naoimh ?

F. Tha e air

a dheanamh eifeachdach dhoibh chum an togail suas an naomhachd agus an co-fhurtachd.

C. Cia 'n ni tre 'm bheil spiorad Dhe le fhocal a' togail suas nan naomh an naomhachd agus an co-fhurtachd?

F. Trid creidimh.

C. Ciod an airde gu 's am bheil è a' togail suas nan naomh an naomhachd agus an co-fhurtachd?

F. Tha è g' an togail gu iomlaineachd slainte.

(90.) C. Cionnas a tha sinn ri ùllachadh a dheanamh a chum focal Dè a leughadh agus eisdeachd?

F. Tha sinn ri sin a dheanamh, le smuaintèachadh air ar staid fein, agus air meudachd agus maitheas Dhe, agus le bhi ag urnaigh arson a bheannachaidh air na leughas no na dh' eisdeas sinn.

620. C. Cionnas a tha sinn ri focal Dè a leughadh no eisdeachd? F. Tha sinn ri leughadh no eisdeachd le creidimh, gràdh, agus aire.

C. Cia tric a tha sinn ri focal Dè a leughadh no eisdeachd? F. Gach aon là.

C. Cionnas a tha sinn ri fèum a dheanamh do fhocal Dè, 'n nair a tha e air a leughadh no air eisdeachd?

F. Tha sinn r' a thaisgidh 'n ar cridhe, agus 'n ar meoghair, mar ionmhas luachmhor agus r' a chur an gniomh 'n er beatha. Col. iii. 16, 17. Salm. cxix. 5, 6, 9, 14, 22, 115.

C. Cionnas a tha sinn ri focal Dè a chur an gniomh 'n ar beatha? F. Tha sinn ri dheanamh 'n a riaghailt agus 'n a riasun do gach uile nithe a nì sinn.

(91.) C. Ciod leis nach 'eil na sacrameinte air an deanamh eifeachdach chum slainte?

F. Cha 'n 'eil eifeachd sam bith annta "o bhrigh sam bith annta fein no anns an neach a tha g' am fritheal-adh." 1 Cor. iii. 7.

625. C. Ciod mata a tha a' deanamh nan sacrameinte eifeachdach chum slainte? F. "Tha Beannachadh Chriosd, agus oibreachadh a spioraid.

C. Co d' am bheil na sacrameinte air an deanamh eifeachdach chum slainte?

F. Tha iad air an deanamh eifeachdach "do 'n dream a ghabhas chuc iad trid creidimh. 1 Pheap. iii. 21.

(92.) C. Creud is Sacrameint ann?

F. 'S ordugh naomh, ì a tha le comharraibh faicsinneach a' taisbeanadh, a' seulachadh, agus a' co-chur Chriosd agus sochaire a chumhnanta-nuadh.

C. C' arson a theirear ordugh naomh ris na sacrameinte ? F. A chionn gu 'n d' ordaich ar Fear saoraidh naomh iad arson dhaoine naomha, a chum as gu biodh iad air an deanamh ni bu naoimha.

C. C' arsou is èigin do Chriosd amhain an t sacrameint so ordachadh ?

F. Arson gu 'r eisean amhain is Righ d' a eaglais, agus gu 'r è amhain as urra na beannachda a tha iad a ciallachadh a thoirt. Salm. ii. 6.

530. C. Cia lion earrann a th' anns gach sacrameint ?

F. Tha da earran; an comharra, agus an nì a th' air a chiallachadh.

C. Ciod e 'n comharra a th' anns na sacrameinte ?

F. 'Se sin an nì sin annta a tha sinn a' faicinn no a' mothachadh.

C. Ciod an nì a th' air a chiallachadh anns na sacrameinte ?

F. Tha Criosd, agus uile shochaire, no uile nithe maithe.

C. C' arson a tha Criosd agus a shochairean air an ceangal r' a cheile ? F. A chionn gu bheil iad a' gabhail comhnuidh ann, agus ceangailte ris.

C. Ciod an daimh a th' aig comharra na n sacrameinte ris na nithe a tha iad a' ciallachadh ? F. Tha iad " g' an taisbeanadh, g' an sèulachadh, agus g' an co-chur.

655. C. Co d' am bheil comharran nan sacrameinte a' taisbeanadh, a seulachadh agus a' co-chur Chriosd agus a shochaire ?

F. Tha iad a' taisbanadh, a' seulachadh, agus a' co-chur Chriosd agus a shochaire do chreidmhich ?

(93. C. Cia iad na Sacrameinte coitchionn a bha fui 'n t' sean Tiomnadh ?

F. Tiomchioll-ghearradh agus an t uan-càsg.

C. Cia iad Sacrameinte an Tiomnaidh-nuaidh ?

F. " Am baisdeadh agus suipeir an Tighearna."

C. Ciod anns a bheil am baisdeadh agus suipeir an Tighearn ag eadar-dhealachadh ?

F. 'Se 'm baisdeadh an dorus air am bheil sinn aon uair gu soleimte air ar gabhail asteach mar bhuill do 'n

eaglais, agus is i suipeir an Tighearn' am bord aig an eigin dhuinn gu tric beathachadh.

C. C' arson nach 'eil baisdeadh r' a ghabhail ach aon uair? F. Do bhri ma tha sinn aon uair ann 'n Criosd, air ar fireanachadh, uchdmhacachda, agus air ar n ath-ghineamhain, tha sinn a' buanachadh mar sin.

640. C. C' arson a tha suipeir an Tighearn' r' a gabhail gu tric? F. A chionn gu bheil feum gu tric aig ar n anama air beatha nuadh.

(94.) C. Cia è an comharra o n taobh amach anns a' bhaisdeadh?

F. Uisg' air a chur air a chorp. Gniomh x. 42.

C. Ciod a th' air a chiallachadh le sin?

F. Fuil agas spiorad Chriosd air an càradh r' ar n anama. Tit. iii. 5—7.

C. Cionnas a tha 'n t uisge a' taisbeanadh fuil agus spiorad Chriosd?

F. Mar tha 'n t uisge a' fuarrachadh agus a glanadh ar cuirp, mar sin tha fuil agus spiorad Chriosd a' fuarachadh agus a' glanadh an anama.

C. C' arson a tha sinn air ar baisdeadh an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid naoimh?

F. A leigeadh fhaicinn gu bheil sinn air ar baisdeadh le h ughdaras, agus a chum aidmheil, creidimh, agus umhlachd do 'n Athair, do 'n Mhac, agus do 'n spiorad naomh, mar aon Dia. Mat. xxviii. 19. Luc. iii. 16. 1 Phead. iii. 21.

645. C. C' arson a tha sinn a' gabhail ri pearsai 'na diaghachd ann am baisdeadh?

F. Tha sinn a' gabhail ris an Athair mar ar n' Athairne, ris a mhac mar ar Slanui' ear, agus ris an Spiorad naomh mar ar Fear naomhachaidh. Jer. iii. 5, 19, 22. 23. Gniomh ii. 38, 39.

C. Ciod na beanuachda a th' air an ciallachadh agus air an seulachadh 'n ar baisdeadh?

F. Sinn a bhi "air ar suidheachadh ann 'n Criosd, agus 'n ar luchd co-pairt do shochaire cumhnanta nan grass." Rom. vi. 4.

C. Ciod a tha air a chiallachadh le sinn a bhi air ar suidheachadh ann 'n Criosd? F. Ar ceangal ris mar ar freamh agus ar fear-pòsda.

C. Cia iad sochaire chumhanta nan gràs a tha gu h airid air an ciallachadh agus air an sèulachadh ann 'm baisdeadh ?

F. Ar fireanachadh, ath-ghineamhain, uchd-mhacachd, agus aiseirigh shona.

C. A' bheil baisdeadh air mhodh iomlan a' daighneachadh ar slainte ?

F. Cha 'n eil; tha mòran do 'n mhuintir a th' air am baisdeadh air an damnadh, agus feudaidh muintir nach 'eil air am baisdeadh a bhi air an sabhaladh. Gal. vi. 15. Rom. ii. 25.

650. C. Ciod an ceangal a th' air a chiallachadh agus air a sheulachadh ann a'm baisdeadh ?

F. Sinn a bhi " g 'ar toirt fein a suas gu bhi gu h iomlan agus amhain leis an Tighearna."

C. Ciod è sin a bhi gu h iomlan leis an Tighearna ?

F. 'S è sin a bhi a' toirt a suas ar n uile chèutfaidh, tiodhlacaidh agus gràsan d' a sheirbhis.

C. Ciod è sin a bhi amhain leis an Tighearna ?

F. S' è sin a bhi a' toirt seirbhis dha-san amhain, agus a bhi a' cur cùl ris an diabhal ris an t saoghal, agus ris an fheoil.

(95.) C. Co d' an coir am baisdeadh a fhrithealadh ?

F. " Ni 'n coir am baisdeadh a fhrithealadh do neach sam bith a tha 'n taobh amach do 'n eaglais fhaicsinnich."

C. Co iad a dh' fhèudar a bhaisdeadh ?

F. Fèudar iadsan agus an clann a bhaisdeadh, tha ag aidmheil an creidimh ann an Criosd, agus a' toirt umhlachd dha.

655. C. Cionnas a dhearbhas tu gu 'm fèudar naoidheana' a bhaisdeadh ?

F. Tha focal Dè g' an gairm naomha, agus is ann " d' an leithide sin a tha rioghachd Dhe." 1 Cor. vii. 14. Marc. x. 14.

(96.) C. Cuin a dh' ordaich Criosd sacrameint suipeir an Tighearna ?

F. Dh' ordaich e i 's a' cheart oidhche 's an deachaidh a bhrath.

C. Ciod a chrioch arson an d' ordaich Criosd i ?

F. A chum cuimhne chumail air a bhàs fein, agus a dhaighneachadh creidimh a phobuil. 1 Cor. xi. 24, 26. agus x. 16.

C. Cia iad na comharran o 'n taobh a mach a th' ann 'n suipeir an Tighearna ?

F. Aran agus fion. 1 Cor. xi. 23—26.

C. Ciod a tha 'n t aran an suipeir an Tighearn a cial-

lachadh ? F. Corp Chriosd, no è-fèin air a sgeudachadh le 'r nadur-ne.

660. C. Ciod a tha 'm fìon an suipeir an Tighearn a' taisbeanadh ?

F. Fuil Chriosd, no toilteanas fhireantachd.

C. Ciod a tha brisdeadh an arain a' ciallachadh ?

F. Tha è a' ciallachadh gu 'n do bhrisd agus gu 'n do bhrùth Dia Criosd arson ar peacaidh-ne.

C. Ciod a tha toirt an arain agus an fhiona do 'n luchd-comanachaidh a' ciallachadh ?

F. Tha è a' ciallachadh gu bheil Dia a' toirt Chriosd, agus gu bheil Criosd g' a thoirt fein do' n mhuintir a tha gabhail gu h iomchaidh.

C. Ciod a tha air a chiallachadh leis an luchd comanachaidh a' bhi a' gabhail, agus ag ithe do 'n aran agus ag òl do 'n fhìon ? F. Tha è a' ciallachadh gu bheil iad a gabhail, agus a' beathachadh air pearsa Chriosd, air fhireantachd, agus air a shochaire tre chreidimh, mar thiolacaidh Dhe dhoibh.

C. Ciod a chrioch is èigin a bhi againn an gabhail suipeir an Tighearna ? F. Dia a glorachadh, umhlachd o' thoirt a dh' aithne dheireannaich Criosd, cuimhne chumail air a bhas, agus beatha fhaotainn do 'r n anama. 1 Cor. x. 16. 31; xi. 24, 26.

665. C. Ciod ì aithne dheireannach Chriosd ?

F. 'S ì so ì, " Deanamh so mar chuimhneachan ormsa." xxii. 19.

C. Ciod do Chriosd a tha sinn ri chuimhneachadh an gabhail suipeir an Tighearna ?

F. Tha sinn ri Criosd iomlan a chuimhneachadh, gu h áirid 'na fhulangas agus 'na bhàs.

C. Ciod an nì mu bhàs Criosd a tha sinn r' a chuimhneachadh ? F. Tha sinn ri cuimhn' a chumail air fhìrinn, air fheum, agus air iomlaineachd, a chum ar slainte.

C. Ciod è sin a bhi a' foillseacha bàs Chriosd ?

F. 'S è sin a bhi a' deanamh aidmheil fhoillaiseach an lathair Dhe, aingle, agus dhaoine, gu 'r e umhlachdsan gu bàs amhain luach ar slainte, agus stèidh ar cofhurtachd. Gal. ii. 20.

C. Co iad leis a' bheil bàs Chriosd air fhoillseachadh air mhodh ceart ? F. Leo-san a tha ' gabhail suipeir an Tighearna " gu h iomchaidh. 1 Chron. xi. 26.

678. C. co iad luchd-gabhail suipeir an Tighearna gu h iomchaidh?

F. Iadsan an deigh fèin-cheasnachadh a dheanamh, a tha g' a gabhail trid creidimh agus gràdh. 1 Cor. xi. 28.

C. Ciod a tha 'n luchd-gabhail iomchaidh a' co-pairteachadh dheth ann 'n suipeir an Tighearn'?

F. Tha iad 'nan luchd co-pairt "do chorp agus do fhuil Chriosd, le uile shochaire."

C. Ciod an doigh air a' bheil iad a' co-pairteachadh do na nithe sin? F. "Cha 'n ann air mhodh corporra no feòlmhar, ach trid creidimh."

C. Ciod a chrioch chum a' bheil iad air an deanamh 'n an luchd co-pairt do na nithe sin?

F. "Chum an altrum agus fàs ann 'n gràs. 1 Cor. x. 16, 17. Eoin. vi. 32—58.

C. Ciod a th' air a chiallachadh ann a bhi a' gabhail suipeir an Tighearn' a chum ar n altrum spioradeil agus fàs ann 'n gràs?

F. Tha è a' ciallachadh gu 'r eigin duinn beatha spioreil agus fior-ghràs a bhi againn, mu 'n gabh sinn do dhanadas co-pairteachadh do n' ordugh sin.

675. (97.) C. Ciod an trusgan bainnse is èigin do luchd-comanachaidh a bhi umpa? F. 'S eigin doibh Criosd a bhi aca mar am fireantachd agus a' naomhachd. Rom. xiii. 14. 2 Cor. v. 21. Phil. iii. 9.

C. Cia mar is eigin duinn ullachadh arson comanachaidh? F. 'S eigin duinn sinn fein a cheasnachadh mu 'r peacaidh, uireasbhui', agus gràsan, gu h airid "ar n-eolas, creidimh, aithreachas, gradh, agus nua' umhlachd.

C. C' arson a tha eolas feumail a chum co pairteachadh air mhodh ceart? F. A chum as gu deanamaid "aithne air corp an Tighearna.

C. Ciod e sin aithne air corp an Tighearna?

F. 'S e sin a bhi a' togail an arain agns an fhiona mar thaisbeanadh air pearsa agus fireantachd Chriosd mar Dhia-dhuin.'

680. C. C' arson a tha creidmh feumail ann n' comanachadh? F. A chum gabhail ri Criosd agus a chum beathachadh airsan agus air a shochairean.

C. C' arson a tha aithreachas feumail ann 'n comanachadh? F. A chum bròn a dheanamh arson ar peacaidh a lot Criosd.

C. C' arson a tha gràdh feumail ann 'n comanachadh?

F. Tha gràdh feumail, chum ioghnadh, togradh, agus mor-thlachd a ghabhail ann 'n Criosd.

C. C' arson a tha nuadh-umhlachd feumail ann 'n comanachadh ?

F. Tha nuadh-umhlachd feumail, a chum ar gràdh a thaisbeanadh do Chriosd a ghràdhaich sinne an toiseach.

C. Cionnas a dh' fheudas fios a bhi agad gu bheil t' colas slàinteil ?

F. Biaidh fios agam air sin ma tha e g' am irioslachadh agus a' deanamh a pheacaidh gràneil dhomh.

685. C. Cionnas a bhios fios agad gu bheil do creidimh neo-chealgach ?

F. Biadh fios agam air sin ma tha e a' glanadh mo chridhe, agus a' deanamh Chriosd luachmhor dhomh. Guiomh. xv. 9. 1 Phead. ii. 7. Phil. iii. 7—10.

C. Cionnas a bhios fios agàd gu bheil t aithreachas fior ? F. Biaidh fios agam air sin, ma tha mi le m' uile chridhe a' toirt fuath, agus gràin do na h uile peacadh aithnichte.

C. Cionnas a bhios fios agad gu bheil do ghradh do Chriosd treimhdhireach ?

F. Biaidh fios agam air sin, ma tha gràdh gu h iomlan agam dha oscionn gach ni 's an t saoghal.

C. Cionnas a bhios fios agad gu bheil t umhlachd nuadh ?

F. Biaidh fios agam gu bheil 'm umhlachd nuadh, ma tha mi le m uile chridhe a deanamh dichioll air umhlachd a thoirt a dh' uil' aitheanta Dhe, agus a deanamh dìmeas air m uil' oibre matha fein. Luc. xvii. 10.

C. C' arson is eigin duinn mar so ùllachadh a dheanamh arson comanachaidh ? F. " An t eagal air teachd dhuinn gu neo-iomchaidh gu 'n ith no gu 'n ol sinn breitheanas," no damnadh dhuinn fein. 1 Cor. xi. 29. Mat. vii. 6.

690. C. Ciod e bhi a' teachd gu neo-iomhchaidh gu suipeir an Tighearna ? F. 'S e sin a bhi teachd as eugmhais fior-ghràs a chur an cleachdain.

C. Ciod anns a' bheil peacadh teachd gu neo iomchaidh a' co sheasamh ?

F. Tha sin a' mi naomhachadh corp agus fuil Chriosd, g' a cheusadh as ur, agus g' a chur gu naire fhoillaiseach.

C. Ciod an cunthart a tha do dhroch dhaoine a bhi a gabhail a chomanachaidh ?

F. Tha e ro cunthartach dhoibh, do bhri gu bheil iad ag ithe agus ag ol damnaidh dhoibh fein.

C. Cionnas a tha sinn ri sinn fein a ghiulan ann àm comanachaidh? F. Ann 'n smuainteachadh air aobhar nan eilemeinte agus nan gniomharra, a' beachd-smuainteachdh air fulangas Chriosd, ag iarraidh agus a' gabhail tlachd ann an tarruing as a' lànachd, a' deanamh broin arson peacaidh, agus ag ath-nuadhachar moide dha.

C. Cionnas a tha sinn ri sinn fein a ghiulan an deigh comanachaidh? F. 'S eigin duinn iomachd trid creidimh, meudachadh ann 'n urnaigh, agus ar beatha chaitheamh gu stuama, gu cothromach, agus gu diaghaidh 's an t saoghal a tha lathair.

695. (98.) C. Cia lion earran a tha 'n ùrnaigh? F. Tha tri; iartas, aidmheil, agus breith-buidheachais; ach tha e gu h àraid a' co sheasamh ann 'n iartas. Dan. ix.

C. Ciod anns 'm bheil iartas a' co sheasamh?

F. Ann an toirt suas dùrachd ar cridhe do Dhia. Sal. lxii. 8.

C. Creud iad na nithe a tha sinn ri iarraidh ar Dia 'an urnaigh? F. Tha sinn ri nithe iarraidh do reir a thoil aithne agus a gheallaidh, mar a tha è air a chur sios 'na fhocal. 1 Eoin v. 14. Salm. v. 2.

C. Creud iad na nithe as èigin duinn iarraidh arson ar n anama? F. Beatha spioradeil, creidimh ann 'n Criosd, agus gràdh dha, coslas ri Dia, agus co-chomunn maille ris, neart agus eolas arson dleasdanais, &c.

C. Ciod is eigin duinn iarraidh arson ar cuirp?

F. Slainte, neart, biadh, agus eudach mar is aill le Dia.

700. C. Cia iad na nithe a tha sinn ri aideachadh, do Dhia ann 'n urnaigh?

F. Tha sinn r'ar n uile pheacaidh aideachadh, araon a thaobh naduir agus cleachdain. Salm. ii.

C. Crend iad na nithe arson an coir dhuinn buidheachas a thoirt do Dhia ann 'n urnaigh?

F. *Arson a thiodhlaca,* aimsireil, spioradeil agus siorruidh.

C. Ciod an doigh air àm bu choir dhuinn urnaigh a dheanamh? F. Le èolas, irrioslachd, creidimh agus duthrachd. Isa. v. 16.

C. Cia tric is eigin duinn urnaigh a dheanamh an diomhair, agus 'n ar teaghlaichean?

F. Air a chuid is lugha, moch agus an-moch.

C. Co iad arson a' bheil sinn ri urnaigh a dheanamh?

F. Arson na 'n uile dhaoine beo, no bhios beo 'na dheigh so; gu h airid arson luchd-riaghlaidh, ministeirean, agus muintir thinn, &c. 1 Tim. ii. 1.

705. C. Co 'n t ainm 's an coir dhuinn urnaigh a dheanamh? F. Amhain ann an ainm Chriosd ar n aon eadar-mheadhonair. Eph. ii. 18.

C. Ciod è sin a bhi a' deanamh urnaigh an ainm Chriosd? F. 'S e sin a bhi a' deanamh urnaigh air aithne, 'na neart, agus le earbsa 'na fhireantachd agus eadar-ghuidhe-san.

C. Co an cuideachadh agus an seôladh leis am bheil sinn ri urnaigh a dheanamh? F. Le cuideachadh agus seòladh an spioraid naoimh.

(99.) C. Creud i an riaghailt choitchionn a th' againn chum ar seoladh gu urnaigh a dheanamh?

F. Tha focal Dè gu h iomlan againn, na' theagasg, 'na gheallaidhean, bagraidhean, aithn-te eachdnrai' ean, no urnaighe.

C. An éigin duinn sinn fein a cheangal ri foirm urnaigh? F. Cha 'n èigin ma 's urra sinn urnaigh a dheanamh as eugais. Rom. viii. 26.

710. C. Creud ì an riaghailt is fearr arson urnaigh?

F. "An fhoirm urnaigh a theagaisg Criosd d'a dheiscioblaibh." Mat. vi. 9—13.

C. Cia lion earran a tha 's an urnaigh sin?

F. Tha tri; ro'-radh, sea iartais agus co-dhùnadh.

(100.) C. Creud is ro-radh do dh' urnaigh an Tighearna?

F. 'Si so i, "Ar n athair a tha air Neamh."

C. Ciod a tha 'n ro-radh so a teagasg dhuinn?

F. Tha 'n ro-radh so a' teagasg dhuinn "tarruing dlu do Dhia le gach urram naomh agus muinighin, agus urnaigh a dheanamh maille ri daoin' eile agus air an son.

C. C' arson is eigin duinn urnaigh a dheanamh le urram naomh agus muinighin? F. A chionn gu bheil Dia ar n "Athair comasach agus ullamh air cuideachadh leinn" 'n ar n-uile theanndachd. Mat. vii. 7—11.

715. C. Cionnas a dh' fheadar na sea iartais eadar-dhealachadh? F. Tha cheud tri dhiu gu h airid mu onoir Dhe, agus an tri is deireanaiche mu'r sonas fein. Luc. ii. 14.

C. C' arson nach eil ach aon iartas arson tiodhlacaidh aimsireil? F. A theagasg dhuinn a bhi

bi 's ro dhurachdaiche arson beanachda spioradeil. Mat. vi. 20. Col. iii. 1—4.

(101.) C. Ciod a tha sinn a' guidhe 's a' cheud iartas?

F. Tha sinn a' guidhe gu 'n deanamh Dia ainm fein a naomhachadh. Salm lxvii. 5, 11.

C. Cionnas a tha sinne agus daoin' eile ri ainm Dhe a naomhachadh? F. Le " bhi g'a ghlorachadh anns gach nì leis a bheil è g'a fhoillseachadh fein mar' tha ainme agus a bhuaidhibh. 1 Chron. xvi. 8—36.

720. C. Cionnas a tha Dia a' naomhachadh ainm fein?

F. Le bhi a' suidheachadh agus ag ordachadh gach uile nithe chum a ghloir fein.

(102.) C. Ciod a tha sinn a' guidhe 's an dara iartas?

F. Tha sinn a' guidhe " gu 'm biodh rioghachd Shatain air a sgrios, gu 'm biodh rioghachd-gràis Dhe air a meudachadh, agus rioghachd a ghloir-neamhaidh air a luathachadh." Salm xxi. lxx.

C. Cionnas a tha rioghachd-gràis Dhe air a meudachadh? F. Ann an sinne agus daoin' eile tharruing d' a h ionnsaidh, agus a bhi air ar coimhead innte, le cumhachd neartmhor Dhe. Salm cx. 2, 3.

C. Ciod è bhi air ar toirt, agus air ar coimhead ann 'n rioghachd-gràis Dhe? F. Sè sin sinn a bhi air ar co cheangal ri Criosd agus r'a eaglais, agus a' fàs ni 's mò agus ni 's mò ann 'n naomhachd. Col. i. 10.

(103.) C. Ciod a tha sinn a' guidhe 's an treas iartas?

F. Tha sinn a' guidhe gu 'n d'thugadh Dia dhuinn gràs a chum èolas a ghabhail, umhlachd a thoirt, agus striochdadh do thoil aitheanta agus a fhreasdail. Sal. cxix. 725. C. Ciod na aithe 's an èigin dhuinn eolas, a ghabhail, umhlachd a thoirt, agus striochdadh a dh' aitheanta agus a fhreasdal De? F. 'S éigin dhuinn sin a dheanamh anns na h uile nithe.

C. Ciod an doigh 's a' bheil sinn ri sinn fein irioslachadh agus a striochdadh do thoil Dhe? F. Tha sinn ri sin a dheanamh gu h ullamh, gu suilbhir agus gu bunailteach, mar tha na h aingle a' deanamh air neamh. Salm cxvi. 16, 17, 18.

(104.) C. Ciod mu'm bheil an ceathramh iartas a' labhairt? F. Tha i à labhairt mu'r n aran latheil no nithe math na beatha so.

C. Ciod a tha sinn ri ghuidhe do thaobh nithe math na beatha so?

F. Gu d' thugadh Dia dhuinn cuimhrionn iomchaidh dhiu, agus a bheannachd 'n an co-chuideachd.

C. C' arson is eigin dhuinn ar biadh agus nithe math aimsireil eile iarraidh o Dhia mar a shaor-thiolaca 'n 'air a tha sinn fein a' saoithreachadh air an son ?

F. A chionn gu bheil sinn neo-airridh air an aon is lugha do throcaire Dhe agus gu'r è-fein a tha 'tabhairt neart agus cothrom dhuinn a chum saoithreachadh air an son agus soirbheachadh annta. Gin. xxxii. 10.

730. C. Nach' eil è ro-pheacach a bhi ag ithe agus ag òl gun a bhi ag iarraidh beannachadh agus a toirt buidheachas do Dhia arson air teachdan-tir ?

F. Tha ; gu cinnteach. Deut. viii. 12, 18.

105. C. Ciod a tha sinn a guithe 'sa' chuigeamh iartas?

F. " Gu 'n d'thugadh Dia arson Chriosd maitheanas dhuinn gu saor 'n ar n' uile pheacaidh," agus gu'n gabhadh e r' ar pearsaidh agus r'ar dleasdanais. Dan. ix. 19.

C. C' arson a theirear féiche r'ar peacaidh 's an iartas so? F. A chionn gu bheil sin a' ciallachadh nach 'eil sinn a toirt a chòir fein do Dhia, agus gu'r eigin gu bi iartas a lagha agus a cheartais a' faotainn dioladh air an son. Eabh. ix. 22. Ecsod. xxxiv. 7.

C. C' arson a tha sinn ag iarraidh maitheaneis as leith Chriosd ? F. A chionn gu'r esan amhain a fhreagair uil' iartais an lagha agus a cheartais 'n ar n àite. Phil. ii. 8. Rom. viii. 3, 4.

C. Cuin a tha misneach againn maitheanas iarraidh, agus a chreidsin gu faigh sinn è arson ar peacaidh ?

F. 'Nuair a tha sinn tre ghràs De air ar neartachadh gu maitheanas a thoirt do 'n dream a tha deanamh eacoir oirn. Mat. xviii. 35.

735. C. Ciod an doigh air a' bheil sinn ri maitheanas a thoirt do 'n dream a tha a' deanamh eacoir oirn ?

F. Tha sinn ri maitheanas a thoirt dhoibh gu suilbhir o'n chridhe. Eph. iv. 32.

(106.) C. Ciod mu'm bheil an seathamh iartas a' labhairt ? F. Tha i a' labhairt mu bhuaidhreana-deachain, agus mu mhealladh gu peacadh.

C. Co a tha g'ar buaireadh agus g'ar mealladh gu peacadh ? F. An Diabhal, an saoghal, agus ar n ana-mhianna fein 1 Phead. v. 8. Seumas i. 14.

C. Ciod a tha sinn r' a ghuidhe do thaobh buairidh ?

F. " Gu 'n coimheada' Dia sinn o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, no gu bithea' mid air ar cumail suas, agus air ar saoradh 'n air a tha sinn air ar buaireadh.

107. C. Creud i co dhunadh urnaigh an Tighearna?

F. 'Si so i " Oir is leatsa an rioghachd, agus a chumhachd, agus a ghloir gu siorruidh. Amen. Mat. vi. 13.

750. C. Ciod a cheud ni a th' air theagasg dhuinn 's a cho'-dhùnadh so? F. " Gu gabhamaid uile mhisneach ar n urnaigh o Dhia amhain," 's cha 'n ann o aon chreatair. Dan. ix.

C. Ciod an dara ni a th' air a theagasg dhuinn 's a cho'-dhunadh so? F. Gu 'n d' thugad-mid moladh do Dhia 'n ar n uile urnaigh, le bhi a' toirt rioghachd, agus ghloir dha.

C. C' arson a tha sinn a' cur Amen r'ar n urnaigh?

F. A nochdadh ar n iartus agus ar dearbh-beachd gu 'm bi sinn air ar n eisdeachd.

C. Ciod e Steidh ar dearbh-beachd gum bi sinn air ar n-eisdeachd? F. Toilteannas, eadar-ghuidhe, agus gealladh Chriosd. Eoin. xvi. 23, 24, 26.

EARAIL DO'N GHINEALACH O'G.

' Mo chlann bheag, air am bheil mi ri saothair, gus an dealbhar Criosd 'n ar n-anama', fuilingibh dhomh, tre throcaire Dhe, agus ann an caomhalachd Josa Criosd, a ghuidhe oirbh, 'n uair ata sibh a' meòrachadh 'nan ceistean sin, gu'n smuainticheadh sibh air an aon ni fheumail, air coir shlainteil ann am mac Dhe, agus ath nuadhachadh gu iomhaighs an; biodh fios agaibh, agus smuaintichibh air na nithe a bhuineas d'ur sith, 'ur sith shiorruidh, ' mu'm bi iad air am folach o'r suilibh.' ' Cuimhnich a nis do chruthai'fhear, do Shlanui'fhear an laithe t oige, mu'n d'thig na droch laithean.' 'O gu'm biodh sibh glic, gu'n tuigeadh sibh, so, gu'n d'thugadh sibh fainear 'ur crioch dheirreanch! an t siorruidheachd eagalach; an neamh aoibhneach; no'n ifrinn uamhasach' ata roimhibh! ma ni sibh tair air a ghairm so, ma dh'-fhanas sibh mionaid ni's faide as eugais Chriosd, feudaidh e bhith gu bi sibh caillte gu brath: 'Se nis an t-am taitneach; 'se nis làtha na slainte.'

O! smuaintichibh gu durachdach cia brònach 'ur staid a thaobh nâduir? Ann an Adhamh 'pheacaich sibh uile ; tha sibh o 'ur n' athair an diabhol, agus is iad anamhianna''ur n' athar a ni sibh.' Is sibh clann na h easumhlachd ; clann na feirge eadhon mar dhaoin eile. Tha 'ur n-inntin f.heolmhor 'na naimhdeas an aghaidh Dhe, oir cha'n eil i umhal do lagh Dhe, is cha mho tha è 'n comas dith bhith:' tha 'ur cridhe cruaidh mar a chlach adameint', tha e air a lionadh le gach uile neo-fhireantachd, aingidheachd, agus droch bheusan, tha è cealgach oscionn gach uile nithe, agus roolc ; 'na aite comhnuidh do dhiabhla', 's do gach anamhian neo-ghlan agus graineil ; oir is ann as a chridhe a thig droch smuainte, mortadh, adhaltrannas, striopachas, gadaidheachd, fianuis-bhreige, mor thoibheum'. O ! do ghrainealachd uamhasach ! Nach bi thu air do dheanamh glan ? Cuin idir a bhitheas è ? Cuimhnich le h'oilt air na chaith thu cheana do d' bheatha ann an cleachduin a pheacaidh ! cia co moch as a chaidh thu air seacharan a' labhairt bhreugan ! cia tric a rinn thu dearmad air dleasnais dhiaghaidh agus air meadhona nan grâs ! cia neo thogarach, cia neo-chrabhuidh air uairibh eile a choimhlion thu iad ! Gabh beachd air àireamh do smuainte diomhain ! do bhriathra' faoin ! do dhroch oibre ! tha iad ni 's lionmhoire na fuilteana do chinn nach urra bhi air an aireamh. Cia ioma mile do mhiltibh do mhionaide t-oige a dh'fhalbh uait, agus a chaidh a' dh'ionnsuidh cathair Jehobha a thogail fianuis cia cealgach a chaith thu iad ann an aingidheachd agus neo-churam ! Cuimhnich gu h-airid mar a rinn thu tarcuis air maitheas, agus mar a thug thu mi-chreideas do fhirinn Dhe, le thu a bhi a' cur cùl le tàir r'a thiolaca do labhairt, a mhac gradhach. 'S diomhain a mhionnaich thu a d' bhaisteadh gu gabhadh tu ris, mar a'tha è anns an t soisgeul air a thoirt, air a thairgse, agus air a dheanamh le Dia dhuit na ghliocas, 'na fhireantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa' ; gidheadh cia ceart a tha è gearan, ' Cha d'thig sibh a' m'ionnsuidh chum as gu faigh sibh beatha ! agus eadhon cha b'aill le m'chloinn bhig mi ! O c'arson mar so a cur doilghios ! mar so a' bristeadh cridhe Slanui'ear chaoimh, Slanui'eas neamhaidh !

Mo leanabh gradhach, smuainicheadh do cridhe le heagal : cia mor do thruaighe ! Am feadh ata thu as eug'-

ais Chriosd, ‘ tha thu a'd' choimheach do chomh-fhlaith-eachd Isaeil, a'd' choigreach do chumhnant' a gheallaidh, as eugais dochais, agus gun Dia anns an t saogh-al.' Tha Dia ann am feirg riut nu h-uile latha'. Tha uile bhuadhan iomlaineachd Dhe ullamh gu dìom agus fearg, amhghar agus teanntachd a charnadh ort ; tha a bhogh air a lùbadh tha saighde a' chorruich air an coth-arrachadh a' t-aghaidh, tha uamhasan neo-fhaicsinneach 'ga d'chuartachadh :' Sann ann an diomhain, a tha dochas agad gun dean t-ionracas fein buannachd dhuit aig a chathair-bhreitheanais-san, no gu coisinn iad a gheanmath dhuit. ‘ Tha urnaigh nan aingidh 'na grainealachd do'n Tighearna,' agus tha an treabhadh 'na pheacadh.' Tha lagh san 'ga d' dhiteadh gu sgrios sior-ruidh ;-oir is mal-luichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a tha scriobhta ann an leabhar an lagha chum an dean-amh. Esan nach 'eil a' creidsin tha è air a dhìteadh cheana, ‘ agus tha fearg Dhe.'—O smuaintidh eagalach! tha fearg Dhe a' gabbhail comhnuidh air.' Tha soisgeul na slainte 'na aile bais a chum bais dhuit' ; agus ma bhuanicheas tu a' toirt mi-chreideas da, bithidh e mar ola air a thaomadh air an teine, gu sorruidh a' cur goil air lasraichean ifrinn, agus a' meudachadh do phianta. Tha na h-uile h-aon d'a chreataire ullamh gu d'mhil-leadh : 'S ullamh a shàthadh na h'aingle an cloidheamh la-sarach a' t-uchd : 's durachdach a tha diabhail ag iar-ruidh gu d' thugadh Jehobha ceud doibh do tharruing a dh'ifrinn ; b'aoibhneach leis an talamh thruaillidh so bhi air a shaoradh o dhaoirse na truailleachd agus do sgeith mach do'n loch tha a' losgadh le tein agus pronnusc. Tha do shoirbheachadh air seargadh, agus tha t uile sho-lasaibh air an coimeasga le mallachd Dhe :' 'S malluicht' thu ann ad' thiolaca, ad'shochaircan, ad'shaothairibh, ad' bhascaid, agus ann ad stor.' 'S cha mho a tha mionaid do thearuinteachd agad arson do bheatha ; ‘ tha am bàs *righ nan uamhas,* gun stad a' tarruing dlu chum do thilgeadh as taite, agus chum t-iomain air falbh ann a t-aingidheachd. Tha ifrinn os iosal air gluasad a chum coin-neamh a theirt dhuit aig do theachd' Tha aingle mal-luichte, 'nan seasamh a' feitheamh gu fheorraich dhiot le fanoid an-iochdar, a' bheil thusa mar an ceudna air fas cosail ri aon againne'. O ! cionnas a dh'fhuilingeas do

chridhe fuaim uamhasach trompaid an ardaingil! 'S ann an diomhain a glaodhas tu ris na cnoic agus ris na sleibhtean tuiteam ort, do phronnadh ad' bhloidibh, agus t'fholach o ghnuis fheargach do bhreitheamh. Cia uamhasach bhi a'cluinntin an Uile-chumhacdaich, an slanui'ear air am bheil thu anis a' deanamh tarcuis, a' cur an ceill do bhinne nach feudar atharrachadh, Imich uam thusa tha malluichte dh' ionnsuidh an teine shiorruidh air ullachadh do'n diabhal agus d'a aingle.

Ach tha dochas fathasd a thaobh do staid: feudaidh è nis a bhi air a leasachadh: 'Oir is mar sin a ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e aon-ghin mhic, chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha mhairreanach aige. 'S ann an so a tha gradh, cha'n e gu'n do ghradhaich sinn Dia, ach gu'n do ghradhaich esan sinne; agus leag e ar n' aingidheachd air a *Mhac*, chuir se è ann an coslas feola peacaich', rinneadh e fuidh'n lagh, a chum gu n coilionadh è aitheanta 'n ar n-aite-ne; agus mar sin gu'm bitheadh è 'na iobairt reitich arson ar peacanna. Rinn se esan do nach b'aithne peacadh, 'na pheacadh air ar-soinne, chum gu bitheamaide air ar deanamh 'nar fireantachd Dhe ann-san. Dhuitsa mo leanamh rugadh Slanui'fhear, an caithir Dhaibhidh, neach is ê Criosd an Tighearna: dh'fhoillsicheadh è chum gu'n sgriosadh e oibre an diabhail; oir cha d' thainig è chum gu'n deantadh fritheala dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thoirt anama fein mar eiric arson mhorain': chriochnaich e eacairt, agus chuir e crioch air peacadh, rinn e sith-reite arson aingidheachd, agus thug e steach fireantachd shiorruidh; oir air dhuinne bhi fathast gun neart, bhasaich Criosd airson nan daoine neo-dhiadhaidh: an uair a bha sinn fathast 'nar peacaichibh, fathast 'nar naimhdibh, bhasaich Chriosd air arson; dh'fhuilling e airson ar peacaidh, am firean air son nan neo-fhirean, chum gu'n d'thugadh e sinne gu Dia: fhuair e bas air son ar ciontaidh, agus thogadh suas ars è air son ar fireanachaidh'. Thog Dia suas e agus thug e dha gloir, chum as gu biodh ar creidimh agus dochas ann an Dia. Dh' arduich Dia esan gu bhi 'na phrionnsa, agus 'na Shlanuighear, a thoirt aithreachais agus maitheanas peacaidh. Fhuair e tiodhlaca do dhaoine eadhon do na ceannaircaich, chum gu'n gabhadh

an Tighearna Dia comhnuidh 'nam measg, agus gu 'n doirteadh e a shochairean gach la orra.

' Agus O cionnus ata e a' siubhal air aghaidh ann am morachd a neairt is cumhachdach gu tearnadh! comasach air iadsan a thig a dh' ionnsuidh Dhe d' a thrid, a shlanuchadh gus a chuid is faide.' O! a thogradh neochriochnach gu sinne thearnadh! cia domhain a tha so air a chomharrachadh am briathra, moide, glaodhaich, deoir, osnaich, fuil agus bàs mhic Dhe. ' Tha e a' teachd ann an ainm an Tigheàrna gu 'r saoradh, a dh' iarruidh agus a thearnadh an nì a bha cailte; agus esan a thig d' a ionnsuidh cha tilg e air chor sam bith amach e;' tha e fad an là gu h iomlan a' sìneadh ' a lamh a thoirt cuiridh, agus a ghabhàil ri pobull eas uamhal, a tha a' cur 'na aghaidh. Anis tha am maighstir a' teachd! a' bualadh aig dorus do chridhe, agus 'g ad ghairm: Cia fhad a dhaoine simplidh, a ghradhuicheas sibh simplidheachd, agus a ghabhas luchd fanoid tlachd 'n am fanoid, agus a bheir amadain fuath do eolas? Pillibh' air m-achasan; feuch dortaidh mi mo spiorad oirbh; ni mi m' fhocal aithnichte dhuibh. Is sibhse o dhaoine ata mi a' gairm, agus tha mo ghuth ri mic an duine. Co air bith tha air bheag eolais, thigeadh e 'n so; agus air a shonsa air am bheil easohuidh tuigse, itheadh e do m-aran, agus òladh e do 'm fhion a rinn mi mheasgadh. 'S ann do 'r-ionnsuidhs' a chuireadh focal na slainte so. Seallaibh riumsa, 's bithibh air 'ur tearnadh, O uile fhìneacha iomalach na talmhain; oir is mise Dia 's cha 'n éil aon air bith ann ach mi.' ' Ho! gach neach air am bheil tart, ge do b' ann arson toilintinn a pheacaidh agus no feola, thigibh ceannuichibh agus ithibh; seadh, thigibh ceannuichibh fion agus bainne, gabhaidh gu saor mo phearsa agus mo shochaire, gun airgiod agus gun luach. C' om am bheil sibh a' caitheamh 'ur n-airgid arson an ni nach aran, agus 'ur saothair air son an ni sin nach sasuich? Cromaibh 'ur cluas, is thigibh do 'm ionnsuidhsa; thugaibh fanear, agus mairidh 'ur n anam beo, agus ni mi ruibh co-cheangal siorruidh, eadhon trocaire cinnteach Dhaibhidh. Thigibh do 'm ionnsuidh sibhs' uile tha saothreachadh ann an diomhanas agus aingeachd, agus fuidh throm uallach, le cionnt, truailleachd no triobloid, agus bheir mi suaimhneas dhuibh. Fulaingibh do

na leanabaibh, agus na bacaibh dhoibh teachd a' m' ionnsuidh; oir is ann d' an leithidibh sin a tha rioghachd Dhe. A mhic thoir dhomhsa do chridhe. Fosgail dhomhsa, do Dhia, do shlanui' ear; oir bha mo cheann air a lionadh le driuchd corruich Dhe, agus mo chiabha le braona do mhasluidhe eagalach air do shon; thig maille rium, oir is mi do chruthai'ear, do bhrathair, t' fhear posda, T' fhear-saoraidh, agus sin le m' fhuil, thig o Lebanon gach solais cruthaichte, maille riumsa o Lebanon. Labhair agus rinn thu aingeachd mar a b' urra thu, Nach gairm thu orm o 'nuair so, o 'n mhionaid so, ag radh, m' athair, bu tu fear-stiuraidh m' oige? Cionnas a chuireas mi thu am measg na cloinne, agus a bheir mi dhuit mi fein, oighreachd aoibhneach sluagh nan cinneach! Goiridh tu riumsa, m' athair, agus cha phill thu air t-ais o 'm leantuinn. Posaidh mi rium fein thu gu brath: seadh, thusa O pheacaich neo-fhireanta, amaideach, thruailte, agus ghraineil, posaidh mi rium fein thu ann am fireantachd, ann an ceartas, ann an caoimhneas, is ann an caomh-ghradh; Ni mi ceangal-posaidh riut,' o pheacaich neo-chreidich, chealgaich, agus aineolaich, ' ann am firinn, agus gabhaidh tu eolas air an Tighearna.' Am bheil thu ciontach, ' thigibh anis, agus tagramaid le cheile,' ge do robh 'ur peacanna mar scarleid, bidh iad geal mar shneachda; ge do robh iad dearg mar chorcur, bidh iad mar olainn.' Am bheil thu rag-chridheach, agus fad as o thearnadh? Feuch bheir mis' am fagus m' fhireantachd. Gu cinnteach their a h aon 's ann san Tighearn' a tha agam fireantachd agus neart; Am bheil thu bochd, dall agus lomnochd? comhairlicheam dhuit òr a cheannach uamsa air a dhearbhadh 'san teine,'—gabh gu saor ri m' phearsa, agus ri m' ghràs, chum is gu bi thu saibhir; trusgan geal do fhireantachd air a mheas duit, chum as gu comhdaichear thu, agus nach bi naire do lomnochduidh follaiseach; agus ung do shuile le sabh-shul, co-chuir m' fhocal agus mo spiorad, chum as gu faic thu, Is mise an Tighearna t' fhear-saoraidh a theagaisgeas thu gu d' bhuannachd. Am bheil thu air do thilgeadh a mach o Dhia, neo chomasach agus neo-thoileach gu pilleadh d' a ionnsuidh? ' Is mise an Tighearna Dia, a chruinnicheas le cheille diobairaich Israeil, Fathast cruinnichidh mise muintir eile d' a ionn-

suidh os-barr air a mhuintir sin ata cheana air an cruinneachadh ; air dhomhsa bhi air mo thogail suas, tairnidh mi na h uile dhaoine a' m' ionnsuidh ; bidh am pobull toileach ann an la mo chumhachd. Am bheil thu aingidh mar dhamh nach do chleachd a chuing ? tha fuaim ann am chom air do shon, tha mi gu durachdach 'g ad chuimhneachadh ni mi gu cinnteach trocair ort : chunnaic mi do roidibh, agus leighisidh mi thu.' Am bheil thu air do thruailleadh ? Crathaidh mise uisge glan, m' fhuil agus mo spiorad ort, agus glanaidh mi thu o t-uile shalachar agus iodholaibh. Am bheil do cridhe feolmhor, cruaidh, agus gun bheatha ? Bheir mi mar an ceudna cridhe nuadh dhuit, agus curridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhiot, is buinidh mi air falbh an cridhe clachach a' t-fheoil, is bheir mi dhuit cridhe feola. Agus cuiridh mi mo spiorad an taobh astigh dhiot, is bheir mi ort siubhal ann am reachdaibh, is coimhididh thu mo bhreitheanais, agus ni thu iad. Tha an uair air teachd, agus tha i anis ann, anns an cluinn na mairbh guth mhic Dhe, agus an dream a chluinneas bithidh iad beo. An d'rinn thu thu fein asgrios ?' S ann annamsa tha do chobhair. Uime sin treigeadh an t aingidh a dhroch shlighibh, agus fhein-fhireantachd, agus pilleadh e riumsa an Tighearna, oir ni mi trocair air ; riumsa a Dhia, oir bheir mi maitheanas dha gu saibhir. Mar is beo mise deir an Tighearna, cha 'n 'eil tlachd air bith agams am bas an aingidh : pillibhse, o 'r droch shlighibh', a' deanamh tair orm, agus a' toirt oilbheum dhomh : c' arson bhasaicheas sibh ? Anam reusanta, c' arson ata thu mar so a' deanamh lochd siorruidh dhuit fein ? A bhrathair do Dhia anns an fheoil, c' arson a bhasaicheadh tu gu ceannairceach ann ad pheacaidh ? Thusa chaidh a bhaisdeadh, c' arson a thug thu mionnan eithich, ann an dimeas a dheanamh air mac Dhe, agus ann an dian ruith gu truaighe shiorruidh ? Thusa d' am bheil slaint' air a tairgse, thusa air an do ghuidh mise do Thighearna agus do shlanui' ear, uaribh gun aireadh, le gradh le deoir, le fuil, le aoibhneas neimh, agus le uamhas ifrinn, gabhail rithe : c' arson a tha thu a' saltairt air mo chaomhalachd, agus g' am dheanamh 'n am cheap tuislidh dhuit chum damnuidh ni 's doimhne ? Thusa aig am bheil m' fhocal, mo spiorad, agus mo fhreasdal a' stri ri d' choguis, c'

arson a tha thu a' dian-ruith air sgiath an uile chumh-achdaich agus a deanamh tair air spiorad nan gràs ? c' arson a bhasaichidh tu ? c' arson a bhuanaicheadh tu marbh ann an ea ceartaibh agus ann am peacaidh ? c' arson a dheanamh tu do bhas nadurra ro shearbh ? c' arson a' ruitheadh tu an comhair do chinn chum an dara bais, an bas siorruidh ? c' arson a' deanamh dimeas air tiodhlac Dhe, an ni is e a bheatha mhaireannach ? c' arson a dean-amh tair air geallana ro-mhor agus luachmhor na beatha ? c' arson a' saltairt fui chasaibh air m' fhuilse, eadhon fuil mhic Dhe ? c'arson a' deanamh tair ormsa, an aiseir-idh agus a bheatha, a fhuair bas chum is gu bithidh tusa beo ? c' arson a' diultadh a chinn a bheothaicheas, tha a' labhairt, tha a' suirgheadh t anama o neamh ? ciod is coireach riut, nach aill leat idir mise, an Dia mor do shlanuigh ear ? c' arson a bheireadh tu do chridhe do phar-antaibh do chompanachibh do nithe faoin, do dhiabhla, do ana mhiannaibh, air thoiseach ormsa ? Am bheil iad ni s' fearr, ni 's ro-oirdheirce na ni 's maisiche na mise, Dia oscionn nan uile beannuichte gu siorruidh, an ceann-feadh-na a' measg deich mile, agus dealradh gloir an athar ? Am bheil iad ni 's caoimhneile na Slanui' ear a fhuair bas ? An d' rinn na 'n urr iad tuilleadh a dheanamh arson t anama na rinn' mise ? Am bheil neamh co suarrach, as nach d' theid thu air chor sam bith astigh triomsa mar an dorus, agus an t slighe ? Am bheil ifrinn co blasda, as nach gabh thu ri saorsa uaithe trid m' fholasa ? Am bheil ana-mhianna, co onorach, as gu bi thu ad' thraill dhoibh agus air do chreachadh leo gu brath ? Am bheil garbh chorruich an uile-chumhachdaich co taitneach, as gu dean thu raoghain dith air thoiseach air mealtuin siorruidh mo ghraidh ? Am bheil comunn na muintir a th' air an damnadh co ciatach as nach cailleadh tu air chor sam bith e ? Ach c' arson na h uiread miruin an an aghaidh Dhia, do chruthai 'ear agus t fhear-coimhid, as gun aicheadh tu cothrom dha air do shabhaladh a chum as gu nochdadh è do na linnibh ri teachd saibhreas ro-mhor a ghrais ? C' arson a deanamh a leithid do tharcuis ormsa, do shlanuighear a dhoirt m' fhuil, gu 'n diultadh ' tu dhomh faicinn do shaothair m anama, agus gu bithinn toilichte.' O a mhic, a mhic, thoir dhomh do chridhe.' A leinibh ghradhaich na diult e : guidh air gu

'n deanamh e fein greim air do chridhe, do bhri gu bheil è oscionn do chomais' se a thoirt-guidh air san a tha beannuichte leis an Tighearna, aig am bheil iuchair Dhaibhidh: gu tairneadh se è le cordaibh a ghraidh, gu fosgaileadh se è, agus gu 'n d' thigeadh e asteach. Mar so blais agus faic gu bheil an Tighearna math.

Gu deanadh am Fear-nuadh-posda gradhach, an Slanuighear uile chumhachdach do dheanamh toileach. A Thighearn Iosa thig fein, agus thoir iad amach as a phriosun, a slochd na truailleachd, agus thoir iad gu bannaibh a chumhnanta. Cruinnich na n-uain le d' ghairdeinibh, agus giulain iad ann a t-uchd. Thoir beatha mhairreannach, chum as nach bi mortfheara ain iochdmhor do pharanta, maighsteirean feolmhor agus neo churamach, companaich aimhor agus shalach, ministeirean leisg agus mearachdach, Aibhisteirean teumach agus sgriosach, no chridheachan mealtach agus an-bharr aingidh, comasach air an spionadh ad' laimhse no a laimh t' Athar.

A CHRIOCH.

*** The foregoing Catechisms by the late Rev. Mr Brown of Haddington, which have passed through about thirty editions, were translated by Mr M'Donald teacher in Edinburgh, in the service of the Society for Propagating Christian Knowledge in Scotland, and reviewed by some Gentlemen critically acquainted with the Gaelic language. This edition is translated and printed at the expence of some benevolent Christians, who wish to spread the savor of Christ's name among our countrymen in the Highlands of Scotland.